



**IMAGE EVALUATION
TEST TARGET (MT-3)**



**Photographic
Sciences
Corporation**

23 WEST MAIN STREET
WEBSTER, N.Y. 14590
(716) 872-4503

128
125
122
120
118

**CIHM/ICMH
Microfiche
Series.**

**CIHM/ICMH
Collection de
microfiches.**



Canadian Institute for Historical Microreproductions / Institut canadien de microreproductions historiques

01

© 1983

Technical and Bibliographic Notes/Notes techniques et bibliographiques

The Institute has attempted to obtain the best original copy available for filming. Features of this copy which may be bibliographically unique, which may alter any of the images in the reproduction, or which may significantly change the usual method of filming, are checked below.

L'institut a microfilmé le meilleur exemplaire qu'il lui a été possible de se procurer. Les détails de cet exemplaire qui sont peut-être uniques du point de vue bibliographique, qui peuvent modifier une image reproduite, ou qui peuvent exiger une modification dans la méthode normale de filmage sont indiqués ci-dessous.

- Coloured covers/
Couverture de couleur
- Covers damaged/
Couverture endommagée
- Covers restored and/or laminated/
Couverture restaurée et/ou pelliculée
- Cover title missing/
Le titre de couverture manque
- Coloured maps/
Cartes géographiques en couleur
- Coloured ink (i.e. other than blue or black)/
Encre de couleur (i.e. autre que bleue ou noire)
- Coloured plates and/or illustrations/
Planches et/ou illustrations en couleur
- Bound with other material/
Relié avec d'autres documents
- Tight binding may cause shadows or distortion along interior margin/
La reliure serrée peut causer de l'ombre ou de la distorsion le long de la marge intérieure
- Blank leaves added during restoration may appear within the text. Whenever possible, these have been omitted from filming/
Il se peut que certaines pages blanches ajoutées lors d'une restauration apparaissent dans le texte, mais, lorsque cela était possible, ces pages n'ont pas été filmées.
- Additional comments:
Commentaires supplémentaires:

- Coloured pages/
Pages de couleur
- Pages damaged/
Pages endommagées
- Pages restored and/or laminated/
Pages restaurées et/ou pelliculées
- Pages discoloured, stained or foxed/
Pages décolorées, tachetées ou piquées
- Pages detached/
Pages détachées
- Showthrough/
Transparence
- Quality of print varies/
Qualité inégale de l'impression
- Includes supplementary material/
Comprend du matériel supplémentaire
- Only edition available/
Seule édition disponible
- Pages wholly or partially obscured by errata slips, tissues, etc., have been refilmed to ensure the best possible image/
Les pages totalement ou partiellement obscurcies par un feuillet d'errata, une priure, etc., ont été filmées à nouveau de façon à obtenir la meilleure image possible.

This item is filmed at the reduction ratio checked below/
Ce document est filmé au taux de réduction indiqué ci-dessous.

10X	14X	18X	22X	26X	30X
<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input checked="" type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
12X	16X	20X	24X	28X	32X

The copy filmed here has been reproduced thanks to the generosity of:



The Nova Scotia
Legislative Library

The images appearing here are the best quality possible considering the condition and legibility of the original copy and in keeping with the filming contract specifications.

Original copies in printed paper covers are filmed beginning with the front cover and ending on the last page with a printed or illustrated impression, or the back cover when appropriate. All other original copies are filmed beginning on the first page with a printed or illustrated impression, and ending on the last page with a printed or illustrated impression.

The last recorded frame on each microfiche shall contain the symbol \rightarrow (meaning "CONTINUED"), or the symbol ∇ (meaning "END"), whichever applies.

Maps, plates, charts, etc., may be filmed at different reduction ratios. Those too large to be entirely included in one exposure are filmed beginning in the upper left hand corner, left to right and top to bottom, as many frames as required. The following diagrams illustrate the method:



L'exemplaire filmé fut reproduit grâce à la générosité de:

The Nova Scotia
Legislative Library

Les images suivantes ont été reproduites avec le plus grand soin, compte tenu de la condition et de la netteté de l'exemplaire filmé, et en conformité avec les conditions du contrat de filmage.

Les exemplaires originaux dont la couverture en papier est imprimé sont filmés en commençant par le premier plat et en terminant soit par la dernière page qui comporte une empreinte d'impression ou d'illustration, soit par le second plat, selon le cas. Tous les autres exemplaires originaux sont filmés en commençant par la première page qui comporte une empreinte d'impression ou d'illustration et en terminant par la dernière page qui comporte une telle empreinte.


Un des symboles suivants apparaîtra sur la dernière image de chaque microfiche, selon le cas: le symbole \rightarrow signifie "A SUIVRE", le symbole ∇ signifie "FIN".

Les cartes, planches, tableaux, etc., peuvent être filmés à des taux de réduction différents. Lorsque le document est trop grand pour être reproduit en un seul cliché, il est filmé à partir de l'angle supérieur gauche, de gauche à droite, et de haut en bas, en prenant le nombre d'images nécessaire. Les diagrammes suivants illustrent la méthode.

ails
du
diffier
une
page

rata
o

clure,
à



Laidhean Spioradail;

FEUMAIL RI'N SEINN

AM MEASG NAN GAEL;

CUMTADH RI TEASGASGAN

EGLAIS NA H-ALBA:

LE

DONULL DONULLACH, MINISTEIR,

AGUS LE

EWEN MACLAOMUINN, ELDEIR.

CLOBHUALTE LE

GEORSA BREMNER, CLOBHUALADAIR,

ANN AM BAILE-SHEARLOT, EILEAN PHRIONSA EDUARD, AMERICA
MU THUATH.

ANN SA BHILIANNA 1870.

NS

891.63

M

- 1
- 2
- 3
- 4
- 5
- 6
- 7
- 8
- 9
- 10
- 11
- 12
- 13
- 14
- 15
- 16
- 17
- 18
- 19
- 20
- 21

2140

- 1
- 2
- 3
- 4
- 5
- 6
- 7
- 8
- 9
- 10
- 11
- 12
- 13
- 14
- 15

CLAR-INNSEADH.

AINMEAN.

Aireamh,
Taobh-duilleig.

1	Inbh Thrailleil Shliochd Adhamh,	5
2	An Darna Earroinn,	8
3	Togail Shliochd Adhamh,	10
4	Laoidh Taingeachd,	14
5	“ Air Fullangais an t-Slanuighear,	19
6	“ Air Fullangais an t-Slanuighear,	24
7	“ Air an Aiseirigh,	28
8	An Co-phrosnachadh,	32
9	Am Fiosrachadh Slainteil 1d,	34
10	Am Fiosrachadh Slainteil 2na,	40
11	Thainig an Rìgh,	44
12	Ghairm Chogaidh,	48
13	Laoidh Comuinnich,	52
14	Sion Gaolach,	54
15	Laoidh Buaidh,	57
16	Laoidh Le Eobhann Mac Laomuinn,	60
17	“ Air Gradh Dhia,	63
18	“ Air Truaigh an t-saoghall,	69
19	“ Chomuinnich,	75
20	“ Air Lathaireachd Dhia,	144
21	Morachd Maitheas Dhia,	149

LE EWEN LAMONT.

1	Dan an Fhirthurals,	82
2	“ air Fiosrachadh,	86
3	“ Airson Misnich do luchd-iarruidh Chrìosd,	90
4	“ Air Truaighe luchd-aicheadh Chrìosd,	94
5	“ Air an Turas,	95
6	“ Air Maitheas an t-Slanuighear,	103
7	“ Air Maise Shìoin,	108
8	“ Air a Charaid Dhìleas,	112
9	“ Air a Mhìle-bliadhna,	116
10	“ Air Emmanuel—O Bheurla Mhinisteir Dhonnaich,	132
11	Oran Shìoin—Seirm, “Bla ye westlin winds” Air a tharruing o bheurla Mhinisteir Dhonnullich,	134
12	Dan air teachd a Bhreitheamh,	137
13	“ Air Lathaireachd Dhia,	142
14	’N Caraid Gaolach,	153
15	Earbsa,	161

ERRATA.

- Page 48. Title—for AIOH, read AIDH.
“ 69. last verse of page—for Ev. and Eva, read
Ebh and Ebha.
“ 70, v. 1—for ev. read Ebh.
“ 75, v. 2 of Hymn—for rain, read rian.
“ 76, v. 4—for abh, read adh.
“ 85, v. 2—for gheillandh, read gheilleadh.
“ 97, v. 1—last word—for fhior, read fhlar.
“ 100, v. 4—for cumhn', read cuimh'n.
“ 105, v. 2—for faigth, read faigh.
“ 111, v. 4—for chisg, read chaisg.

A
A
T
'S

T
Th
Ch
A

Th
Le
Th
Is

Th
A
Fu
'S

Th
An
Th
Is

LAOIDHEAN SPIORADAIL.

INBH THRAILLEIL SHLIOCHD ADHAMH.

A CHEUD EABOINN.

A chlann nan daoine, 'sa shaoghail thrailleil
Am fuil ga'r'n aornagan, 's ann an clabar
Tha beathichean fiadhich gu dian ga'r taladh
'Sa mhachair sgaoilte, gu'n fhois, gu'n fharduich,

Tha fiachan mor oirbh gu'n doigh air paigheadh
Thuair sibh cuibhrinn ach rinn sibh tair air,
Chaith sibh le striopachas an tir an namhaid,
A chuibhrinn mhor thug bhur'n Athair graidh dhuibh.

Tha diteadh trom oirbh gu'n d'rinn sibh fhagail
Le bristeadh cumhnant, is geill do shatan;
Tha mallachd Dhia oirbh, is sibh gu'n fharduich,
Is ceartas 'g iarraidh sna fiachan paigheadh.

Tha sibh san Eiphid gu leir aig Pharaoh,
Aig aidhean iarunn an criadh 'san clabar,
Fuidh dhaorsa chruaidh sna maoir chis ga'r saruch,
'S iad sin na diobhail, 'sgur truagh bhur caramh.

Tha naimhdeas mor ann's an inntinn fheolmhor
An aghaidh Dhia, is a lagh, is ordughean,
Tha'n cridhe cealgach os-cionn gach samhladh,
Is uamhas singidheachd a gabhail tamh ann.

Tha daoine saoghalta gu'n Dia, gu'n dochas,
 As eugais Chrìosd, 'siad air slighe na doruinn,
 Gu'n charaid blath, na fear tagraidh corach,
 A dhullach ait dhoibh an rioghachd na gloire.

Is ann is uamhasach cor an t-sloigh ud,
 Fuidh chumhachd bais, is iad fein gu'n eolas,
 Air staid an anama ged tha iad leointe,
 Le galar basmhor, 's cha leighis deoir iad.

'S mar dean u trocair a Dhia nan grasan,
 'San fhuil chaidh dhortadh a chum ar slainte,
 A chur le baigh riu led Spiorad oirdheirg,
 'S ann chum na truaigh is dual doibh seoladh.

Tha chaileachd fheolmhor aig iarruidh a sasuch,
 'S tha 'n saoghal le sholasan baodh 'gar taladh,
 'S tha 'n diobhal seoltadh a gabhail fadh oirbh,
 A gealltuinn sholas gu 'n eis gu 'n fhailling.

Nochd e'n saoghal, 'sa rioghachdan mora
 An tiota uine do Iosa glormhor,
 Is gheall am breugair le'n uile gloir iad,
 Na'n d'thugadh geil da Uan Dhe na morachd.

A chlann an t-saoghail tha sibhs' na'r traillean,
 'Se gealltuin sholasan duibh gu'r 'n ailgheas,
 'S ni miannan shasuch 'an t-anam leonte
 Ni 's doimhne bhàthadh an cuan na doruinn.

Chuir Crìosda tamh air a bhuairean mora,
 Le fhocal beo chuir a mach na cho-dhail;
 Ach 'sann a gheileas au saoghal da'n deoin da,
 'S cha'n iar iad pilltinn o'm miannibh feolmhor.

Ach oh! 's ro through iad, 's is cruaidh an caramh:
 Tha fearg air Dia riu, 'san claidheamh tarruint'
 A ghearras sios iad do'n t-slochd neo-aghmhor,
 'S cha'n fhaic iad grian, 's cha dean Crìosd an tearnadh.

Cha chreid an saoghal, ach mar rinn Sodom,
 Ged bhagradh Dia iad le aingil ghlormhor,
 Ach gus an doirt e na tuiltean mora,
 Gu'n losg' gu siorruidh le pian gu'n trocair.

Nach tric tha 'n trompaid, le caismeachd arda,
 'S le bagradh trom, teachd o bheinn shinai,
 A cuir an ceil doibh gu leir mar tha iad
 Fuidh dhiteadh siorriudh o Dhia 'so lathaireachd.

Nach tric chaidh innseadh do'n linn, 's do'n al so,
 Gu'm bheil an saoghal gu leir na'n traillean,
 'S gach sean, 's gach og dhiubh an cro aig satan,
 Ga'n sgrios le'm miannan co dian 'sa 's ail leis.

Nach tric a chualadh iad fuaim na slainte,
 'Snach fac' iad moran fuidh leon deth 'n cairdean,
 Tha nise 'g ol dheth gach solas arda,
 'Sle'n ceol a glorach' an Uain rinn tearna.

Ach 'sann tha drein orr' gu leir ri'n cairdean
 Tha 'g innseadh sgeil doibh, air beatha, 's slainte,
 'S cha chreid na reubailich threun mhi-thaingeil,
 Gu'n d'thuair sinn coir air Iehobba, 's oighreachd.

A shaoghail chailte tha dall gu'n leirsin
 Fuidh stiuradh fealltach na'm Faidhean breige,
 Tha Criosd sa ghrasan an tras' gu'n fheum dhuibh,
 'S cha tuig sibh chaint tha toirt slaint da threadsan.

Cha tuig sibh 'n t-oran is ceol da chairdean,
 Gu'n fhiosrach solasach air a shlainte,
 'S cha bhlais na traillean deth ghrasan daimhail,
 'S cha comhdaich sgleo sibh le deis na bainse.

Tha bhur 'n anama marbh ann am peac 'san euceirt,
 'S cha'n ith na mairbh sin deth bhiadh na'n neamhan,
 'Sgu'n tart cha'n iar iad a tobar slainte,
 Deth'n uisge bheo tha'nn an cro a mheanbhchruibh.

a,
 .
 ramh :
 r,
 rnadh.

INBH THRAILLEIL SHLIOCHD ADHAMH.

AN DARNA EARROINN.

Thuit u thruaghain o Dhia so laireachd,
 Bha iomhaigh Dhia ort an leasruidh Adhamh,
 Oir chruthaich Dia u'n ad shiol neo-bhasmhor,
 Gu'n chron, gu'n ghiamh, ach an diaghidhachd natuir.

Ach bhrist u'n cumhnant mar aon ri Adhamh,
 Bu phairt dheth fein u na leasruidh 'n tra sin,
 'S nuair chaill e fein iomhaigh Dhe sa gharadh,
 Bha us' o'n uair sin 'nad thruaghan basmhor.

Mar cruthaich Dia gach aon ni roimh 'n t-sabaid,
 'Sna sea laithean ro mhaith 's ro aluinn,
 Bha'n cinneadh daoine gu leir mar chach ann,
 Oir chruthaich Dia iad gu leir an Adhamh.

'S nuair thuit e fein thuit gu leir gach pairt dheth,
 Thuit siol chlainn daoine na leasruidh 'n tra sin,
 'S thuit usa thruaghain mar aon do chach ann,
 O inbh ro arda gu inbh ro thrailleil.

'Sa nis tha linnean chloinn daoin, mar tha iad,
 Ga'n gintinn riamh o shiol truailidh Adhamh,
 'So linn gu linn air am breith na'n traillean,
 'S an nadur truailte, 'san anama cailte.

Bhrist ciont eas-umhlachd do Dhia sa gharadh
 An cumhnant gnìomh rinn ar Dia ri Adhamh,
 'S thug peaca truailleachd, 's thug truailleachd bas orr,
 Is dh'fhas iad iargalt ri Dia mar thraillean.

Bha comun daimheil ri Dia aig Adhamh,
 Mar mhae dha fein Cruthfhear treun nan alltuin,
 Ach ruisg eas-umhlachd gu chul deth ailteachd,
 'Sin iomhaigh Dhe's thanig breune's bas air.

Tha Dia ro naomha na bhuaidhean arda,
 'S tha lagh ro naomh, ach chaidh bhristeadh 'n tra sin
 'S thuit naire gnuise, is eagal trailleil
 Air Adhamh ruisgte gu 'n duil ri fabhor.

Theich Adhamh 's Ebha fuidh dhubhar sgaile
 Measg chraobhan Edein, ach rug am bas orr,
 Is ghlachd an Dia iad 'na 'n innleachd basmhor,
 'S gu cinnt bha fiamh orra ruisgt na lathair.

Bha usa 'n uair sin co truagh ri Adhamh,
 'Nad shiol truailte gu 'n mhothach naire,
 Chaidh nis o'n uair sinn do ghintinn cailte,
 Is naire gnuis ort 's u ruisgt mar Adhamh.

Tha cogais bheo ann ad anam narach,
 Ag innseadh 'n comhnuidh gu'n thuit u'n Adhamh,
 Toirt rabhadh mor dhuit mu d'pheacan daimhail,
 Sa bagra' bhais ort gu brath mar ainmheach.

Is comhar bronach co mor 's tha t-aimhreit
 Ri Dia na gloire, 's ri iomhaigh dhaimheil,
 'S cho salach cailleachd 's tha t-inntinn naimhdeil,
 Gu'n ghineadh og u o phor na h-aingidheachd.

Cha'n aon a mhain air am bheil mi seanchas,
 Ach daoine an t-saoghail gu leir ra 'n ainmach,
 Na 'n traillean baite, an sas fuidh ainmheach,
 O shiol truailte, 's ghin 'so leanbas.

Rinn truailleachd naduir clann daoine neo-chardeil
 Ri Dia, 's ri cheile, 's tha 'n inntinn arda,
 Ro naimhdeil, borb, goimheil, dorchadh, cealgach,
 'Siad sanntach, lubach na 'n run 'sna 'n seanchas.

A thruaghain leonta tha 'n toir air oighreachd,
 An rioghachd na gloire fuidh mhorachd soilse,
 Nach tuig u'n tras' gu'r ann a tha u toiltinn,
 Do sgiurs' o Dhia gu bhi 'm pian a roichdail.

Cha d'thainig riamh o shiol truailidh Adhamh
Aon neach an iomhaigh an Dia a 's airde,
'S cha suidh gu brath air a chathair laimh ris,
Ach sliochd ro naomba an darna Adhamh.

'S mar beirear ris u an iomhaigh ghrasmhor,
Is eolas fhaotuinr air Dia, 's air Slanuighear,
S'ann chi u 'n diadhachd mar lasair arda,
A deanamh dialtas air iarmad Adhamh.

'S bidh t-usa 'n uair sin 'nad thruaghan cailte,
A teachd le h-uamhunn mar uabheisd aingidh,
'Su faicinn siorruidheachd a nise teann ort,
'S gu 'n chuil, na frog ann gu dian, na tearnadh.

Bha truailleachd nadnir a ghna do-cheansuight,
'S ri lagh na naomhachd gu 'n aomadh daimheil;
Ach seasamh laidir gu brath an naimhdeas,
An aghaidh Dhia, is a Chriosd, 'sa shlainte.

'Sa nise fagar gu brath u'n teanntachd,
Airson do gnìomharan lianmhor aingidh,
'S cha d'thig ort bas bheir gu brath gu ceann duit,
An t-siorruigheachd mhor, 's u fuidh leon an ambghair.

TOGAIL SHLIOCHD ADHAMH O'N INBH THRAILLEIL,

Tha beachdach air a t-saoghal
Na aobhar broin gach am,
Bhi sealltuinn air chloinn daoine
Mar aolach ann 's gach gleann,
Thuit iad ann an Adhamh
Fuidh chumhachd bais am fang,
'S chaill iad iomhaigh, 's lathaireachd,
Iehobhah, soghal gu'n cheann.

Tha 'n comhnuidh nis sa chlabar,
 Gu 'n ailteachd air an ceann,
 Is miannan truailidh graineil
 Ri 'n sasuchadh gu 'n taing,
 'San aite caidreamh cairdeil
 Ri Dia ro bhaighail caomh,
 'S ann th'aca communn graisgeil
 Ri satan air an raon.

Ach runich Dia na gloire
 Am moralachd a graidh,
 O shiorruidheachd ann a throcair,
 Gu 'n deonuicheadh e Ceann,
 Do'n aireamh bha na run diubh
 Bhi dluth ris ann an daimh,
 A dh' fhuilingeadh na'n aite
 Gach piantan bais air crann.

Is leag e cuideach trathail
 Air Mac a ghraidh na aon,
 Is chruthicheadh o shiorruidheachd
 An Criosda siol ro naomh,
 'Sa mheud 'sa bha na run diubh
 Thoirt umhlachd dha, is gaol,
 Tha nis an gintinn grasmhor
 O'n t-siol neo-bhasmhor, chaoin.

'S mar thug eas-umhlachd Adhamh
 Am bas air chloinn na 'n daoine,
 Ni'n darna h-Adhamh grasmhor
 Le umhlachd moran saor,
 'S o'n Spiorad naomha, ghlormhor,
 O'n phor do-thruailte, chaoin,
 Tha clann na h-oighreachd oirdheirg
 Gam breith san fheoil, na ghaol.

'S an dream nach eil dheth chaoirich
 Cha chreid iad gaol an Uain,
 Thug suas e fein na eiric
 Gu cheusadh air a chrann,
 'S na fhuil ro naomh chaidh dhortadh,
 Gu doruineach san am,
 Cha chuir a h-aon diubh dhochas,
 Tha breisleach m'ocr na'n ceann.

Cha'n aom ach nadur naomha
 Ri Dia ro naomh is ard,
 'S cha'n urrain idir reite
 Bhi eadar brein is slaint,
 Is nadur glan na diaghidheachd
 Cha'n aom ri truailleachd ghrand,
 Is uime sin is eigin
 Do pheacich bhreun bhi cailt.

Ach moladh agus cliu dhuit
 A Rìgh as airde gloir,
 A dhealbh, a d'chomhairl ghrasmhor,
 An t-innleachd arda mor,
 Gu'm beirte ris na traillean
 Bha 'm bas a cuir fuidh leon,
 'S gu'n suidhichte an siol Adhamh,
 Siol slan o'n naomhachd mhoir.

'S o'n t-siol neo-thruaillidh, neamhidh,
 Tha nise clann an Rìgh
 An iomhaigh Dhia na naomhachd,
 'San aonachd ris, 'san sith,
 'S tha mheud 'sa rugadh dhasan
 Fuidh chumhnant grais a chaidh,
 'S chaidh thereis nis o'n bhas iad,
 Chum beatha slaint, is aoidh.

Na smaointichibh shiol Adhamh
 Gu 'm faigh sibh gradh an Uain,
 Cha ghradhich Dia gu brath sibh
 'N'ur traillean, 'sallach, truagh,
 Oir 's ann tha fearg gach la air
 Ri aingidh laidir chruaidh,
 Nach creid a bhriathran grasmhor,
 'S nach umhluich dha mar shluagh.

Na b'ioghnadh leibh nach gradhich
 E natur truaillidh dhaoin,
 'Na 'n smuaintibh, is na'm briathribh,
 'Sna 'n gnìomharibh ro chlaon:
 Cha ghradhich nadur naomha
 Chaoidh nadur baoth chloinn daoin,
 Is uime sin is eigin
 Am breith o'n t-siol ro naomh.

An so tha'n t-innleachd arda
 A nochdadh gradh an Uain,
 'S chruthachadh neo-bhasmhor,
 Nach cail gu brath a shnuagh,
 Cha drughidh peac, na bas air,
 'S cha tuit gu brath gu truaigh;
 Oir seasidh 'n darna h-Adhamh,
 'S tha shliochd 'sgach al dol suas.

Tha'n ceud duine talamhidh,
 'S tha shliochdsan talamhidh breun:
 Tha'n darna Duine neamhaidh,
 'Se'n Tighearn o neamh na'n speur,
 'S tha shliochd gu leir ro naomha,
 Mar naombachd natuir Dhe,
 'S fuidh chumhnanta na'n grasan
 Gu brath tha fasgadh 'n treud.

Mar dheirich Iosa ar Slanuighear
 Le cumhachd ard is buaidh,
 Thar ifrinn, 's uile naimhdean,
 Gu'n taing dhoibh as an uaigh;
 Mar sin bidh threud sa chaoirich,
 Tha'n aonachd ris an Uan,
 Ga'n togail suas gu baighail,
 Gu lathaireachd Rìgh na 'n sluagh.

'N sin seinnidh iad gu h-arda
 Air clarsich 's binne fuaim,
 'Sle 'n haleluiah, 's taing dhuit,
 Bidh 'n cainnt tighinn air a bhuidh
 Thug Crìosda mach, thar naimhdean
 Bha ceann-laidir, ro chruaidh,
 'S cha'n fhannuich iad gu sìorruidh
 Ga shior chuir ann am fuaim.

LAOIDH TAINGEALACHD.

'S tric a smuaintich mi ghaoil ort,
 Iosa naomha mo charaid,
 'Nuair a bha mi sa phrìosan,
 'S slabhruidh iarunn mu'm chasibh,
 'S m' anam bochd air a sharuch'
 Ann an clabar a pheacuidh,
 'S namhaid guineach chloinn daoine,
 Le chuid draoigheachd, ga m' thachdadh.

B' fhada'n uair sin o ghras mi,
 Och bu ghraneil mo chleachdan,
 'S shaolinn uairean gu'n taruinn
 Dol as o'r namhaid gu neartmhor;
 Ach am meodhain mo spairnean
 Thigeadh satan le fheachd orm,
 'S theicheadh misneach mo tha'bhachd,
 'S naimhdean basmhor a gleachd rium.

Bhiodh mo chogais ga m' phianadh,
 'S ghlaodhinn Iosa nach faic u,
 Mar tha m'anam ga riosladh,
 Aig diobhail fhiadhich 's aig peaca,
 Mur dean u cobhair na thrath orm,
 'S tighinn gu'n dail a thoirt neart dhomh,
 Cha d'thig a chreach o'n fhear laidir,
 'S bidh m'anam cailte gu beachdta.

Ach an aite an t-Slanuighear,
 'S ann thigeadh satan le mhisnich,
 'S theicheadh eagal a bhais uam,
 'S cha'n fhaicinn gabhadh na ifrinn,
 Theicheadh truaigh na siorruidhachd,
 'S gach uile phiantan chuir clisg orm,
 'S bheireadh cuispairean faoine,
 Tomhas faochaidh car tiota.

Ach oh! mo Shlanuighear grasmhor,
 Ciod an gradh rinn u nochdadh,
 A sheall air anam co tralleil
 'S a ghreas le d'laimh as an t-slochd mi,
 Bha mi salach is graineil,
 'S mi fuidh naire mo lochdan,
 Sior dhol fuidheadh ga m' bhathadh,
 Ann an clabar a pheacaidh.

Oh! mo Shlanuighear grasmhor,
 Ciod an gradh rinn u nochdadh,
 A sheall air anam co tralleil,
 'S a ghreas le d'laimh as an t-slochd mi,
 Tha mi nise air m'arduch'
 Ann an aireamh do bhochdan,
 'S m' aghaidh direach air Pharas,
 Ged tha naimhdean laidir ga m' lotadh.

Oh ! mo Shlanuighear grasmhor,
 'S e do ghradh rinn mo lianadh,
 Tha cumhachd t-fhocail, 's do lathaireachd,
 Ann am fhabhar gu siorruidh,
 Tha gealladh cinnteach do bheilsa
 Air a sheulach, ro dhianach,
 Ann am anam thuair gras uait,
 'S a chacidh cha'n fhaillingich colianadh.

Tha m'anam fein air a sheulach'
 Le Spiorad naomh sin a gheallaidh,
 Neach 's e geall dainich na h-oighreachd,
 Gu saorsa na seilbh a chaidh cheannach,
 'S bidhidh gach ni mar a shonruich,
 Rìgh na gloire gu'u mhearachd,
 'S uime sin tha mo dhochas,
 Rì dhol na cho'nail le bheannachd.

Oh ! m' anam nise nach duisg u,
 'S a chruit chiul cuir air mhireadh,
 'S buail na teudan gu laidir,
 Le seoladh arda an Spiorad,
 Is seinn gu fonmhor 's gu ceolmhor,
 Do Rìgh na gloir rinn do philleadh,
 S' crithanicheadh ifrinn fuidh d'shailtibh,
 A seinn do'n t-Slanuighear mhillis.

Seinn air maise 's air morachd,
 Seinn air oirdheirgeas a phearsa,
 Seinn air gradh an Fhirshaoruidh,
 Oh ! an gaol th'ann am anam :
 Seinn air buaidhean ro ghlormhor
 Rìgh na gloire an Athar,
 Seinn air Spiorad na naomhachd,
 An Trianaid naomh air a chathair.

Ach oh! a Thighearn na gloire,
 Ged se ceol th'ann am bheachdsa,
 Co as urrain do mhorachds'
 Chuir an ordugh gu reachdail,
 'Nuair tha Aingil do chuirte
 Tha seasamh dluth ort a feitheamh,
 Le'n sgiathibh comhdach' an gnuise,
 Fuidh dhealradh druighteach do phearsa.

Oh! nach airidh mo Slanuighear
 Air laoidh taingealachd mhilis,
 Dh'fhuilling moran deth chaineadh,
 'S piantan bais, agus ifrinn,
 Cham na truaghain bha leonta
 Thoirt gu solas, 's gu misnich,
 'S gu'r cuir mar neonaidean oirdheing,
 'S mar chlachaibh beo, ann a Uchd-lic.

Duisg a nise mo chaileachd,
 'S dean le d' ghrasan mo neartuch',
 On' rinn u m'anam a shlanugh,
 'Sa thoirt gu aros co socrach,
 Gu'n seinninn cliu dhuit a Shlanuighear
 Dol troimh an fhasach neo-sprochdail
 Gus am faic mi 'n ad ghloir u,
 Far an seol u gu ceart mi.

Ged tha mi fathast san fhasach,
 Is corp a bhais so a gleachd rium,
 Is naimhdeas chinneach mar b'abhaisd,
 Le cogadh, 's ar a cuir bachd'orm,
 Is ifrinn uile a beuchduich,
 Toirt sitheadh reubaidh, le neart orm,
 Bheir creideamh, dochas, is gradh dhomh,
 Neartuchadh grasmhor san astar.

Oh! nach arda a Shlanuighear
 An t-ionad taimh rinn u thasguidh,
 Ann an luchairt na gloire,
 San ith, san ol sinn a nasguidh,
 Do gach ionmhas ro oirdheirg,
 Air do bhordsa gu'n bhacadh,
 Is dealra drillseach do ghnuise,
 Lianadh na luchairt le d'mhaise.

Oh! nach airidh mo Shlanuighear
 Air laoidh taingealachd mhilis,
 A dh' ullaich ionad co arda,
 Oscionn gach namhaid, is ifrinn,
 Fad as o bhuaireannibh shatain,
 Fad as o ghrainealachd peacaidh,
 Fad as o thruaigh na siorruidheachd,
 A steach fuidh dhianadh do gheatibh.

Is arda maiseach, 's is oirdheirg,
 Dealra glormhor do phearsa,
 Is grian, 's is sgiath u do mhoran,
 A ghabh le eolas ri d'reachdaibh,
 'S tha m'anam fein air a lianadh
 Le gradh, ciatuibh, 's le tlachd dhìot;
 Oir nis tha maise do mhorachd,
 Le dealra beo, tighinn am faigs orm.

Ach oh! mo Shlanuighear glormhor
 'Nuair theid na neoil so a sgapadh,
 'Sa gheibh an t-anam neo-bhasmhor
 A mach a arois a pheacaidh,
 Chi mi 'n sin u ro oirdheirg,
 Ann ad ghloir, 's ann ad mhaise,
 A teachd le Aingil do chuirte,
 Gu'n naire gnuis orm, na taise.

Oh! nach airidh mo Shlanuighear
 Air laoidh taingealachd mhilis,
 Tha 'g ullach creutair co taireil,
 Gu'm thoirt na lathair le misnich,
 'S gu'm chuir air cathair a mhorachd,
 Fuidh dhealra glormhor a phearsa,
 'Sheinn aleluiah gu ceolmhor,
 Mar leanabh deonach an Athar.

Cliu is urram is glair dhuit,
 Airson na'n solasa taitneach,
 Tha m'anam sealbhach' an trasa,
 'S do gheallain grasmhor an taic riu,
 Gu'n dean u m' fhollach, 's mo chomhdach
 Ann a d' sheomrichibh fasgadh,
 Gus am faic mi 'n ad ghloir u,
 'S m'anam beo ann ad ghlacaibh.

LAOIDH AIR FULLANGAIS AN
 T-SLANUIGHEAR.

'S iad fullangais mo Slanuighear
 A bhi's mo dhan a luaidh,
 Mor ioraslachd an ard Rìgh sin,
 Na bhreith, 's na bhas ro chruaidh,
 'Se'n t-iongatas bu mhiorbhuilich
 Chaidh innseadh riamh do shluagh,
 An Dia tha ann o shiorruidheachd,
 Bhi'n Criosd am pairt a shluaigh.

Am peacanibh, 's an eaceartibh,
 Bha 'n saoghal gu leir ro thruagh,
 Fuidh chumhachd bais, 's am breunalachd
 Gu'n neart chum eirigh suas,
 Ach sheall an Trianaid ghlormhor oirn,
 Is dh' ordugheadh an t-Uan
 A bhi na iobairt reitichidh,
 Ard shagart treun nam buadh.

Ach oh! nach lag mo chaileachdsa
 Chuir cainnt air gradh an Uain,
 A thairg e fein o shiorruidheachd,
 Chum piantan, bais is truaigh,
 Cheannach le fhuil phriseilsan
 A chaorich chailte thruagh,
 'Sa dh'fhosgladh tobar ioc-shlainteach
 A shlanuigheadh a shluagh.

Ach foscail fein na seulachan,
 'S thoir tuisge gheur 'san uair,
 Is doirt a mach gu grasmhor dhomh,
 Am briathribh arda nuadh,
 An taisbéanadh ro glormhor sin,
 A shonruich u do d'shluagh,
 Air ioraslachd an t-Slanuighear,
 Na bhreith, 's gu bhas ro chruaidh.

Tha eachdruidh ann sa Bhiobul air
 Mar dhislich se e fein,
 O'n irbh ro arda shiorruidh sin,
 Oscionn gach ni fuidh'n ghrein,
 'S mar chomhduich e a dhiaghuideachd
 Fuidh nadur iosal dhaoin;
 'S chorp is anam reusanta
 Ghlachd piantan goirt mar aon.

Ged ruigeas tuigse natura
 Air tomhas ard do'n phein,
 A dh' fhuilling Iosa ar Slanuirhear,
 Chum sabhaladh da threud,
 Cha chumadh an saoghal do sgriobhanibh,
 Na dh'innseadh sin gu leir,
 N dh' fhuilling e gu doirinneach,
 An amhuinn feirge Dhe.

Am b' iognadh ged bhiodh uamhunn air,
 Is peac a shluaigh gu leir,
 Bhi teachd mar bheantan uamhasach,
 Sa leantuinn cruaidh na dheigh,
 Is cartas Dhe ri riarachadh,
 'S gach pian a thoill a threud,
 Bhi fullang trid na siorruidheachd,
 Bhi nis ri dhort air fein.

An deigh gach goimh, 's gach saruchadh,
 O chaine, 's naimhdeas dhaoin,
 Bha buairean goirt o shatan air,
 Nach tuig gu brath an saoghal,
 Bha feachd ro dhuth an dorchadais,
 Ro naimhdeil, colgail' breun,
 A caitheadh shaidean teinteach air,
 Bha oilteil, guineach, geur.

Ach 'se gu mor bu chraitich leis,
 Na naimhdeas ifrinn fein,
 An saoghal bhi cho tairoil air,
 'S iad teich o fhabhar Dhe,
 'S nach creideadh iad gu'n d'thanig e,
 Chum sabhaladh da threud,
 'S nach gabhadh iad gu cairdeil ris,
 Mar aileagan nan neamh.

Ach nuair sin mar gu'm basicheadh,
 Gach iochd, is baigh nan cre,
 'S ann leum iad mar choin chiochrach air,
 'Ga riosladh as a cheil:
 Bha tairbh ro laidir Bhasain ann,
 Ga shathadh air gach taobh,
 Is cheaduiheadh san tra sin doibh
 Le Athair cairdeil caomh.

Bha tuilleadh 's beuchdaich bheistean ris,
 Bha corruich gheur air Dia,
 'S bha cupan mor na feirge sin,
 An laimh ro threun an Triath,
 Bha ceartas glaothaich diaghaltuis,
 Is fiachan mor a shluaigh,
 Ri 'n dioladh le fhuil phriseilsan,
 Do cheartas Righ nan sluagh.

Nis treoruich thar struth Chedroin sinn,
 Do lios na deuchainn chruaidh,
 Is dealruich solus greine oirn,
 An aite leusan sluaigh,
 Gu'm faiceadhmid an Treun-fhear sin,
 An gaisgeach treun toirt buaidh,
 Is ifrinn uile beachduich ris,
 'Se gleachd am pairt a shluaigh.

'San uair bha 'n t-am a shonruicheadh
 An combairl shiorruidh neamh,
 Co-dhunadh dluth an ordugh air,
 Thug co-dhail dhi gu seamh,
 Ach oh! na piantan doruinneach,
 An t-uamhunn mor, 'sam bron,
 An doilgheas cruaidh, ro iargaineach,
 Chuir anam caomh fuidh leon.

Nach cluinn sibh air a ghluinibh e,
 Cuir urnuigh suas na fheum,
 O Athair chaoimh m'a 's comasach,
 An deoch so cuir uam fein,
 Tha m'anam air a sharuchadh,
 Fuidh uamhunn bais 'sam pein;
 Na bi mo thoils' o Ard Righ sin,
 Ach toil do ghraidhs' biodh deant.

Ach oh! mo Righ, 's mo Shlanuighear,
 'S ann thainig nis an uair,
 Bha cruadalach, is gabhaidh dhuit,
 A seasamh 'm pairt do shluaigh;
 Nach faic sibh fhuil a braonadh mach,
 An gleachdadh caomh nan gras,
 Is doilgheas anam ro dhoruineach,
 Ga dhortadh mach gu bas.

Bha 'n gleachdadh sin ro' chruadalach,
 Ga chumail suas leis fein,
 Bha eagal, oilt, is uamhunn air,
 Gu'n fhuasgladh dha na theinn,
 Bha chridhe caomh ga theannachadh,
 Gu coimhlianadh gach ni,
 A shonruicheadh le Athair dha,
 A cheannach slaint', is sith.

Ge trom na piantan corpora,
 Le sgiursa goirt air fheoil,
 Le biraibh ruisgt do'n sgitheach gheur,
 'S le smugadain am beoil,
 Le trusgan ruagh, 's le sgallaisibh,
 'S iad magadh air fuidh leon,
 'Se amar fiona feirge Dhe,
 A b' uamhasaich gu mor.

Ged b' uamhasach na fullangais,
 Sea uairean 'n crochadh beo,
 Is fhuil ro naomha stealladh as,
 Gach creuchd is lot is leon,
 'Se b' uamhasaich na h-uile ni,
 Pian ifrinn, 's eangach bais,
 Is dorchadas na siorruidheachd,
 Ag iadhadh teann 'se 'n sas.

'N sin ghiulain e ar peacainean,
 'N a choluinn fein air crann,
 Is dh' fhuilling e gu h-iarguinneach,
 Gach dio'tas thoil a chlann,
 Na tuiltean feirg is corruich sin,
 A sputadh bras mu cheann,
 Bhiodh ceartas dort' gu siorruidh oirn,
 Le dio'tas trom, gu teann.

'N sin reitich e, le fhullangais,
 Gu leir gach slighe gharbh,
 'S bha ceartas air a riarachadh
 Fuidh phiantan goirt is searbh,
 Le dortadh fhola phriseil san,
 Chaidh sith air thalamh ghairm,
 'S bha 'n t-Athair air a ghlorachadh,
 'S gach beo dha seiun le sailm. Amen.

LAOIDH AIR FULLANGAIS AN
 T-SLANUIGHEAR.

Oh! mo Thighearna dluthaich nise,
 'S thoir iul, is misneach mhor dhomh fein,
 Chum seinn, le ioraslachd crìodh, is tuigse,
 Air morachd fullangais chruaidh Mhic-Dhe;
 An t-aobhar tuireadh, 'n uair chaoin, 'sa ghuil e,
 Am bron, sam mulad, 'se sileadh nan deur;
 Cha chualas, 's cha chluinnear, 'san t-saoghal sa tuille,
 Aon chaidh, na tuireadh, mar chumbadh Mhic-Dhe.

Bha 'n saoghal, 's gach duine, air caochladh uile,
 Gu'n iul, gu'n tuigse, aig cinneach fuidh'n ghrein,
 Bha truailleachd, 's aimeadeachd fuaidhte daingean riu
 'S bu truagh an sealladh iad salach, is breun,
 Is ghlaodh an Tighearna, oh Ierusalem!
 Oh Ierusalem! Oh! 's e sileadh nan deur,
 A mharbhas, 'sa chlachas na Faidhean uile,
 'S an dream a chuireadh ga d' chuideach a d' fheum.

Cia minig a dheanuinn do chlann a chruinneach',
 Gu dluth, 's gu daingean, an caidreamh a cheil,
 A steach ann am fagadh, fuidh dhian mo Bhrataich,
 Mar chruinnicheas cearc a h-alach fuidh a sgeith,
 Ach oh! cha tuigeadh, 's cha chreideadh sibh idir,
 Gu'r mise an teachdaire foghainteach, treun,
 A shonruich an t-Athair, gu bron, 's gu airsneal,
 Gu leon, 's gu fullangais, chruaidhe 's gu pein.

Bha bron, is mulad, 's gach ceum dheth thurus,
 Is leon sud uil' e bhì cumhadh a threud,
 Bhi faicinn an cunnart, 'san truigh gun chumadh,
 Na'n cobhairtich dheomhan, ga'm pronadh fuidh 'n
 deud:
 'S iad fein gu'n tapadh, gu'n lugh, 's gu'n ghaisge,
 Ach faondrathach, sgaptadh, a siubhal an t-sleibh,
 'S coin iotmhor, acraih, gu'n fhiamh, gu'n taise,
 Ga'n rusg, 's ga 'n sgapadh, 's gan sgaradh o cheil.

Bha ghradh ro dhomhain, ro ard, thar tomhas,
 'S bha leud, agus fhad, co-ionann 'sa cheil,
 Bha ghradh gu'n chumadh, 'se dortadh thugainn,
 Is dheignich sud e gu fullangais gheur,
 Is ghlaodh e le sgairteachd, ro chruaidh, is ro neart-
 mhor,
 An garadh Ghethsemane fullang leis fein,
 Tha m'anam ro bhronach, gu'n fhurtachd, gu'n solas,
 A fullang na doruinn ro mhor so gu h-eug.

'M b' iognadh ged eigheadh an t-Uan 'se ga reubadh,
 Le uabhunn, 's le deisinn, roimh chorruih an Triath,
 'S cupan na feirge, lan choimisgt le sàrbhe,
 'Sa dhreach ni bu deirge na lasair ro dhian;
 'S ghlaodh e le durachd ri Athair, 'se 'g urnuigh,
 Ri talamh ga lubadh, sa shuilean ri neamh,
 Ma's comasach Athair an deoch so cuir thar 'am,
 'S na bi mo thoils', ach do thoilsa biodh deant.

Oh! a luchd casgairt nam b'urrain sibh fhaicinn,
 A chruadal, a ghaisge, is iomairt ro threun,
 Anam gu fhasgadh, le teannachadh laidir,
 'S fhuil-fhallas ga thraghadh, le dochann, 's le pean;
 Bha sin air a bhacadh, cha'n fheudadh sibh fhaicinn,
 'N sin cionnus a ghlacadh sibh Aon-ghin-mhic Dhe,
 Na cionnus bhidheadh orduchadh Freasdail ro oird-
 heirg,
 Ga choimhlianadh comhladh na fhullangais gheur.

Bha 'm Buachaile treunmhor a gleachdadh na eigin,
 Ruidh eadar a chreutairean fein, agus Dia,
 Glao dhich ri cadalich thruagh bidhibh faireachail,
 'N sin tiondadh ri Athair sa tagradh ro dhian.
 'M b'iognadh ged tbaosgadh fhuil-fhallas na bhrao-
 nibh,
 'Sa chaoirich an daorsa, 'se caoineadh an rian,
 'S ceartas ri riarach', 's ar fiachan ri dhialadh,
 'S be 'r tearnadh gu siorruidh o ifrinn a mhian.

Ach 's beag tha ri fhaicinn dheth spairn a Ghaisgich,
 'S a's beag tha ri thuigsin deth dhochann 's deth phein,
 Oir 's fullangais shiorruidh chaidh dhortadh le Dia air,
 'S an fhearg bha neo-chriochnach, gus an dioladh e 'r
 feich,
 Is ghiulan an Gaisgeach na aonar gach fras dith,
 Gu'n fhaochadh, gu'n fhasgadh, an ionad fuidh 'n
 speur,

Ach ruisgt air an altair, mar Uan, 'se ga chasgairt,
'S mar chaor aig luchd lomairt, gu'n fhosgladh a bheil.

Oh! nach bu grasmhor an sealladh ro chraiteach,
Ar Slanuighear aluinn an glacibh an eig,
'S corruich a dortadh, o cheartas Iehobhah,
'S tiugh dhuineul a comhdachadh aghaidh nan speur,
'S dorchadas siorruidh mu anam ag iadhadh,
'S na piantan neo-chriochnach a thoil sinn gu leir,
Gam fullang 'n ar 'n aite, na choluinn bha basmhor,
'S na anam neo-bhasmhor, an aite a threud.

'S ann sin a bha 'n t-uamhann, an doimhne na truaigh,
Is ifrinn air gluasad mu'n cuairt da gu leir,
'S Dia ann an Criosda, an gleachda do-chiosnaicht,
Cuir ifrinn gu siorruidh fuidh cheansal Mhic-Dhè,
'S Leomhann threubh Iudah, am Mengan ro chliuteach,
Air ifrinn toirt dubhlan, le umhlachd gu seamh,
Da Athair, ro ghrasmhor, a sheall air na trailean,
Ga'r fuasgladh gu buaighail le fhullangais fein.

Dhoirt ar Fearsaoraidh fhuil phriseil na taomaibh,
Is anam ro naomha, do cheartas ro theann,
Do'n lagh a thoirt umhlachd, ga choimhead le curam,
'S gach ceum gu lan dublach' gach cuis air a chrann:
'Sa dhialadh ar fiachan, do cheartas toirt riarach,
Ga'n ardugh, gu siorruidh, le dioladh gu cheann,
Sa choisirgeadh rathaid, tre fheoil, chum an Athar,
Tre'n tarruingeadh e dhathigh a threudan sa chlann.

Nise mo chairdean a dh'fhiosrich gu baighail,
An fhuil sin ga'r slanugh' o ghalaribh breun,
'S ag ionlaid bhur 'n anama, o pheaca, 'so shalachar,
'S ga'r saoradh o 'n traileachd le cumhachd ro threun;
Beachduichibh comhladh air Criosda na mhorachd,
Tagradh gu deonach bhur cuisean air neamh,
Air deas-laimh an Athar, na offigibh flathail,
'Sa nochdadh dhuinn tairisneachd Atharail sheimh.

LAOIDH AIR AN AISEIRIGH.

Dheirich solus is agh oirn,
 Dheirich Iosa ar Slanuighear o'n uaigh,
 Dheirich Grian agus gloir oirn,
 Dheirich Criosda na mhorachd le buaidh,
 Dheirich latha na slaint oirn,
 Dheirich Prionsa na sith o gach truaigh,
 Dheirich Ceannard ar slainte,
 Dheirich Teachdaire grasmhor da shluagh.

Siubhlidh nise na sgailean,
 Siubhlidh dorchadas bais agus truaigh,
 Siubhlidh ceannaire is naimhdeas,
 Siubhlidh peaca gu brath o do shluagh,
 Siubhlidh teagasg neo-ghrasmhor,
 Siubhlidh mealtaireachd ghraisgeil gu luadh,
 Siubhlidh cumhachd a namhaid,
 Siubhlidh teachdairean shatain gu truaigh.

Thanig comharan grasmhor,
 Thanig fosgladh nan seula le buaidh,
 Thanig coimhlian nam Faisneachd,
 Thanig dusgadh air anama do shluaigh,
 Thanig Iosa ar Slanuighear,
 Thanig Criosda le rioghachd a nuas,
 Thanig sith agus solas,
 Thanig creideamh, is dochas, is gradh.

Chunaig moran do lathsa,
 Chunaig Abraham, 's rinn gairdeachas ann,
 Chunaig Maois, agus Aaron,
 'S thug o'n Eiphaid. 's o plaighibh do chlann,
 Chunaig Iob, agus Daniel,
 'S dheachd do Spiorad da 'n caileachd do chaint,
 'S na Faidhean uile o Adhamh,
 Gus 'n do coimhlian u'n dain air a chrann.

Cha robh cumhachd aig daoine,
 Chumadh Criosda an daorsa gu teann,
 Cha robh cumhachd aig satan,
 No aig armaitibh graisgeil nach gann,
 Cha robh cumhachd san t-saoghal,
 Le cho-aontachadh baobhail gu cheann,
 Cha robh cumhachd aig bas air,
 Dhuisc e 's thog e gu h-arda a cheann.

Bha naimhdean fuileachdach, basmhor,
 'S bha iad uile neo-bhaighail, gu'n daimh;
 Ach ghleachd an Leomhan, co laidir,
 'S gu'n do phronn e fuidh shailtean an ceann,
 'S thug e buaidh air gach namhaid.
 Le slat-rioghlidh na rioghachd na laimh,
 'S tha e nise na mhorachd,
 Ann an luchairt na gloire gach am.

Mar dheirich Iosa ar Slanuirghear,
 Dheirich sinne na dhail as an truaigh,
 Dhuisc e 'n t-anam neo-bhasmhor,
 'S thurling solus a lathaireachd a nuas,
 Dh' fhosgail geatachan Pharas,
 'S dhoirt e 'n Spiorad le ghrasan da shluagh,
 'S dheirich m'anams' neo-bhasmhor,
 Anns' ann Aiseirigh ghrasmhor le buaidh.

'Se Criosd an Aiseirigh ghrasmhor,
 'Se a bheatha, 's an t-Slainte bhithbhuan,
 'S dhuisc air maduinn na Sabaid,
 'S dheirich grad o'na bhas, is o'n uaigh,
 Comhar cinnteach da chairdean,
 Gu'n eirich sinne na iomhaigh le buaidh,
 'S gu'n dean e'r sgeadach' le lathaireachd,
 Ann am maise, 's an ailteachd, 'san snuagh.

Oh! mo chairdean 's mo bhraithrean,
 Dh' fhiosrich a'r 'n anama mar tha dheth n' bhuidh,
 Thanig thugainn ar Slanuighear,
 'S thug e furtachd gu'n dail dhuinn o'n truaigh,
 Tha ar 'n anama neo-bhasmhor,
 Ann an uchdmhacachd ghrasmhor an Uain,
 'S ged tha choluinn so basmhor,
 Duisgidh Criosd i neo-bhasmhor o'n uaign.

Mar dhuisc e 'r 'n anama neo-bhasmhor,
 'S sa cheud Aiseirigh pairt thabhairt dhuinn,
 Bheir e'n corp so gu Pharas,
 Ann am maise, 's an ailteachd nach gann,
 Bidhidh mar aon iad neo-bhasmhor,
 Ann an aonachd, san ailteachd, 's an daimh,
 Ann an uchd Abraham,
 Mealtuinn siorruidheachd ghlormhor gu'n cheann.

Ach feumar dealach' ri sgailean,
 'S corp salach a bhais so chuir dhinn,
 Mu'm feudar seasamh na la'ir,
 Ann san tigh thog ar Slanuighear dhuinn,
 Tha ionad comhnuidh a Mhorachd,
 Maiseach, gloirmhor, do-thruailte gach am,
 'S nithean breugach, is neo-ghlan,
 Cha 'n fhaigh caidreamh na luchairt gu'n cheann.

'Nuair thig an t-am a chaidh shonrach',
 Sinne ghairm as an fheoil gu dol suas,
 Tuitidh choluinn so neo-ghlan,
 'S theid ar 'n anama gu gloir san le buaidh,
 'S nuair thig an Aiseirigh ghlormhor,
 Chidhear Criosd air na neoil teachd a nuas,
 Na shuidh air cathair a mhorachd,
 Le dheich mhiltibh dheth naomhaibh ma chuairt.

Paisgidh e seachad mar rola,
 Na speuran ard tha ga chomhdachadh uain,
 'S ruisgidh ionad a mhorachd,
 'S dealraidh solus a ghloire mu'n cuairt,
 Loisgidh 's leaghidh na duilean,
 'S theid an saoghal chuir na smudraich da chruas.
 'S le teas na 'n lasraichean mora,
 Gaoilidh uisgeachan doimhne, san cuan.

Glacaidh Criosda, na mhorachd,
 'N trompaid dheireanach, cheolmhor le buaidh,
 'S seididh sgál a bheir beo dhuinn,
 Na cuirp so, 's cuiridh e'n deo annt gu luadh,
 'S thig ar 'n anama nan codhail,
 'S bheir iad fait dhobh gu deonach o'n uaigh,
 'S bidhidh mar aon iad neo-bhasmhor,
 Ann an cumhachd, 's an iomhaigh an Uain.

'N sin labhruidh Criosda na ghradh ruinn,
 Sibh mo chairdean, 's mo chlann, is mo shluagh,
 Cheannuich mise le'm bhas sibh,
 'S thug thar cumhachdibh shatain duibh buaidh,
 Dhoirt mi m' fhuil chum bhur slanugh',
 O na pheaca; 's gach eugail nigh uaibh.
 'S tha sibh nise neo-bhasmhor,
 Ann am mhaise, 's am iomhaigh, 's am shnuagh.

Thigeadh sibhse mo bhrairean,
 Beannuicht le m' Athair gu brath thar gach linn,
 Gibhibh sealbh ann s'an rioghachd,
 Dh' ullaich mise gu firinneach dhuibh,
 Cha d'thig peaca, no bas oirbh,
 Cha d'thig trioblaid no sarachadh chaoidh,
 Tha sibh sona le m' laireachd,
 Mealibh an crun sa gu brath air bhur cinn.

Seall a nise a Shlanuighear,
 Ann an iochd, 's ann am baigh, air do shluagh,
 'S ullaich Teachdairean grasmhor,
 Chum an teagasg, 's an arachadh suas,
 Na leig gainne, na failling,
 Na leig laigse na'n caileachd co luadh,
 Ach bidh fein dhoibh ad Aoidhear,
 'S ionaltair a mach iad air fasach bithbhuan.

Chum 's mar thug u dhoibh slainte,
 'S saorsa anama o'n bhas is o'n truaigh,
 Gu'n dean u'n teagasg, 's an stinireadh,
 Gus an ruig iad do luchairt le buaidh,
 Gleidh o'n diobhal, 's on fheoil iad,
 Gleidh o'n t-saoghal iad, so bhobheirt an t-sluaigh,
 Gus am faic iad 'n ad ghloir u,
 Ann am maise, 's am morachd do-luaidh.

AN CO-PHROSNACHADH.

Tha moran sgios, is mulaid orm
 'S trom mo chriodhe ga innseadh,
 Tha Rìgh nan rìgh toirt cuireadh dhuibh,
 'S truagh nach strìochd sibh le cis da.

Co-sheirm.

Co na pilleadh le tuireadh ris,
 Co nach teicheadh o'n dilinn,
 Co nach strìochdadh 'san duslach dha,
 'S co nach creideadh an fhirinn,

'S truagh an rioghachd 'san d-rugadh sibh,
 'S fhada o bhaile na sith sibh,
 'S cuibhrichean teann ga'r cumail ann,
 'S co da'n ceaduich sibh innseadh.

Nise rinn moran ghinealach,
 Ceannaire an aghaidh an Trianaid,
 Thuit iad an Adhamh 'n toiseach,
 'S lean iad an cogadh gu'n striochdadh.

'S roighnich' gu mor le ceannaircich,
 Cogadh an ionadaibh diamhair,
 Na gu'm biodh Righ nam Flaitheanas,
 Dealradh mar sholus, 's mar ghrian doibh.

Ca'n ail leo'n solus sin fhaicinn,
 A chum 's nach cronuicht an gniomhan,
 Bheirear gu'n taing iad a'n slochdibh,
 'S duisgear an coguis gu'm pianadh.

Tha'n Righ air tairruing a chlaidh,
 'S marchdach an carbad a dhioltais,
 'S gearridh e sios iad na'n spealtibh,
 Mar chonnadh do theine na siorruidheachd.

Labhradh e'm briathribh atmhor riu,
 'S cuiridh gu cabhaig na fheirg iad,
 Doirtidh e cupan a chorruich orr',
 'S co da'n aithne a sheirbhe?

'M bheil eagal roimh phiantan ifrinn,
 Air ginealach crosda, is fiara
 An tilg sibh an Trianaid a chathair,
 Na'n eog sibh an lasruichean siorruidh?

Dortidh e teine, is pronnasg,
 Air ceannaircich olc, mhi-dhiaghaidh,
 Tha slaint ga tairgse a nasguidh,
 'S nach truagh do cheannaircich iargalt?

Tha Righ nan righ toirt cuireadh dhuibh,
 Teichibh o chlaidh an diaghaltais,
 Tuitibh gu striochd' mar 's cubhaidh dhuibh,
 'S gabhidh e steach sibh fuidh dhianadh.

Thanig ar Rìgh, 's ar Tighearna,
Dealradh mar sholus, 's mar ghrian duinn,
Thog e ri crannibh a Bhratach,
'S tha claidh gu guisg air a shliasaid.

Cha 'n fhuilling na reubailich aiteal,
Tha iolach a ghaisge mar sgian doibh,
'S aithne da chaorich a thartrich,
'S iomainear dhathigh fuidh dhian iad.

AM FIOSRACHADH SLAINTEIL.

ACHEUD EARROINN.

Tha'n saoghal gu leir na'm marbhanibh,
Gu'n fhiosrach slainteil beo,
Gu'n sgeul air teachd an t-slanuighear,
Gu'n anail annt na deo,
Threig iad Dia, is dh'fhalbh iad uaidh,
'S cha'n fhanadh iad na choir,
Oir thuit iad ann an Adhamh uaidh,
Is Jh'fhaillingich an treoir.

Cha'n aon a mhain is marbhan diubh
Ach thuit an siol gu leir,
Oir mheall an nathair lubach ud,
Le meas na craoibhe Ebh,
Thug Ebh fuidh bhuairean shatain deth,
Do Adhamh mar an ceudn,
Dhith e, 's thuit gu basmhorachd,
E fein, 'sa shliochd gu leir.

Cha chreid an saoghal san aimsir so,
 Gu'm bheil an inbh cho truagh,
 Cha seall iad ann 'sa Bhiobull air,
 Chaidh sgriobh le Dia nan sluagh,
 Tha sgail a bhais, is dorchadas,
 Ag iadhadh teann mu'n cuairt,
 'S tha'n diobhal le chuid innleachdaibh,
 'Toirt sith dhoibh marbh na'n suain.

Cha chreid iad nach bheil fabhor dhoibh,
 Am bas, sam fuil an Uain,
 Ged tha iad glaisd' san traillealeachd,
 Fuidh chumhachd bais, is truaigh,
 Na'n cloinn na feirg am basmhorachd,
 Is mallachd Dhia gu buan,
 A ruigheachd nuas o Adhamh orr,
 Oir thuit iad ann gu truagh.

Cha chreid iad nach bheil fabhor dhoibh,
 Am bas, 's am fuil an Uain,
 'S gu'n fhiosrach' riamh a laithreachd achd
 Ach dreach a bhais na'n gruaidh,
 Eas-umlachd, 's ceannaire laidir annt,
 Is ùaimhdeas gabhaidh truagh,
 An aghaidh Dhia, 'san t-Slanuighear,
 'S cha chomunn doibh a shluagh.

Na'n tuigeadh iad, 'sna 'n eisdeadh iad,
 Ri sgeul air cruthach' nuadh,
 Dh' fhosgail Criosd na seulachan,
 'S thug leirsinn gheur da shluagh,
 Dh' airisir gu h-aoibhinn doibh,
 O'm fhiosrach fein air buaidh,
 Eachdraidh air a bhreunalachd,
 'S air efeachd fuil an Uain.

Bha uair nach b' fhear na marbhan mi,
 Am leanabh feirg fuidh bhinn,
 An luib 'san lian an uabheistear,
 Gu'n tuar, gu'n dreach, gu'n ehli,
 Ach dhuisgeadh suas gu h-uamhann mi,
 Le neart, 'sle guth an Rìgh,
 Oir 's trioblaid mhor, is amhghar thig,
 Roimh chreideamh, slaint, is sith.

'S mar fhiosrach aon tha'n t-iomlan diubh
 Oir bha sinn truagh gu leir,
 'Sna h-uile h-anam dhuisgear dhiubh,
 Le guth an Uain mhic-Dhe,
 'Nsin chi iad sealladh uamhasach,
 Air ionad truaigh, 'siad fein,
 Gu'n chomas teich' O shiorruidheachd,
 Is bagradh bhais na'n deigh.

'N sin chi iad beanntan uamhasach,
 Na'n cruachibh suas gu neamh,
 Na peacainnean, 'sna h-eceartan
 A dheirich as gach freamh,
 Deth ghalaribh 's deth dhecailibh,
 Bha fuaidht ri 'n cre, 'sri 'n gne,
 Thug peaca-gin O Adhamh oirn,
 'S nach d'fhag oirn mais na sgeimh.

Chi an anama leointe 'n sin,
 Gu'r bronach bhidh fuidh bhinn,
 'S fiosrich 's iad gu doruinneach,
 An do-bheirt than 'sa chriodh,
 Na plaighean graneil, marbhtach th'ann,
 A gaoileadh garbh le stri,
 An aghaidh Dhia, 'san t-Slanuighear,
 Gu'n fhois, gu'n tamh, gu'n sith.

Ach chionn gu'r ann gu sabhaladh,
 'S nach ann gu sgrios mar thoill,
 Tha Criosd a dusgadh mharbhanibh,
 'S toirt fradharc iuil do dhoill,
 Tha oibreachadh ro-efeachdach,
 Le Spiorad Dhe sa chloinn,
 'S cha cheaduich e gu'm faillingeadh iad,
 Ach beirt iad slan o'n bhroinn.

Gidheadh troimh amhghar, 's uamhasan,
 Le spairn ro chruaidh, 's le stri,
 Theid h-uile h-aon a bhuadhacheas,
 A steach chum slaint is sith,
 Bidh eagal, oilt, is uamhunn orr,
 Is iomadh buaireas criodh
 Oir 's iomadh cneadh tha fuaidhte riu,
 Is satan luadh na'n deigh.

Le teicheadh luadh troimh gharbhlaichibh,
 Chum baile dian an Rìgh,
 Theid as o chlaidheamh 'n dioltais iad,
 Fuidh eagal, 's iomgain criodh,
 'S tha 'n leomhann beuchdach iorgaltach,
 An t-uamhbheisd air an ti,
 'S an iognadh ged bhiodh uamhasan,
 A fagail uaine 'n li?

Tha 'n t-anam truagh ro dhoruinneach,
 Le fiosrach' air a ghleus,
 Thoill sinn le ar gnoimharaibh,
 Le'r peacanibh, 's mi-bheus,
 Le'r ceannairc, is le'r 'n iorgaltas,
 'S le Iosa fein a cheus',
 Bhi fullang trid na siorruidheachd,
 Fuidh dhioltas ceartas Dhe.

'S an iognadh ged bhiodh uamhunn
 Air an anam thruagh fuidh bhinn?
 An lathair an Dia neo-chriochanich,
 A chruthich neamb, is tir,
 Is muir, 's gach ni tha gluasadach,
 'S ga'n rioghlachadh na Rìgh,
 'S tha aithridh air gach moralachd,
 'S gach urram, 's gloir, gu'n chrìch.

'S an iognadh ged bhiodh uamhunn air
 An anam thruagh fuidh bhinn?
 Is bagradh truaigh shiorruidh air,
 Fuidh dhioltas an ard Rìgh,
 Is ifrinn fosgailt uamhasach,
 'S an t-anam truagh gu'n chli,
 An sas gu'n chomas fuasgalaidh,
 O cheartas Dhia le stri.

Na 'm buineadh Dia gu feargach ruinn,
 Le ceartas mar a thoill,
 Gu'n iomradh thoirt air Slanuihear,
 Gu sabhaladh da chloinn,
 Ach fuaim le trompaid uamhasaich,
 Ga'r gairm na la'ir na'r doill,
 A dhortadh mach le dioltas oirn,
 Co their nach biodh air oilt?

Ach 's mor ar 'n aobhar taingealachd,
 A chlann an Rìgh gu leir,
 A dh' fhiosraich guth an t-Slanuihear,
 Ga'r tabhairt beo o'n eug,
 Bhuail e 'n dorus, 's gealb se e,
 Is ghabh e sealbh dha fein,
 Air anama bochd bha doruinneach,
 Fuidh amhghar, is fuidh phein.

Rinn peaca-gin, 's droch dheanadais,
 A'r tilgeadh sìos fuidh bhinn,
 'S cha 'n eireadh aon gu sìorruidh dhinn,
 Och! b'iosal bha a'r cinn,
 Bha beanntan trom, ro uamhasach,
 A chruach sinn suas gach linn,
 Do pheacanibh, 's do dh' euceartibh,
 Toirt eomas eirigh dhinn.

Bha geibhlean teann aig Satan oirn.
 Fuidh chumhachd bais gu truagh,
 Am prìosan dorch na traillealachd,
 'S cha b' ailt ar dreach, 's ar snuagh,
 Bha iomhaigh Dhia an Adhamh oirn
 Fuidh laith 'reachd Rìgh nan sluagh,
 Ach ruisg am peac' gu'r sailtibh sinn,
 'S thug dreach a bhais 'n ar gruaidh.

Bu lianmhor innleachd dhealbhadh linn,
 Gu riarachadh do 'n fheoil,
 'S bu lianmhor cuspair cealgach dhuinn,
 Le sugradh, is le ceol,
 'S bu siubhlach ann 's an diomhanas,
 Ar teangan, is ar beoil,
 'S sinn snamh a null do shìorruidhachd,
 Mar 'n eunlaith ann 'sna neoil.

Na 'm fagadh Dia n'nar marbhain sinn,
 'S ar gairm na la'ir gu luath,
 'S ar suilean fhosgladh 'n sìorruidhachd,
 Fuidh chumhachd bais, is truaigh,
 Cha 'n urra inntin 's muainteachadh,
 Na idir eaint a luaidh,
 An doruinn, is an dorchadas,
 'Sna geibhlean teann ro chruaidh.

Ach oh! mo Rìgh, 's mo Shlanuighear,
 Thug sabhaladh do d' chloinn,
 Nach d' fhag sinn ann an dorchadas,
 A dh' fhullang pian mar thoill,
 Cia mor ar 'n aobhar taingeachd?
 Gu'n d' thuair sinn a chuid roinn,
 Fuidh chumhnant saibhir grais a nis,
 'S nach d' fhag u sinn 'n ar dhoill.

B' iosal truagh na trailleann sinn,
 Gu'n dreach, gu'n ailleachd snuagh,
 Gu'n ghaol do Dhia, na taingeachd,
 Ach nimh, is naimhdeas cruaidh,
 Ach chuimhnich e na throcair oirn,
 'S chuir doruinn fada uainn,
 Is thaisbean e ro fhabharach,
 A ghradh, is iochd le buaidh.

AM FIOSRACHADH SLAINTEIL.

AN DARNA H-EARROINN.

'S fiosrachadh grasmhor, slainteil, fallain,
 Tha 'n tra 's ri aithris, 's ri luaidh,
 A choisinn an Slanuighear, grasmhor, tairis,
 Le bhas, 'sle fhullangais chruaidh,
 Is seinnidh gu'n dail, gu h-ard, le caithream,
 Gu ceolmhor, caithriseach, buan,
 A phobull, sa chairdean thuair a bheannachd,
 'S o'n bhas, 'so ifrinn lan bhuaidh.

Ged dh' fhiosruich sinn bas, is plaigh, is galar,
 An sas fuidh chumhachd na truaigh,
 Tha iochd, agus baigh, is gradh do-aithris,
 Gu brath an anam an Uain,

'S cha d' fhag sinn nar traillean, graisgeil, salach,
 Gu'n aillteachd dreach, na gu'n snuagh,
 Ach thog e gu h-aghmhor, arda, fallain,
 Na dhail gu grad sinn le buaidh.

'S ann thuair e sinn marbh, gu'n dealbh, gu'n sgeu-
 dach,
 Mar chairbhain shalich, gu'n tuar,
 Ro-fhada o Dhia, gu'n ghrian, gu'n ghealaich,
 Gu'n iartas dhathigh o 'n fhuachd
 Ach sgaoilt air an raon, mar aolach mainnir,
 'S am faoilteach teannach' ro-chruaidh
 Is naimhdean a ghloir' gu roichdeal tharuinn,
 'S cha b'eol duinn dadum dheth 'r truaigh.

Ach dh' fhiosruich ar 'n anama gairm ro eallamh,
 'Sna mairbh ghrad chlisg ann 's an uaigh,
 Oir thainig an uair, 's am fuaim le cabhaig,
 'S chrith-ghluais na cnamhan ge b' fhuar
 Bha sinne gu'n deo, an ceo a ghlinne,
 Ro-mhoran, 's tioram, gu'n tuar,
 Ach labhair Esekiel fein 's an Spiorad,
 Is dheirich sinne gu luath.

Bha cumhachd a bhais ro-throm ga 'r cumail,
 An sas gu'n chomas duinn gluasd,
 Is cuibhrichean shatain laidir ceangailt,
 'S ar naimhdean uile gu'n truas,
 Ach thainig an t-am, a reir a gheallaidh,
 Is rainig iolach an Uain,
 An t-anam bha marbh, is sgealb le cabhaig,
 Gach cuibhreach, 's ceangal, da 'n cruadh 's.

'N sin dh' fhiosruich ar 'n anama gairm gu beath a,
 'S chrith-ghluais le farum na chual,
 'S ge b' fhada o Dhia, gu'n rian, gu'n dathigh,
 Bha Iosa 'n taic ruinn san uair,

Is dh' fhiosruich ar 'n anama efeachd fhala,
 'S gach creuchd rinn fallain gu luath,
 Is dh' ionlaid e fein, an Leigh, gu farasd,
 Gach eucail, 's galar o shluagh.

Fuidh ghalair, 's fuidh eucail, bhreun a pheacaidh,
 Gu leir bha sinne 'n uair ghluais,
 Ach chuir ruinn an Leigh 'n sin efeachd fhala,
 'S gach eucail, 's galar nigh uainn,
 'S bha 'r 'n anama na lathair, gu slan, 's gu fallain,
 Gu h-aillidh, dreachmhor an snuagh,
 'S le anail a bheil 'n sin sheid gach peaca,
 Gu leir gu aigeal a chuain.

B'iosal, 's bu trailleil, dh' fhag an leagadh,
 Siol Adhamh uile mar thoill,
 Gu'n choir ac' air baigh, na gradh, na communn,
 An la'ir an t-soluis nan doill,
 Ach shonruicheadh tra an cuirt nam flath 'is,
 Israelach uile gu'n fhoill,
 A thog sinn le baigh le laimh gu tairis,
 Gu la'ir an Athar 'n ar cloinn.

'S ann marchdach gu treun mar Reult ro-shoilleir,
 An speuraibh spioradail nuadh,
 An carbadaibh Dhe, nam miltibh loinneil,
 Tha 'n Cherub Leanamh nam buadh,
 'S tha anama a threud an aonachd Spioraid,
 An gaol, san ceangal ro chruaidh,
 'S cha bhristear gu brath na banntan tuilleadh,
 'S cha fhailling' ich ceangal thri-dual.

Mar gheall o chein da threud clann-Israel
 Gu'n eirigh solus, is grian,
 Tha braithran a bheil gu leir ga'n colian',
 'S tha threud nan solus fuidh dhian,

Bha sinne gu leir 'nar duibhre doilleir,
 Gu'n iul, gu'n tuigse, gu'n rian,
 Ach dhealruich an Renlt, is dheirich sinne,
 'S gach creuchd chuir ola is fion.

Sa nise tha gradh, is slaint, is creideamh,
 Ga'm pairteach ruinne le coir,
 Oir dhealruich a Ghrian, 'sna sgiathibh leigheas,
 'S chuir iartas dhathigh 's gach beo,
 Tha dochas ro-bheo a ghloir mar choron,
 Ga'r comhdach thareis gu leoir,
 'S tha focal Iehobhah beo 'nar 'n anam,
 'S le deoin dha seinnidh sinn ceol.

'N uair dhuisgeadh an cèin le treun-ghuth 'a
 Struithear,
 Las eirigh dhathigh na chom,
 Ruith Athair na cho-dhail, 's phog le furan,
 'S e ruisgte, cas-ruisgtea, lom,
 'S mar dhearbhadh air gradh thug aithe 'n cabhaig
 A chomhdach thareis gu bhonn,
 'S bha feisd, agus ceol a shonruich Athair,
 Ga fhailteach dhathigh le fonn.

'S ciod uim' nach biodh orain, 's ceol gu'n ghainne,
 Le h-eolas spioradail nuadh,
 Aig Eglais tha beo, 's thuair coir gu'n sireadh
 Air Neamhnaid mhaisich 's mor luach,
 Na h-anama tha beo, 's chaidh threorach dhathigh
 'S tha 'gol gu pailt as a chuan,
 'N haleluiah gu brath cha 'n fhailnich tuilleadh,
 An la'ir an Athar cha dual.

'S a nise 's a chro tha ceol, is mireadh,
 Is orain mhilis do 'n Uan,
 A seinn air a ghloir, 's a mhorachd fhinealt,
 A shonruich Tighearn nan sluagh,

A bh'aige 'n a la'ir, 's a tha, 's a bhidheas,
 Gu h-arda. maiseach, 's gu buan,
 'S tha caorich a threud gu leir ga'm pilleadh,
 Gu eirigh 'n latha le buaidh.

Tha latha ro mhor, le ordugh 'n Tighearn,
 Gu'n 's gleo a tighinn gu luadh,
 'S an lianar an cro, 's bidhidh orain mhilis,
 Is ceol gu'n silleadh 'g a shluagh,
 Ach t-eichidh le bron gu doruinn bhibhuan,
 Gach seors' do chinneachibh truagh,
 'Nach strìochdadh na thra an la'air a Bhreitheamh
 'S nach b'aill leo idir a bhuidh.

'N sin 's sonadh gu brath, an la'air an Tighearn,
 An t-al naci. cuirear air cul,
 Oir t-eichidh gu'n dail gach amhghar, 's strioblaid,
 'S ann am a sealladh ar sul,
 'S failtichidh 'n Slanuirghear grasmhor dhathigh,
 Le cairdeas communn a ruin,
 'S cha'n fhaic sinn gu siorruidh crìoch ar sonas,
 'S cha'n iarr sinn tuilleadh feariuil.

THAINIG AN RIGH.

Thainig creideamh, is dh'fhalbh na teagamhan
 Dh'fhalbh an t-eagal, oir thain' an Rìgh,
 'S thog e ri crannibh gu h-arda, soillier,
 A bhratach loinneil, oscionn na tir,
 Ghlac e na laimb, is sheid le caisimeachd,
 Trompaid ard is scalannadh fuaim,
 Dhuisg a 'n cadal na mairbh bu tairis leis,
 Sgap e'm peaca, is dh'fhalbh gach gruaim.

.Ghl
 Gra
 Chu
 'S t
 Chli
 She
 Sga
 Bhu

Dho
 Is d
 Dho
 'S d
 Chu
 Is la
 'S c
 Dhe

Bha
 Cha
 Oir
 'S t
 Chli
 Is g
 'S

Is d

Bha
 Gu'
 Bha
 A c
 Chu
 Ion
 Ghl
 'S d

•Ghlaodh an Tighearn, le morachd cumhachd,
 Grad ghluais an talamb, is dhruichd an speur,
 Chual' an t-anam bha marbh gu'n anail,
 'S thuair e mothach' le fiosrachadh geur,
 Chlisg e la maim, is sheall ri t-easairgin,
 Sheall e ri Criosda, prionsa na sith,
 Sgaoil gach ceangal, is thaosg e bheannachd air,
 Bhuail e 'n dorus, is thain' an Rìgh.

Dhoirt e 'n Spiorad, is reub gach criodh,
 Is dh'fhogair ifrinn, 's am bas le cheil,
 Dhoirt e solus a ghloir le soilleireachd,
 'S dhealruich aghaidh nan neamh gu leir,
 Chunaig na doill, is chuala na bodhair,
 Is labhair na balbhain urasgeul seamh,
 'S cha d' dh'fhag e anam, gu'n chail, gu'n anail,
 Dheth 'n dream sna shuithich e rioghachd neamh.

Bha cruaidh chas tamul, is cradh sgach anam,
 Chaidh dhusg' gu mothach', 's gu fiosrachadh geur,
 Oir dhearbhadh an Spiorad an searbh, 'sam milis
 'S thug dearbhadh soillier do 'n anam mu 'n gne,
 Chlisg iad le maim roimh thruaigh na h-ifrinn,
 Is ghacadh le h-oilt, 's le h-eagal gach cridh,
 'S ged thuair sinn leagadh, 's ann dh'fhalbh na
 teagamhan,
 Is dh'fhalbh an t-eagal, oir thain' an Rìgh.

Bha moran cionta ga'r leon, 's ga'r leantuinn,
 Gu'n doigh air teicheadh o bhreithanas Dhe,
 Bha ceo, is doille, is sgleo gu'n ghainne,
 A comhdach aghaidh nan neamh gu leir,
 Chunaig na braidean oilteil eagalach,
 Ionad na raichdail fosgailte ruisgt,
 Ghlaodh 'n ar teagamh ri Dia, is fhreagair e,
 'S dh'fhalbh an t-eagal, oir thain' an Rìgh.

Shonruich Tighearn na gloir mar bhidheadh,
 Roimh thoiseach' cruthachidh t-alamh, na neamh,
 Is crìochnuich obair, le deoin, gu'n obadh,
 'S bha ceol ga thogail le maise, 's le sgeimh,
 Sheinn le cheile na reultan maidne,
 'S rinn mic Iehobhah iolach 's an tìr,
 'S thug gloir da'n Cruithear gach beo 'sa cruitheachd
 Bha 'n doigh, 'san uidheam, oir thain an Rìgh.

Ghlaodh an Cruithear, is dheirich ulluicht',
 Gach creutair uile, am maise nan neamh,
 Chaidh cheud neamh thareis, mar aon san talamh,
 'S bha nuadh neamh, 's talamh ri'm faicinn an sgeimh
 Chunchas gu'n dail an nuadh Ierusalem,
 Turling a neamh le maise ro-ghrinn,
 O Dhia a sgeaduich i, aillidh, earachdail,
 Is dh'fhalbh an teagal, oir thain' an Rìgh.

Gloir, is urram, gu siorruidh tuille,
 Do'n Uan a dh' fhuiling fuidh cheartas ro gheur,
 Thug buaidh le cumhachd, 's chaidh suas le siubhal,
 'S da'n dual bhi tuille na Shagart air neamh,
 Tagradh ar cuis an la'ir an Athar,
 Am firinntachd Iosa Criosda an Sith,
 'S ged bha sinn teagamhach, cait an eagal duinn?
 'S mor fhear teasairginn, Criosda na Rìgh.

Tha gloir, is Spiorad Iehobhah bibhuantach,
 'N comhnuidh 'm baile, 'san teampull Dhia,
 'S tha aonachd spioradail, naomha nise,
 Cuir aoidh air eaglais, le maise an Triath,
 B'iosal 's bu trailleil dh'fhag an leagadh sinn,
 Fada o ghras, 'sa sior dhol a dhith,
 Ach thuir sinn teasairginn, 's dh'fhalbh na teagamhan,
 Is dh'fhalbh an t-eagal, oir thain an Rìgh.

'S a
 Am
 Mar
 Do
 Aig
 Baid
 'Tad
 'S g

Tha
 Gu'
 Tha
 Gloir
 Thig
 A d
 Le'r
 La r

Tha
 Rìgh
 Tha
 'Sth
 'S ia
 'S th
 'S a
 A d

An
 Tha
 'Sni

A c
 Acr
 Cha
 Sa
 Bhi

'S ard an t-urram bhi daimhail tuilleadh,
 Am banntuibh duinealis, tareis, a ghaoil,
 Mar chloinn an t-soluis, toirt cliu, is moladh,
 Do Dhia le togradh nach aithne do 'n t-shaoghal,
 Aig suipeir na bainse laimh ri tobairchean,
 Bainneadh, is fiona, 's meala gu'n di,
 'Taosgadh thareis 'scha traoigh, 'scha ghannuch e,
 'S gaol ro mhaireannach, gaol an Righ.

Tha ceol, is mireadh, is orain mhilis,
 Gu'n bhron, gu'n shileadh, aig bainis an Uain,
 Tha eolas spioradail, mor, is ioraslachd,
 Gloir gu'n philleadh, is sonas ro bhuan,
 Thig nigheanan Shioin riomhach, sgeudaichte,
 A dh'fhaicinn an sith Righ Solamh fuidh 'n chrùn,
 Le'n chrùn an eaglais e, mhathair, freagarach,
 La mor an t-shubhachais, posadh an Uain.

Tha aoidhean, beadarach, aoidhail, sgeuduichteadh,
 Riomhach, freagrach do bhanis an Uain,
 Tha'n trusganan geala, gu lar, 'sgu talamh,
 'Stha pailm nan lamhan mar comhar air buaidh,
 'S iad so a bha'n teanntachd 'g iarraidh teasairginn,
 'S thainig a h-amhghar goirt, agus searbh,
 'S an cuan na fala dhoirt, 'n t-Uan air talamh,
 A dh'ionlaid, 's ghealich, an trusgain gu dearbh.

An la'ir righ-chaithir Iehobhah fhlaithinis,
 Tha iad a latha, 'sa dh'oidheche ga riar,
 'Sni'n t-Aon tha na shuidhe, gu h-ard 'san righ-
 chaithir,
 A chomhnuidh ghabhail na'm meodhain mar dh'iar,
 Acras, na iota, gu siorruidh tuille,
 Cha'n aithrich an siol tha beannuicht a chaoidh,
 Sa ghrian cha chunnart gu'm buail e buille,
 Bhios cruaidh orr tuilleadh, na teas gu'n claidh.

Ni 'n t-Uan tha meodhain ua nuadh-righ-cha ithir each,
 Air chluainibh glasa am beathach gu'n di,
 'S cha'n failingich aran, na fion, na bainne,
 Oir 's lan an talla tha'm baile an Righ,
 Treoruichidh 'n t-Uan a shluagh gu tobraichean
 Tobraichean beo a dhuisgeachan seamh,
 So'n suilibh bheirear le Dia gu'n teagamh,
 Gach deur, 's cha'n eagal do phobull nan neamh.

Grad sheinn a Shioin, le aoibhneas criodhe,
 Tha saibhreas tighinn, nach urrain mi luaidh,
 Tha Criosd, ar Tighearn, chuir Dia ga'r sirreadh,
 Mar Bhuachail iorasal pilleadh an t-sluaigh,
 Ged dh'fhuiling e'm bas, gu sabhaladh dhuinne,
 Ghrad dh'eirich e'n aird, le cumhachd 's le buaidh,
 Thuair e le Athair, an Rìoghachd, sa chathair,
 'S cuartuichidh e dhathigh na caorich 'sna h-uain.

Tha'n Rìgh air tighinn, tha'n Rìgh ri Tighinn,
 Tha 'n Rìgh sgach ionad 'm bheil cruinneach a shluaigh,
 Tha moran tuilleadh, na treubhan uile,
 Ga'n eigheach thuige, le cumhachd, 'sle buaidh,
 Grad lianidh e'n cro, 's bidhidh ceol, is mireadh,
 Le h-aoibhneas ro mhor sna criodhachan nuadh,
 'S rioghaichidh mìle bliadhna spioradail,
 Mailleadh ri Criosd, a phobull, sa shlnagh.

GHAIRM CHOGAIOH.

'Siomadh saidearachd mhor,
 'S dortadh fala gu leoir,
 Th'eadar Babilon mor san Eiphid,
 Ann's nach cluinnear dig sgeoil,
 Air piob is bratach is srol,
 Ach canran salaeh, is sgleo gu'n leirsinn.

ach,
 'S on' is armailtean breun,
 'Naghaid Chrisoda gu leir,
 Th'ann'sna fineachan dall gu'n leirsinn,
 Chuncas iomchaidh le Dia,
 Bhratach thogail, sa sgiath,
 Chruinneach' dhathigh fuidh dhian a Threubhan.

'Sthogadh comblan mo ruin,
 As gach torran is dun,
 Ann's do chaidil iad uine dheisneach,
 Riamh o'n brist sinn ri Dia,
 Cumhnant loinneil nan gniomh,
 Ach thuair sinn nise ceann-iuil tha leirsneach.

igh,
 Nise shaidaerean cruin,
 Chlann a gheallaidh mo ruin,
 On' se Criosd ar Ceann-iuil, bidhibh treunach,
 'S bheir e mach dhuibh a bhuaidh,
 Thar gach dreamaire truagh,
 Tha 'g iarruidh cheannais air uain na spreidh.

'Smithich dusgadh a'r suain,
 'S leum mar lasair aig luathas,
 'Naghaidh 'n tairneanich fhuair tha beuchdaich,
 'Sclaidheamh tharruing a thruaill,
 Bheir a mach dhuibh a bhuaidh,
 Thar Righ Bhabiloin, 's sluagh na h-Eiphid.

'S cuiridh Tighearn na gloir,
 Iomghaodh sgriosach ro mhor,
 Ann a chorruch air toir nan reubail,
 Gus an sgap e mar cheo,
 Marbh gu'n anail gu'n deo,
 Dream nach creideadh gu'n d'thuair e eiric.

Dream nach creideadh na'r Rìgh,
 Thog a bhratach san tìr,
 Ged a dhuiling e mìle deuchainn,
 Chum na seacharainich thruagh,
 Thional dhathigh le buaidh,
 Caorich aneoil, is uain a Threubhan.

'S on as cuisean ar Rìgh,
 Th'ann 'ar 'n aire san strì,
 Na biodh gealtachd, na sìth, na geilleadh,
 Air an ainmeach 'n ar beul,
 Gu 's am faic sibh fuidh gheill,
 Sluagh an fhearainn thug Dia dha Threubhan.

'S ard an t-urram, 's is mor,
 Bhi le Tighearn na gloir,
 Ann an cogadh nam beo tha 'g eiridh,
 'N am bhi cruinneach ri cheil,
 Caorich chailteadh a threud,
 As gach fine 'm bheil sìol a Threubhan.

'S tha armachd chogaidh gu leoir,
 Dealrach soilleir mar or,
 Ann am pailteas an stor nan neamhan,
 'S cha 'n eil bacadh air ceol,
 'S bratach loinneil, ro mhor,
 Arduicht tharainn le gloir ro sgeimhail.

'S tha Ceannard gaisgeil ar slaint,
 Ann an cumhachd thar cainnt,
 Ann an carbad an t-soisgeil shiorruidh,
 Marchdach arda le buaidh,
 Thar gach aibheisteir truagh,
 Tha dian ri milleadh le greann ro iargalt.

'S on tha Criosda ar Rìgh,
 Ann an gleachdadh 's an strì,
 Co nach seasadh gu dìleas, treunach?
 'S saidean itealach, geur,
 Le laimh chuimsich, ro threuin,
 Thilgeadh an aghaidh an leomhain bheucaich.

'S iomadh amhghar, is leon,
 'S iomadh trioblaid, is bron,
 'S iomadh doruinn ro mhor, is deuchainn,
 Dh'fhuing Criosda gu bas,
 Thoir nam braighdean a sas,
 'S thoir am fraodhirc do dhoill gu'n leirsinn.

'S iomadh achuinge chruaidh,
 'S iomadh gleachda le buaidh,
 'S iomadh tagradh ri Dia nan neamhan,
 Dhoirt ar Slanuighear caomh,
 Deonach 'mach ann a ghaol,
 Chum gu'n teasairgeadh Dia a threubhan.

Duisgibh nise gu'n dail,
 Sibhse dh'fhiosraich a ghradh,
 'S na biodh laigse, na suain, air crentair,
 'S gleachdibh iorasal ciuin,
 Ann am misnich, san run,
 'S na biodh duine gu'n iul, 's neo eudmhor,

'S iomadh caora tha uainn,
 Ann an eileanaibh 'chuain,
 'S ann an duchannibh buan ga'n reubadh,
 Air an leagadh gu lar,
 Aig ar naimhdean le tair,
 'S na leomhain oga gu dian a beucaich.

Oh! mo chairdean gu luath,
 Duisgibh grad as 'ur suain,
 Tha Ceanard gaisgeil a shluaigh air eirigh,
 Iosa Criosd a bheir buaidh,
 Ged tha'n gleachda ro chruaidh,
 'S cha'n fhag e duine dheth shluagh nan eigin.

LAOIDH CHOMUINNICH.

Dh'ol u Iosa an dolas uile,
 Cha d' dh'fhag u Ghaoil aon bhraon deth dhuinne,
 Cha d' dh'fhag, ach dhol u e t-aonar,
 Cha d' dh'fhag, ach dhol u e t-aonar,
 Bha fearg air Dia ri peacuich gu leir,
 'S bha cheartas 'g iarruidh 'dioladh da reir,
 Ach ghiulain u chorruidh gu'r saoradh,
 Ach ghiulain u chorruidh gu'r saoradh.

Thig iad a'd la'ir, gu'n dail, 's gu h-ullamh,
 Do chairdean gaoil, is daimheil uile,
 Gu cuimhne chumail a ghaoil ort,
 Gu cuimhne chumail a ghaoil ort,
 Dh'orduigh u fein duinn aran, is fion,
 Dh'fhoilseachadh bais an Tighearn o chian,
 'S mar thaisbeanadh soilleir na h-aonachd,
 'S mar thaisbeanadh soilleir na h-aonachd.

Thairg iad le'n laimh do naimhdean fuileach,
 'S thu'n crochadh air crann, 'su'n amghar buileach,
 An deoch a bha searbh, agus deisneach,
 An deoch a bha searbh, agus deisneach,
 An deoch bu sheirbh a choimeasgeadh riamh,
 Dh'ol u 'Tighearn a dhioladh ar fiach',
 'S chuir cupan na slainte nar laimhneadh,
 'S chuir cupan na slainte nar laimhne.

Tha n
 'M bl
 Nis i
 Nis i
 Seadh
 Dh'fh
 'Nis t
 'Nis t

Gloir,
 Do'n
 Thoir
 Thoir
 Bha s
 'Nar s
 Ach cl
 Ach cl

Sgaoil
 Is thre
 Shruth
 Shruth
 Thug
 Do thi
 Do thi
 Do thi

Tha n
 An cu
 'S sui
 Is sui
 Gabhil
 Olibh
 Cha 'n
 Cha 'n

Tha nise do chainnt ro dhaimheil dhuinne,
 'M bheil biadh agaibh chlann an am ur turuis,
 Nis ithibh a chairdean, is olibh,
 Nis ithibh a chairdean, is olibh,
 Seadh olibh gu saibhir a mhuintir mo graidh,
 Dh'fhosgaladh tobar a chaidh nach traigh,
 'Nis thigibh am ionsuidhs', is olibh,
 'Nis thigibh am ionsuidhs', is olibh.

Gloir, is urram, gu siorruidh tuilleadh,
 Do'n Uan a dh'fhuiling an doruinn uile,
 Thoirt fiosrach' a shlainte da chairdean,
 Thoirt fiosrach' a shlainte da chairdean,
 Bha sinn gu'n chail, gu'n iartas ad dheigh,
 'Nar seacharanich thrailleil, ionann is spreidh,
 Ach chuartaich u dhathigh do'n chro sinn,
 Ach chuartaich u dhathigh do'n chro sinn.

Sgaoil u dhuinn bord, san fhasach thioram,
 Is threoruich u nall sinn, led laimh gu'n chiorram,
 Shruth uisg as a charrig, is dhol sinn,
 Shruth uisg as a charrig, is dhol sinn,
 Thug u sinn slan, do thir gu'n ghainne,
 Do thir tha sruthadh le mil, is le bainne,
 Do thir ro bheartach Chanaain,
 Do thir ro bheartach Chanaain.

Tha nise do chlann mar bhanrigh sgeudaichteadh,
 An culaidh na bainnse, daimhail, beadarach,
 'S suipeir na bainnse an ordugh,
 Is suipeir na bainnse an ordugh,
 Gabhibh o m' laimh, is ithibh gu saor,
 Olibh uile dheth cupan mo ghaoil,
 Cha 'n fheud gu'm bidh gainn' air mo bhordsa,
 Cha 'n fheud gu'm bidh gainn' air mo bhordsa.

'S ard an taisbean' air gaol nam fiathinnis,
 Aon-ghid-mhic ro chaomh an Athar,
 Bhi nise na bhiadh air a bhord dhuinn,
 Bhi nise na bhiadh air a bhord dhuinn,
 'S biadh da rireadh 'm fheoil, deir e fein
 'Sa 's deoch da rireadh 'm fhuil sa da reir,
 Nis ithibh a chairdean, is olibh,
 Nis ithibh a chairdean, is olibh.

Tha nise do shluagh, mar uain an latha,
 Ga'r 'n ionaltradh leat fein, mar threud, gu'r 'n Athair,
 'S do ghairdeanan tairis ga'r tearnadh,
 'S do ghairdeanan tairis ga'r tearnadh,
 Thig u gu'n dail, 's cha dean u mailleadh,
 Is sgapadh tu ceo, is neoil, is doille,
 Is dealruichidh solus do laithreachd,
 Is dealruichidh solus do laithreachd.

Is saibhir do bord, le lon air thalamb,
 Ach 's saibhireadh gu mor an gloir do thalla,
 'Nuair dh'fhosgallas tu uineagan neamha,
 'Nuair dh'fhosgallas tu uineagan neamha,
 'Sa dhoirteas tu beannachdan mach gu saor,
 Iomhas do mhaithis, do throcair, 's do ghaoil,
 'S dhoirteas tu pailteas dheth 'n comhnuidh,
 'S dhoirteas tu pailteas dheth 'n comhnuidh.

SION GAOLACH.

A nis a Shioin ghaolich,
 Cha 'n fheud u bhi fuidh bhron,
 O'n thanig am Fearsaoridh,
 Cha 'n fheud u bhi fuidh leon,
 Bha uair bha corruich gheur ruit,
 O'n threig u Dia na gloir,
 Ach cheannuich e dha fein u,
 'S tha d'eiric pailt gu leoir.

'S ann dh'fhalbh u mach, air faontradh,
 Feadh aonaichean, fuidh sgleo,
 Ach tionailidh'm Fearsaoridh,
 A chaorich steach do'n chrodh,
 Cha'n fhag e caora thall diubh,
 Air chall an gleann nan deoir,
 Ach gairmidh e na lathair iad,
 Gu sabhailt, fallain beo.

Athair,

Thug Dia a mach o 'n Eiphid,
 Le neart na Treubhan mor,
 Is bhrìst e cuing an daorsa,
 'S thug saorsa dhoibh gu leoir,
 'S air tìr a gheallaidh phriseil,
 An sith thug dhoibh san coir,
 Is thilg e mach an naimhdean,
 Gu'n taing dhoibh, marbh, gu'n deo.

Ach thuit iad ris fuidh dhimeas,
 'S chaidh 'n ilseachadh gu mor,
 Oir reiceadh iad mar thraillean,
 Is dh'fhagadh iad fuidh leon,
 'S a mhachair fhosgailt, sgaoilteadh,
 Gu'n aonachd, na gu'n choir,
 Air fearran seach a cheile,
 'S luchd reubainn air an toir.

Ach gloir do Dhia gu siorruidh,
 Nach dichuimhnich, 'a nach treig,
 Na mionnan thug gu grasmhor,
 Do Abraham air fein,
 Gu'm biodh a shliochd ro shiolmor
 'S ro lianmhor, tur na dheigh,
 Mar ghaineamh mhin na traigh,
 'S mar reultan ard nan neamh.

A nis a Shionn ghaolich,
 Tha caochladh dlu do'n treud,
 Tha 'n t-arn bha air a shonrach,
 Le Iah Iehobha fein,
 A nis a tarruing dlu dhuinn,
 Le h-udarras Dhia nan neambh,
 'S am bi na Treubhan sgaoilte,
 Ga'n aonachadh ri cheil.

A nise Shioin ghaolich,
 O n' thuair u saors' dhuit fein,
 Na caidil air an aonach,
 'Sna caorich uainn an cein,
 Bi fearail, fairail, saorach,
 Le gaol do Israel Dhe,
 Gu'm faic an dream th'air faodail,
 Ar gaol 's ar communn reidh.

'S mar sin bidh iartas dubalt,
 Ga dhusgadh suas san treud,
 Bidhidh togradh ur gach la annt',
 'S bidhidh 'n t-al a 'g iarruidh cheum,
 Bidhidh cothional gu'n aireamh.
 Le fabhar bla mhic Dhe,
 Ga'n tionnal as gach aite,
 'S cha 'n fhidir iad tair na dheigh.

Oh! Shioin thoir do ghaol doibh,
 Tha'n gul san gaoir ro gheur,
 Tha'n acain air gach aonach,
 Feadh chriachaibh 'n t-saoghail gu leir,
 Tha iomadh mada sealg orr'
 Cho garg sa dhalbh air feur,
 'Sna caorich through nam balbhain,
 'S an earbsa lag nam feum.

Se cru
 Le cru
 A dhe
 Le teoi
 Chunai
 'S chui
 'S le m
 Rinn I

Cha b'a
 Cuir pr
 Bha'n
 'S chai
 Bhagai
 Fa cho
 Ach O
 Thuair

Bha ce
 'Scha'n
 Cha'n
 Ach do
 B'eigin
 Is cean
 'S thug
 Mar U

On' thuair u fein bhi'm fabhar,
 Leig ris do ghradh do'n Uan,
 Dean aithris air a shlainte,
 Gu daimhail tric da shluagh,
 Biodh t-achuingean na lathair,
 Gu tric gu'n dail. 's gu luath,
 Air son an dream tha faondradhach,
 Na caorich chailte truagh.

 LAOIDH BU AidH.

Se cruaidh chas bhuillean, is buaidh gu h-uile,
 Le cruadal, uamhunn, eagal, is teinn,
 A dheonuicheadh m'anam air choir a channtuin
 Le teoir an ceol, 'sle urram an seinn,
 Chunaig an Trianaid iosal builleach sinn,
 'S chuir e le baigh a theachdair 'nar deigh,
 'S le moran stri, is sgios fuidh bhuillean,
 Rinn Iosa ar sith, air talamh, 's air neamh.

Cha b'ann gu'n ghleadhadh, ro theann, bha'n Teachdair,
 Cuir prionsa reachdan an athair fuidh gheill,
 Bha'n saoghal ri h-ifrinn air aontach sgriosail,
 'S chaidh gaoir nam baoth o thalamh gu neamh,
 Bhagair Iehobhah mor an ceartas,
 Fa chorruih an saoghal a mhilleadh gu leir,
 Ach Oh! na caorich mhaodhadh, bheadarach,
 Thuair Fear-saoruidh, sheasamh sa bheum.

Bha ceartas an Athar, ro theann a bagradh,
 'Scha'n fhoghnagh tagradh, ach fullangais gheur,
 Cha'n fhoghnagh tuireadh, is bron, is buillean,
 Ach dortadh fala, gu'r furtachd nar feum,
 B'eigin na fiachan dhioladh builleach,
 Is ceartas a riarach uile 's gach ceum,
 'S thug Iosa Criosda diol gu h-ullamh,
 Mar Uan gu'n ghiomh, gu'n chiorram, ann fein.

Bha'n iobairt ro thaitneach, an lathair an Athair,
 'S rinn dortadh fhala an t-Athair ruinn reidh,
 Ghiulain a peaca a shluaigh gu beachdadh,
 Le bron, le leon, na cholainn, 's na chre ;
 Dh'fhuilling gach doruinn throm, 's gach buille,
 'Na anam, 'se 'n sas aig ceartas ro gheur,
 Is dhol le deoin, fuidh bhron, an cupan,
 'S tha bhuaidh le coir ga phobul 'sga threud.

B'ard an taisbean, air gradh an Athar,
 An t-aon-ghin tairis, bhi 'n glacaibh an euig,
 An t-Uan gu'n choire, gu'n ghiomh, san doire,
 'S le uan bha fuasgladh soilleir gu 'n bhreig,
 Umhlachd, is riarach, dh'iarr an ceartas,
 Do laghannaibh naomb a Chruthair gu leir,
 Is thuair e riarach, 's dioladh beartach,
 'S rinn Dia an Criosd, an talamh ris reidh.

Ach oh ! bha ifrinn le gaoir, ro sgriosail,
 'S le craos ro liosda, ga'r tarruing ris fein,
 Cha 'n fhoghnadh beagan, ach moran leagaidh,
 'S cha 'n fhoghnadh lod, ach pobull gu leir,
 'Smar riaruich Iosa Criosd an ceartas,
 'Smar rinn e le baigh an t-Athair ruinn reidh,
 'Sann thuair e coir ro mhor thar ifrinn,
 'S inchairichean a bhais, is ifrinn, dha fein.

Bha 'n saoghal ri h-ifrinn air aontach sgriosail,
 'S na caorich maoth gan tarruing nan deigh,
 Chaidh fuaim, is sgreadail, an t-sluaigh gan legail,
 Gu eluais an Uain, ar Tighearn, 'sar leigh,
 Thainig e nuas le truas gu'r teasairginn,
 'S choisinn e bhuaidh thar ifrinn gu leir,
 'S cha 'n fhag e blath, no cail do dh-ifrinn,
 Gu'n saltairt gu lar fuidh chasibh gu treuin.

Tha na
 'S tha
 Oir th
 'Sis du
 Thuit
 'Sa tui
 'S tha
 Air ua

Thaini
 Ios' ar
 Ach dh
 'S bha
 Cha 'n
 'S cha
 Ach 'th
 Cumha

Tha bu
 An uar
 Tha gl
 Le deo
 Ach se
 Gu mis
 An Le
 A choi

Ach oh
 'Sle or
 Air glo
 An Tig
 Cha 'n
 Na idi
 Oir 's
 Air mo

Tha naimhdean gu'n teagamh, fuidh laimh, ga'n leagail,
 'S tha greann is eagal air Beelzebub fein,
 Oir thuair e leagadh ro thruagh gu'n teagamh,
 'Sis dual, mar dhuais, dha tuille na dheigh,
 Thuit e mar thoill, e neamh gu talamh,
 'Sa tuille an dan da chleachdanibh breuin,
 'S tha cumhachd, is gloir, an Uain cuir eagail,
 Air uamhbheisd uaibhreach ifrinn fein.

Thainig gu h-iorasal, daimheil misneachail,
 Ios' ar Slanuighear shireadh a shluaigh,
 Ach dhiult iad ris gabhail, bha 'n daimh air thalamh,
 'S bha 'n naimhdeas tarruing an criodhachan uaidh,
 Cha 'n fhae iad ann ailleachd ard, na maise,
 'S cha strìochdadh iad dha, bha 'n criodhachan cruaidh,
 Ach thug e le baigh da chairdean tairis,
 Cumhachd bhi nan cloinn do Thighearn nan sluagh.

Tha buaidh gu'n taise, is cruadal gaisge,
 An uail, nan duan, 's nan iurram gu binn,
 Tha gloir, is urram, ro mhor nan curraidh,
 Le deoas morchuis Fhilidh ga'n seinn,
 Ach seinneam 's le'm dhain an la'ir an Tighearn,
 Gu misneachail, daimhail, cumhachd, is buaidh,
 An Leinibh ro-ghrasmhor, aluinn, iorasail,
 A choisinn duinn slaint fuidh fhullangais chruaidh.

Ach oh! ged thograinn, le deoin gu'n obadh,
 'Sle orain bheo, 'sro mhillis bhi seinn,
 Air gloir, is urram, is morchuis dhuneil,
 An Tighearna mhoir bha 'n trioblaid 'san teinn,
 Cha 'n urrain mo chail do dhain a ghabhail,
 Na idir mo chainnt uil aithris le buaibh,
 Oir 's aithridh mo Shlanuighear gradhach tairis,
 Air moladh, 's air cliu dothuigsin, 's doluaidh.

LAOIDH LE EOBHANN MAC LAOMUINN.

Oh ! m' anam seinn le taingealachd,
 Air saibhreas Dhia do'm thaobh,
 Nach d' dhag gu toil mo naimhdean mi,
 Ach as an laimh do shaor,
 Thug mi a tir a bhraighdeanais,
 'Sa cuibhrichean na daor's,
 'S adh f'heuch dhomh meud a chaomhneis,
 Is a dh'fhoilsich dhomb a ghaol,

Oh ! dean fein mo chail a ghleusadh,
 'S buail na teudan ciuil,
 Gu'n deanainn air do mhaitheas sgeul,
 A' cuir an ceil do chliu,
 Oh ! deonuich neart do m' anam,
 Agus solus e do ghnais,
 Do throcair chaomh gu'n aithrisinn,
 Am briathraibh fallain ur.

Bha mi siubhal dhionsuidh truaigh,
 An suain 'san cadal trom,
 Gu'n churam, na gu'n smuainteachadh,
 Ach traill gu luath a null,
 'N sin ranaig t-fhocal mi le buaidh,
 'Smo chriodhe bhuaile e'm chom,
 'San t-anam a bha marbh do chual,
 'San talamh ghluais gu bhonn.

Bha m' anam bochd an sin an sas'
 'S fuidh nair an lathair Dhia,
 'S le sealladh air mo ghrainealachd,
 Bha mi do ghna fuidh fhiamh,
 'S be togradh m' anama tarsinn as,
 Gu aite taimh, is dian,
 'S cha b' urrain mi mar b' abhaist dhomb,
 Bhi sasuch' m' anamiann.

Bha ceartas geur a bagradh,
 Is a tagradh orm nam fiach,
 Ach oh ! bha mise falamb,
 Gun ni agam chum an diol',
 'N sin dheanadh m' anam stri is gleachd,
 Gu teachd a dhionsuidh Chrìosd,
 'S thaomadh mo dheoir, is m' achuingean,
 A mach gu frasach, dian.

Ach truailliachd mo naduir bha
 Ga m' sharuchadh, 's ga m' leon,
 Is curam m' anama bhathadh e,
 'N sin thigeadh an namh am choir,
 'S gach innleachd basmhor ghnathaicheadh,
 Gu 'm thaladh dhionsuidh broin,
 A sealltuinn dhomh nan ailleagan,
 A shasuicheadh an fheoil.

Bu leir dhuit fein mo sharuchadh,
 Gu'n fhois, gu'n tamh, gu'n dian,
 Is uamhunn trom a bhais orm,
 'Smi 'n sas an clabar cria,
 Ach oh ! rinn us a Shlanuighear,
 Mo thoirt le d' laimh a nios,
 Is dhoirt u mach do ghrasan dhomh,
 Is shasuich m'uile mhiann.

Mo pheacainean do dh' fhogair u,
 Mar cheo riomh osaig ghaoidh,
 Is ann am anam thoisich ceol,
 Air maduinn mhor na saors',
 'N sin dhichuimhnich mi m' uile bhron,
 Mo leon, agus mo shaothair,
 Is sheinn le taingealachd, 's le treoir,
 Air oran binn do ghaoil.

A nise o mo Shlanuighear,
 A dh' fheuch do ghradh dhomh fein,
 A thog o inbh ro thrailleil mi,
 Gu inbh ro ard do threud,
 Na fag gu laigs mo naduir mi,
 Ach stiuir doghna mo cheum,
 Is solasan na fasaich so,
 Na taladh mi nan deigh.

'Smar sin cha 'n aobhar naire leam,
 Do shlainte chuir an ceill,
 'Smar sin is inbh ra arda leam,
 Bhi fuidh thair a chroinn-a-cheus,
 'S nuair chriochnicheas mo laithean,
 Ann am fasach truagh na deur,
 Bididh m' anam sona, sabhailteadh,
 A' d' lathair shuas air neamh.

Do bhrigh nach bheil air thalamh so,
 Dhomh baile mhaireas buan'
 'S nach bheil ach uine ghaorid,
 Gus an gairm u fein mi suas,
 O stiuir me ann ad reachdaibh,
 Is a' d' statuin cheart gach uair,
 A d' aghaidh chum nach peacaich mi,
 Le dol air seachran uadh.

S gu'n ruith mi 'n reis air thalmah so,
 Mar m' aithrichean thug buaidh,
 'Sa thuair gu sabhailt thareis,
 Dhionsuidh sonas maireann buan,
 'S tha nise sealbhachadh do ghaoil,
 'S gu brath cha traogh an cuan,
 An communn solasach do naomh,
 'Seinn oran Mhaois, 's an Uain.

Tha dochas m' anama ris an la,
 'Sam fag mi gleann na deoir,
 'Sam faigh mi suas do 'n arois sin,
 Tha uile lan do ghloir,
 Thar nach claidh an namhaid mi,
 Na failligean na feol,
 A sealbhachadh do laireachd,
 'Sa tobar slaint ag 'ol.

Tha latha mor a tarruing dlu,
 'San turling Iosa nuas,
 'Sa theachdsan chithear leis gach suil,
 Fad as, is dlu mu'n cuairt,
 'San dream a bhios neo-ullaichteadh,
 Co's urrainn inseadh an truaigh,
 Oir sgiursar sìos gu h-uile iad,
 Gu fullangais bithbhuan.

LAOIDH AIR GRADH DHIA.

Se gradh neochriochannach a Chruithear,
 Cuspair iognaidh dhaoine diaghaidh,
 'Sna h-aingil naomh, tha'n cuirt nam flatheis,
 'G iarruidh dearcadh steach gu dian ann—
 Gradh tha lianadh morachd f'flatheis,
 Ann am fairsinneachd na siorruidheachd;
 Taosgadh mach a dhionsuidh pheacach,
 Riamh nach b' airidh air 's nach d' iarr e.

Tha gradh neo-chriochannach a Chruithear,
 Dealradh mach sa chumhnant shiorruidh;
 'M buaidhibh glormhor Dhia, gu'n bhacadh,
 Ann an teachdareachd na sìochaint:
 Dealradh beo mar dhaimèin laisgt',
 Mar chriodhe taisgt' an uchd a bhuidhean;
 Aontach riamh cha d' rinn an ceartas,
 Ach mar thuair an gradh dha riarach.

Tha 'n gradh gu'n samhladh ann an tomhas,
 Airde, doimhne, fad, is leuduinn ;
 Cuartach iarmailt chian na cruitheachd,
 Ann an iomlanachd neo-chrìochnach,
 Lianadh luchairt ard nam flatheis,
 Ann an caomhalachd na diadhidheachd :
 Cha bhath na h-uisgeachan gu h-uil' e,
 'S chaoidh cha mhuch e tuiltean lionmhor.

Cha ghradh mar chairdeas daimh an duine,
 Gradh a Chruithear tha o shiorruichd ;
 'N gradh tha ann, roimh thus na cruitheachd,
 Mu'n robh neamh, na muir, na tir ann ;
 Mu'n do ghairmeadh riamh gu bith iad,
 Gradh tha iomlan ann san diadhidheachd ;
 Oir 's gradh e fein an Dia neo-fhaicsneach,
 Chaoidh neo-chaochlaideach, neo-chrìochnach.

Seall sa ghrein an treune thuruis,
 Gealach 's reultan tha ro-lionmhor,
 Deulradh soluis air o chruideachd,
 Nuas a farsinneachd na h-iarmailt :
 Fianuis bheo air gloir a Chruithear,
 'S air a gradh a tha neo-chrìochnach :
 La do la a deanamh sgeul air,
 'S oidhch' do dh' oidhche deanamh fianuis.

Tha 'n gradh ro-shaibhir ann am maise,
 'S ann an oirdheirgeas ro-fhiorghlan ;
 Paisgt' is seulaichteadh san Athair,
 Ann sa chumhnant, ghrais, is shìochaint :
 Glormhor, caomh, 's e saor do pheacuich,
 Trid na h-airidheachd neo-chrìochnach,
 Th' ann san Uan ro-naomh chaidh chasgairt,
 Chum an ceartas teann a riarach.

Nuair thuit sinn sìos o'n sgiamh 's o'n mhaise,
 Ann san d'roinn an Tighearn Dia sinn,
 Chaill sinn coir air gloir nam flaitheas ;
 Cha robh dachaidh dhuinn san Diadhaichd :
 Ruisgt' gu'n fhirinnteachd sa mhachair,
 'B'eiginn luidhe 'm peac, san iorguinn ;
 Cuibhricht teann an geibhlibh glaiste ;
 Sinn' mar chreich aig naimhdibh iargalt.

Nochd an gradh e fein an toiseach,
 Chum gach dosguinn chuir o 'r criochaibh ;
 Chum an trochair mhor bhi nochdtadh,
 Ann an saibhreas ghrais an Trianaid ;
 Dhealbhadh innleachd slainte dhuinne,
 Chum nach d'thigeadh oirn an dialtas,
 Bha 'm peaca toiltinn, ann an ceartas,
 Riam o bhristeadh chumhnant ghnìomha.

Ge h-ard gach foilseach graidh o'n toiseach,
 Ann s gach sochair, 's tiolac lionmhor,
 Rinn ar Dia a phairteach ullamh,
 Gun aon duileachd, ach gu fialuidh ;
 'S airde dealra gloir an Athar,
 Ann an gradh ar 'Tighearn Iosa'
 Na gach foilseach riamh dheth mhaitheis,
 Ge be doigh an d'roinneadh riamh e.

Bha gach Faidhsneachd, is gealladh,
 Samhladh, 's cosamhlachd bha riamh ann,
 Astar cian o chial, 'so thuigse,
 An dream a th'fhuair iad, roimh cholianadh,
 Sgaile dorcha linn an lagha
 Thog an soisgeul dheth gu siorruidh ;
 Oir Grian na firinntachd, na mhaise,
 Dheirich ; dealradh soluis fhìorghloin.

Tha'n gradh ro-dhearbhtadh, nis gun teagamh,
 Ann sgach Eglais am bheil diadhidheachd;
 Fianuis muigh, is fianuis stigh air,
 'S fiannis fiosrachaidh co-lianaidh:
 'N gradh ga dhortadh air a chridhe,
 Bha ga shineadh mach o chian duinn,
 Nis togail fonn nan Sonn gu gaisge,
 Ann an gleachd a chreideamh chriosdaidh.

Ach dhuriginn, mun d'thig an deire,
 Beagan labhairt air na pianntan,
 Dh'fhuing Iosa 'n aite pheacach,
 Ann am foilseach gradh an Trianaid:
 'N cupan feirg, an teas na corruich,
 Air a dhortadh mach gu dian air;
 Pian, is eungach bais ga leantuinn,
 Gus an d'thuair an ceartas riorach.

'Machd bha gradhach leis an Athair,
 Bha co-ionann ris san diadhidheachd,
 Ghabh e nadur iosal duine,
 Chum gach uile ni cholianadh;
 Dhoirt e mach chum bais fadheireadh
 Anam graidh mar iobairt shiochaint;
 'S dhol e'n cupan feirg bha domhain,
 'S bu mhor a dhochann, is a phainntan.

Oh! nam b'urraim mi air aithris,
 Ann an taisgeuladh nam briathran,
 'S dortadh pailt le dain, gun bhacadh,
 Ann am maisealachd na Diadhieachd,
 Dhinnsinn sgeul, am briathribh blasda,
 Air an taisbeanadh dheth'n Iosa:
 Uan ro-naomha Dhia ga phasgadh,
 'S ann sa phrasich luidheadh iosal.

'S beag an tomhas caoidh, na tuireadh,
 'S urrain duine chuir am briathribh,
 Air na dh'fhuiling Ios' deth bhuillibh,
 'S fhuil ga dort' na frasuibh dianruidh ;
 Dhoirt e mach gu bas, gu h-obann,
 Anam caomh, airson ar fiachan ;
 'S bha'n cumhnant seulichteadh gun obadh.
 'S lagh, is ceartas air an riarach.

Nis tha'n gradh gu saor, sa nasguidh,
 Ann an tairgs an t-soisgeil shiorruidh ;
 'N lagh na mhorachd, 's ann an urram,
 'S ceartas 'g aontach leis an dioladh ;
 Gras, is trocair dortadh pailt dhuinn,
 Mar na frasan, troimh na neulaibh,
 'S cridhe dhaone beo, sa plogail,
 'G iarruidh steach fuidh fhasgadh Diadhidheachd.

Beachduich, 'smuaintich, ann ad chridhe,
 Air an dithis ann san aonachd ;
 Dia'n Criosda, air an talamh,
 Ann an isleachadh na daonachd :
 Fhuil ga dortadh, ann am pailteas,
 Chum an saoghal a dheanamh reidh ris,
 'S Uan ro naomha Dhia ga chasgairt,
 Ann an gradh nach fag, 's nach treig sinn.

Tha solus eolais gloir an Tighearn
 Dealradh mach mar mhaduinn cheitein ;
 Lianadh crìochan cian an domhain,
 Ann an nochdadh gradh na reite :
 Dhulan dorchadas a pheacuidh,
 Neoil tha sgapadh as a cheile,
 'S grian na Fìrinntachd, na mhaise,
 Dealradh soluis air ar ceumaidh.

'S gradh gun chumadh gradh an Athar
 Tha na chomhnuidh, ann sna neamhibh ;
 Gradh tha dort' an criodh na cloinne
 Thuair, neo-fhoilleal, coir gu seamh air ;
 Gradh nach ruig air ach an taghadh ;
 Gradh tha laghail dhuinn o'n fhreumhich ;
 Ghradh tha dusgadh suas gach togradh,
 Chum's nach ob sinn aon d'ar ceumaibh.

Leaghaidh'n gradh an criodh cloiche,
 Tha ro-dhoicheallach, neo-fhialuidh,
 Cruaidh mar ailbhinn theann na creige,
 'S mar an adamant fuidh iarrunn :
 Druighidh'n gradh, cho mhaodh ri ola,
 Ann an dol a steach na diadhidheachd :
 'Nuair a labhras Ios, am focal,
 Bidhidh ann plogail bheo, is iota.

Tha'n gradh mar anam blath san t-soisgeul,
 Ann am fosgladh nithe diamhair :
 Ann an suibhal, feadh na cruitheachd,
 Tha e dha, mar luathas nan sgiathan ;
 Dusgadh iarrrtas beo's gach teachdair
 Ann am feartan grais na diadhidheachd,
 Chum, mar Dhagon, sios gun tuit iad,
 Iodhail bhalbh na cinneach iargalt.

Siulaidh'n gradh an lörg an t-soisgeil,
 'N am bhi togoil bratach Chrìosda ;
 'N am bhi cuartach steach do'n mhainnir,
 Diobraich Israeil, tha ro-lianmhor ;
 Sgaptadh, sgaoilteadh, mea sgnan Cinneach,
 'S theid an tional as an crìochaibh ;
 Aon cha'n fhagar mach dhiu tuille,
 Oir tha'n gradh dhoibh daingean siorruidh.

Bid
 An
 'Nu
 Mh
 Dui
 Am
 Ana
 Ann

Tha
 'N T
 Righ
 Righ
 Righ
 Oir
 'N s
 Ann

LAO

Seallai
 Seallai
 Faicibh
 Sinn
 Thuit s
 Thuit s
 Chaill s
 'S thuit

Cruthai
 An dui
 Ach bh
 'S thuit
 Nathair
 Mheall
 Thug E
 'S thuit

Bidhidh 'n gradh ro-dhearbhtadh, ann san Eglais,
 Ann an linn a mhìle bliadhna,
 'Nuair a rioghacheas air thalamh,
 Mhuintir thagtadh ann an Criosda;
 Duisgidh 'n gradh, gun dail, 's gu h-obann,
 Amhuil's tobraichean na h-iocshlaint,
 Anama grasmhor, blath nan creideach,
 Ann an taingealachd neo-chrìochnach.

Tha rìghachd nì's aird, an run, san gealla,
 'N Ti tha togail teampull shìorruidh;
 Rìghachd neo-thruaillidh, buan, is mairiunn,
 Rìghachd am faicear gloir an Trianaid;
 Rìghachd nach iarr ann grian, na gealach,
 Oir bidhidh Dia, 'san t-Uan, nan grian ann;
 'N sin bidhidh 'n gradh na bhuaidh 'sna mhaise,
 Ann's an Teampull bheo, is fhìorghlan. Amen.

LAOIDH AIR TRUAIGH AN T-SAOGHAIL.

Seallaibh gu dluth: cluinnibh a chiuil:
 Seallaibh le'r suil air sìleadh na'n deur;
 Faicibh gach duil gu'n aca ceann iuil
 Sinnte gun luthas an glacaibh an eig:
 Thuit sing gu luadh, gun ghort na gun luaith,
 Thuit sinn gun snuagh le'r peacannibh breuin:
 Chaill sinn ar coir air rìgheachd ro-mhor;
 'S thuit sinn fuìdh leon le'r coirreanibh fein.

Cruthaich ar Dia, am maise san sgiamh,
 An duine, mar ghrian, na fhirinntachd fein;
 Ach bhrist e gun fhiamh an cumhnanta gnìomh,
 'S thuit e gu dian fuìdh mhasladh ro-gheur:
 Nathair nan lub, bha foilleil gu chul,
 Mheall e le dhruigheachd ise bi Ev:
 Thug Eva gu foill do dh Adhamh dheth leoir;
 'S thuit iad fuìdh leon a pheacuidh le cheil.

Tha nise an saoghal, a muigh air an raon,
 Fuidh anradh le gaoir' gun fhasgadh fuidh'n ghrein ;
 An iomairt ro-chruaidh, gun dreach, na gun snuagh,
 Ach uidealach truagh, fuidh mhasladh, 's fuidh phein :
 Bha Eden ro-mhor, 's ro phailt ann an stor,
 'S bha sonas gun bhron aig Adhamh's aig Ev ;
 Ach thanig am bas tre'n pheacadh gun dail,
 'S chaill iad an ailleachd, maise, is sgeimh.

Chaill iad am maon, san t-anam bha saor,
 Thuit e fuidh dhaors' gun tuigse, gun cheill :
 Bha plaighean, is truaidh, is amhgharan buan,
 A leantuinn gu luath an taiceadh a cheil :
 Chaidh'n iomain air chuairt, a garadh nan cluan,
 Chum aran a bhuaibh a talamh gun fheum ;
 Bu sgitheach gun diu, is cluarain nach b'fhiu,
 Bu chinneas gu dluth do'n mhachair gu leir.

Bha'n talamh ri ru'ar, gu thabhairt fuidh shnuagh,
 Mu'm fasadh air chluain aon f'hochann, na feur ;
 Le fallas a ghruaidh bha'n duine na thruaigh,
 Ri saoireachadh cruaidh, gu thabhairt fuidh gheill ;
 'N aite nan craobh, bha'n garadh a ghaoil,
 Nach iarradh a shaoir, na fhallas, na phein,
 'So duilgheas ro-mhor, is tuireadh a bhroin,
 B' air Adhamh an toir air ionmhas dha fein.

Cha b' fhada bha'n saoghal an communn a ghaoil,
 'Nuair chualas ann gaoir a nhortaidh, ro-gheur ;
 Oir dhoirteadh, gun aga, fuil Abeil gu lar,
 Ge b' ionragan tla' e, tareis, is seamh :
 Bha Cain gun cheall, le buaireadh an Diobhail,
 'S ga ghonadh, 'sga phian, le naimhdeas ann fein ;
 Oir nochdadh ann siol na narrach gach ial,
 'S thuit e fuidh dhialtas mhallachd sgach ceum.

Chai
 'S ri
 'S au
 'N si
 Bha
 'S ch
 Oir b
 Ga ch

Tha n
 'S tha
 Tha e
 Toirt
 Chuir
 Gna b
 'S cea
 Sa ch

Tha'n
 Oir ph
 Ta'n s
 Thug
 Cha'n
 Cha ta
 Ach st
 Air se

Tha bi
 Tha de
 Tha m
 Mar sh
 Cha'n
 Do thi
 Ach ru
 Mar bu

Chaidh'm peaca an sas, ro-dhomhainn 'n ar cail,
 'S rinn cumhachd a bhais ar glacadh gu teann,
 'S au t-anam bha saor, ro-mhaiseach, 's ro-mhaoth,
 'N sin thuit e mar aolach mainnir nan gleann :
 Bha bhuidhean ro-mhor ro-neartmhor an treoir,
 'S cha'n fhaictheadh a mhorachd idir gu cheann ;
 Oir bha iomaidh a Dhia, ro-mhaiseach an sgiabh,
 Ga chuartach, mar ghrian mu mhullach nam beann.

Tha nise an saoghal tur chreachtheadh dheth mhaoin,
 'S tha tuirsadh, is caoidh am fairsinneachd ann ;
 Tha eaidh a bhroin, is tuireadh ro-mhor,
 Toirt dearbhadh air dobheirt Chinneach nach gann :
 Chuir salachar an t-shil o'n mhilltear s gach linn,
 Gna bhunait do stri, 's do chogadh nan lann ;
 'S ceart ionnan sam bas tha phuisean an sas,
 Sa chridhe tha ladir, ceannairceach teann.

Tha'n saoghal ro-thruagh, an glasaibh ro-chruaidh,
 Oir pheacuich an sluagh, gu h-uile 's gach ait :
 Ta'n soisgeul mar ghrian, fuidh dhubhar nan neul,
 Thug peacadh le'm miann air pobul tha cailt'
 Cha'n eisd iad le'n cluais—mar nathair nach gluais,
 Cha taitneach leo fuaim nan duanagan ailt' ;
 Ach strannail le'n sroin, mar asail guu lon,
 Air seachran an ceo nam fiadh bheannibh ard.

Tha biolarach chaoin air fuarain a ghaoil :
 Tha duilleach nan craobh chum leigheas gaoh craidh :
 Tha mil air na loin, is baine gu leoir,
 Mar shruthanibh beo, o mhonadh gu traigh,
 Cha'n iarr iad dhiu 'n lon ; tha'n naimhdeas ro-mhor,
 Do thiolaicibh beo, 's neo-thaitneach le'n cail ;
 Ach ruith air am miann, do dh'ifrinn gu dian,
 Mar builich orr Dia saor thiolag a ghrais.

Eisdibh le'r cluais, 's cluinnibh gach duan,
 'S gach uireasgeul truagh, tha suibhal nan deann;
 Air lorgaibh a cheil, a duchannibh cein,
 Air casgart nan treun fhear maiseach nach gann:
 Chur uabhar nam baoth teas ghoil air an t-saoghal;
 Tha'm brataichean sgailt, feadh gharbhlach, is ghleann;
 'S tha'm mortairean mor cuir ghaisgeadh nan tor,
 'S le'm buirich cuir deo'm machd-stalladh nam beann.

Na'm b'urrain mi luaidh, an tuirreadh nan duan,
 Gach iolach ro-chruaidh, 's gach scairteach ro-gheur,
 Tha lianmhor gu leoir, 's tha teann air ar toir,
 Fuidh amghar, fuidh leon, 's fuidh shileadh nan deur;
 Bhidheadh dearbhadh ro-chinnt air aingidheachd sgach
 linn,
 'S bidheadh eachdruidh, nach binn, air truailleachdibh
 brein,
 Tha'g aiteach' gach feoil, le aideachadh beoil,
 Gach duine 'm bheil deo, is anail an cre.

Tha corruich, is fearg a lasadh gu garg,
 'S tha trioblaidean searbh air duine, 's air spreidh;
 Tha cinneas gach raon toirt fianuis mar aon,
 Air ceartas air saoghal ro-shalach, 's ro-bhrean;
 Tha gort, agus plaigh, is claidheamh gun bhaigh,
 Is amghar ro-chraiteach, ghuineach, is gheur,
 Dortadh gu luadh a cupan na truaigh,
 Is claidhteach do shluagh a chruinneadh gu leir.

Seallaibh mu'n cuairt, feadh eileanibh a chuain,
 'S feadh dhuchannibh buan a chruinneadh gu leir,
 'S leibhibh, le saoir, faoin eachdruidh an t-saoghail,
 'S tuigibh an druigheachd th'orra gu leir;
 Tha 'n iodhalan oir, is airgid gu leoir,
 Na'n cuispairean gloir, aig Cinnich gu'n cheill,
 Dha'n lub iad an glun, le'n toil, is le'n run,
 Thoirt aodhraidh, is cliu, dha'n iodhalaibh breig.

Ga
 Gu'
 An
 Oir
 Thig
 Se s
 Le g
 'S bi

Tha
 Aig
 Ach
 Tha
 Tha
 Is or
 Ach's
 'S cha

Tha e
 A ger
 Tha t
 d
 'S tha
 Tha u
 Na ear
 Oir's i
 Tha g

Tha in
 Cuir si
 'S tha
 Toirt
 bu
 Mar dh
 Tha hr
 Ach te
 Cha'n

Gach Scriobtur gu leir toirt fianuis le cheil,
 Gu'n togar air steibh an Teampul gu'n dail,
 An aimsiribh truaigh, is thrioblaidean cruaidh ;
 Oir bruthaidh an t-Uan an namhaid fuidh shail :
 Thig Tighearn nan dul, le armait, 's le chuairt,
 Se solus as ur, 's le cobhair mar b' aill,
 Le greadhnachas mor, le cumhachd, 's le gloir ;
 'S bidhidh aobhneas ro-mhor ri fuasgladh na traill.

Tha criosdalachd beoil, is aidmeil gu leoir,
 Aig cealgairean mor, tha aineolach dall ;
 Ach umhlachd do Dhia, tre chreideamh an Criosd,
 Tha sin leo na phian, 's na obair ro-mhall :
 Tha meodhanean grais, gu'r tearnadh o'n bhas,
 Is orduighean Caisg, gam friadhladh 's gach ball,
 Ach's crabhadh, gun fheum, thaig cealgarean breuin,
 'S cha'n aithne, 's cha leir dhoibh'n cunthart nan call.

Tha eadhoin na naoimh, bhios sonadh a chaoidh,
 A gerrain, sa caoidh, an trioblaidean geur ;
 Tha truailleachd ga'n claidh, measg Chinneach nan
 daoidh,
 'S tha naimdeas nam baoibh gan seargadh mar fheur ;
 Tha uireasgeal truagh, tha deacair ri luaidh,
 Na earranibh buan, an eachdruidh an treud ;
 Oir's iomadh gaoth tuath, le rodhadh, 's le fuachd,
 Tha glasadh gun tuar gach cuisle gu leir.

Tha inleachdan seolt' nan sgoileir tha fol 'mt
 Cuir siubhal gu leoir air longibh a chuain ;
 'S tha snathinne ro-chaol feadh chriochaibh ro-sgaoilt',
 Toirt eachdruidh an t-saoghail, feadh dhuchannaibh
 buan :
 Mar dheallanach speur, na aiteal na grein,
 Tha hriathran am beil a siubhal gu luath ;
 Ach teachdairachdan gaoil a Chruithear ro-naomh
 Cha'n eil leo ach faoin, ri'n aithris, 's ri'n luaidh.

Tha iomadach seors', le'n innleachdan seolt',
 Mibhuileach, ga'n deoin, na laithean nach buan ;
 Gun ullachadh stoir a dheanamh air choir,
 Bhiodh tearuint' gu leoir, san righeachd bhìbhuan :
 Thig glaoth a bhios searbh, is eagallach garbh,
 Is chi iad, gu dearbh, gun d'thanig an uair ;
 'S nach dean innleachd, na seol, na sgoilearachd mhor,
 An teasairginn beo, o chumhachd na h-uaigh.

Ach's eudar bhi falbh, ma's millis, na searbh,
 'S na cuispairean cealgach fhagail na'n deigh,
 Is ruisgteadh an lathair a Bhreitheamh gun dail,
 Grad thaisbeanar al, gun bhunait, gun steidh ;
 'N sin labhrar gu seardh, ri peacairean balbh,
 Is gheibh iad gu dearbh an tuarsdal fein ;
 'S nach uamhasach faoin an dream nach dean saoir,
 'S nach iarr a bhi saor o mhallachd 's o phein.

Tha'n Slanuighear gaoil a tairgse gu saor,
 Ard shonas, san t-saoghal tha mairionn, is buan ;
 Ach's rioghnich, le pairt, an saoghal tha lathair,
 Na caidreamh, is cairdeas, taitneach o'n Uan :
 Bidhidh uine gu'n chrìoch, an trioblaid, sam pian,
 Aig peacairean iorgalt, uidealach, truagh,
 A ghabhail dhìobh fein dearbh fhiosrachadh geur,
 Nach caochail, 's nach geill an ceartas bithbhuan.

Oh! na'n biodh Dia, an trocair an Triath,
 Cuir dhachaidh mo bhriathran taris' is gaol,
 Nach saoilinn, gu dearbh, gu'n crìonachadh garbh,
 An dream tha cuir earbs' a saibhreas an t-saoghail,
 'S gu'm faiceadh iad faoin, bhi beathach' air plaoisg,
 'S beo-aran bhi saor, a fhreasdal ar feum :
 An t-aran as lon' do dh' anamibh gach beo,
 'S tha neartach an treoir, nan turus 's gach ceum.

Nis l
 Nan
 Ach
 Airs
 Bha
 A dr
 Ach
 Cuir

Nis labhram, le aoidh, ri gineil nan daoi,
 Nan saolinn, a chaoidh gun deanainn dhoibh feum ;
 Ach oh ! tha mi caoidh, a latha, sa dh' oidhch,
 Airson an neo-shuim, san cleachdannibh brein :
 Bha uair a bha blathas, is cumhachd a ghrais,
 A drughadh gu tla air chridhachibh sluaigh ;
 Ach nise tha'n saoghal, le sholasibh baoth,
 Cuir bacadh air gaol, tha mairrean, is buan.

 LAOIDH CHOMMUNNICH.

Co nach pilleadh le durachd,
 Dhionsuidh Udar ar slainte ?
 Iosa Criosda a ghiulain,
 Masladh is bruidealachd cainnt,
 Buillean goirt, agus ciurail,
 'S birrean ruisgte na cheann ;
 'G ol a chopain le durachd,
 'S corruich sputadh gu teann.

'S taisbean soilleir a ghaeil e,
 Do na caoirich, o chian,
 Neamh, is talamh ga'n aonadh,
 Ann an caomhalachd rain ;
 Criosd am Machd a bha gaolach
 Le Athair caomh mar a mhiann,
 Dortadh fhala na taomaibh,
 Air an aonach gu'n dian.

Beudar ceartas a riarach,
 'S ar cuid fiachan a phaigh,
 'S neach cha b'urrain an dioladh,
 Ach le piantan a bhais ;
 Bas a mhaireadh gu siorruidh,
 'S cha bu riarach an cas ;
 Ach dh'fhuing Iosa na aonar,
 'S ceartas dh' aontuich le bhas.

Ghradhaich Iosa o thus sinn,
 'S ge bu chiurail am bas,
 Cha do lagaich a dthurachd,
 Ann an cumhnant nan gras,
 Luachmhor builleach bha chaoirich,
 'S iad an daorsa an sas,
 Gaol is gradh thug e saor dhiobh,
 'S dhuiling caomhail nan cas.

Co nach iarradh bhi 'm fabhar,
 Teachdair grasmhor nam buadh,
 Dhilsich anam gu lar dhuinn,
 Chosnadh fabhar bithbhuan ;
 Chorp chaidh bhriste nar'n aite,
 'S f huil a traghadh gu luadh,
 Fuil a cho-cheangail siorruidh,
 Naisgteadh dianach 's e nuadh.

Roinn sinn aidmheil gun d' eirich,
 Grian sna speuribh gu h-ard,
 Grain tha tlusail sa cheitein,
 'S aiteal gleusadh a bhaird,
 Grian na firinntachd dheirich,
 Thort soluis, 's leirsinn 's gach aird ;
 Thaladh chomunn a cheile,
 Muintir na feisd air an la.

'S latha cuimneachain bais e,
 Latha grasmhor da shluagh,
 Bord a chommuinn ga sgaoleadh,
 'S pobul taomabh mu'n cuairt ;
 Cuid a tuireadh, sa caoineadh,
 'S cuid an daorsa ro-chruaidh,
 'S cach a seinn an cuid laoidhean,
 Buileach caomhail do'n Uan.

'S feid a chuimhneachainn ghradh i,
 Latha grasmhor nam buadh,
 Foilseach bas an Fhirshaoridh,
 Thug a daorsa a shluadh;
 Feid nan samhluichean prisoil,
 Air an Fhirean thug buaidh,
 Chorp chaidh bhriste 'n ar'n aite,
 'S fhuil chaidh dhortadh mar chuan.

Umhlachd ullamh tha moran,
 Tort le solas do'n Uan,
 Dh' fhuiling amhgaran craiteach,
 Chum ar sabhal o thruaigh;
 Umhlachd dleasnach da aithne,
 'N communn gradhach nan duan,
 'G itheadh arain le cheile,
 'S fion a chumhnantaidh nuadh.

Oh! nach taitneach do dhaoine,
 Cuireadh gaolach an Uain,
 Sibhs' uile tha faondrathach,
 Cluinnibh ghlaodh ann bhur cluais;
 Thigibh uile am ionsuidhs',
 As bhur teanntachdibh cruaidh,
 'S suidhibh sios aig mo bhordsa,
 Ann an ordugh gu luath.

Thug mi buaidh air a bhas duibh,
 'S choisinn fabhar bithbhuan,
 Bhris mi cuibhrichean shatain,
 'S air le m' bhas thug mi buaidh;
 Dh'fhosgail geatachan Pharais,
 'Slighe ghrasmhor 's i nuadh'
 Chum's gu'n itheadh 's gu'n oladh
 Aig mo bhordsa, mo shluagh.

Aithne theann rinn e fhagail,
 'N am bhi fagail a threud,
 Chum's gu foilsicht' a bhas san,
 Feadh na altean gu leir ;
 Deanibh an ni so air m' aithne,
 'S na biodh failling an seud,
 Suidhibh sios aig mo bhordsa,
 Ann an ordugh gun bheud.

'S oabhar graidh e dariribh,
 Communn's sith ris an Uan,
 Thairg e fein chum ar saoradh,
 O gach baoghal is truaigh ;
 'N cumhnant grasmhor an Trianaid,
 Cheannuich Criosda a shluagh,
 'S phaigh e 'r 'n eiric gu deonach,
 Ann an doruinn re-chruaidh.

Eisdibh uile gun dail ris,
 'S na bu chas libh e cruaidh,
 Cuimhn' air fhulangais arach,
 Ann am blath chridhe nuadh,
 'S suidhibh dileas an ordugh,
 Aig a bhord mar as dual
 Chum's gu'm foilsich sibh bhas san,
 'H-uile tra thig mu'n cuart.

'S aobhar cliuthich, as glorach'
 Aran beo tighinn a nuas,
 Aran 'bheachadh chaorach,
 Chum air caoil nach bi luaidh,
 'S fion an tiomnaidh shiorruidh,
 Sileadh iochdshlanteach nuadh,
 Chum's gu'n ith, is gun ol sinn
 Aig a bhordsan gu buan.

Mar a nochd e a ghaol duinn,
 Toileach, caomhail o chein,
 'S cinnteach's airidh an t-Aodhair
 Urram fhaotuinn o 'n treud,
 Umhlachd thoileach da aithne,
 Ann an gradh, 's ann an eud,
 Chum 's gu 'n faic e da shaothair,
 Feadh an t-shaoghail gu leir.

Tha gradh an Ath 'r san al so,
 Mar a bha e o chein,
 Dortadh thugainn le laith' reachd,
 Chum ar taladh ri cheil,
 Chum's gu'n ith, is gu'n ol sinn,
 Aig a bhordsa gu leir,
 Ann an cuimhne gu'n fhailing
 Air a bhas chum ar feum.

Seinnibh nise mo chairdean
 Ceolmhor dhasan thug buaidh,
 Ann an gleachdadh 's an spairnean
 Fulang bais agus truaigh,
 Penas pheacainean mhorain,
 Ann an dolas ro-chruaidh,
 Dh'fhuiling Iosa 'n ar 'n aite,
 'S air a bhas deanibh luaidh.

Tha e nise ro-ghlormhor,
 Ann am morachd bhidh bhuan,
 Tagradh dileas ar coir dhuinn,
 Thuair e deonach da shluagh ;
 Glanidh fhuil a chaidh dhortadh,
 Peaca mhorain le buaidh,
 'S ni an Spiorad an naomhach,
 Mhealtuinn saorsa an Uain.

Ged tha aran an trasa,
 'S fion ga'm pairteachadh ruinn,
 Cha'n eil annt ach na sgailean,
 Air nithibh 's airde an suim,
 Feoil is fuil an Fhirshaoridh,
 Marionn 's saor do gach linn,
 'S nithean spioradail, grasmhor,
 Tha e pairteacadh ruinn.

So, an cuimhneachan dh'fhag E,
 Air a bhas, 's air a bhuidh,
 Chum's gu'n cuimhnicht' gach tra e,
 Mar is gnathach le shluagh ;
 Uime sin thoiribh gaol da,
 Le bhig aontach gu luath,
 Aithne choimhead le curam,
 An an durachd, 's an tuar.

Fheoil is biadh i darireadh,
 'S fhuil ro-phriseil da reir,
 'S biadh 's as deoch iad gu cinnteach,
 Do na linibh gu leir ;
 'S nithe spioradail, priseil,
 Tha mi sior chur an ceill,
 Do gach anam thuair fhabhar,
 'S th' ann an aithteamh a threud.

'S creidheamh ghabhas ri steibhail,
 Le'n cuid eifheachd o Dhia ;
 'S Criosd ar Tighearn ga'm pairteach,
 Ri chuid charidean o chian ;
 Dearbhadh cinnteach air fhabhar,
 Stigh fuidh sgaile a sgiath,
 Ann an aonachd a ghraidh dha,
 Gu ar'n ailleas, 's ar miann.

Nise naomhich an fheisd dhuinn,
 'S cuir an gleusadh ar cail,
 Chum 's gu'n ith, is gu'n ol sinn,
 Leis gach deoin ma'r as aill ;
 Chum an cuimhneachan dh'fag U,
 Bhi ga phairteach' gu'n dail ;
 'S ceann na naireach tha millteach,
 Bruth e cinnteach fuidh d' shail.

Doirt do Spiorad le d' laithreachd,
 Ann a d' fhabhar do d'shluagh,
 Chum gach anam a naomhach,
 Ann an gaol, 's ann an snuagh.
 Chum's gu'n ith, is gu'n ol sinn,
 Aran beo thig a nuas,
 'S fion a dhuisgeas gu ceol sinn,
 Taingeil, deonach do'n Uan.

Gaol, is gradh dha le durachd,
 Thug e umhlachd o chein,
 Riaruich ceartas 'n ar 'n aite,
 Ann an cradh, 's ann am pein ;
 Tha e nise na mhorachd,
 'S ann na oirdheargeas fein,
 Tagradh 'r cuisean gu deonach,
 'S dhninne 'g ordughadh feisd.



DAIN SPIORADAIL.

LE EWEN LAMONT.

DAN AN FHIRTHURAS.

Och nan och ! mar a tha mi
Siubhal dubhach tre'n fhasach ;
Buailte smachdaichte saraicht',
'S m' imeachd mairnealach fann :
Aigneadh choirpte mo naduir
Bioradh m' anma gu craiteach,
Lot mo chridh, agus m' airnean,
'Sa strith do ghnath rium gu teann.

C'uin a chriochnaicheas m' amghair ?
Feitheamh sgaraidh nan trathan ;
C'uin a dheireas le slaint dhomh ?
Grian an aigh thar nam beann ;
C'uin a ruigeas mi sabhailt ?
Fearann taitneach Chanaain ;
C'uin is comhnuidh 's is tamh dhomh ?
Tir nan ardbheann, 's nan gleann.

C'uin a threoraicheas Iosa
Mi na throcair neochriochnach ?
Null thar Iordan, do'n phriomh lios
'Sam bheil iocshlaint do m' leon :
C'uin a chaisgeas mi m' iot ann
Le fuil fhiorghlan na'm fiondhearc ?
Chur mo bhochdainn air dichuimhn',
'S oidheche chianail mo bhroin.

Cu'in a gheibh mi gum' riar ann
 Do gach toradh ionmhiannaicht' ?
 Chum mo thogail 'san diadhachd
 Glan neoghiomhail gun gho ;
 Mil is bainne, gu fialaidh,
 Thoirt dhomh neart 'sa chur sgiamh orm :
 Cuin is lon dhomh gu siorruidh
 'N t-Aran fìor agus beo ?

'S beag an t-ioghnadh luchd imrich
 Bhi 'san dithreabh fuidh iomcheist
 Feadh a h-aoiniachean gainmhchadh,
 'Sa slios an seargte gun phor :
 'S iomadh gabhadh is urchuid,
 Agus anradh riu choinneas
 A dh'fhagas lag iad na muinghin,
 Sa bheir dhoibh duilgheas is bron.

'S iomad eilthireach ainmeil
 A dh'fheuch 'sa dh'fhiosraich a doirbheas ;
 A dh'fhiosraich dolas anearbsa,
 'S easbhuidh calmachd is treoir ;
 Dhia thoir iul dhomh 's gun aithnichinn
 'N ceum, 'sa m bealach 'sa falbhainn,
 'S deoch o' sgoltadh na Carraige
 'N aite searbh uisg', ri ol.

'S fasach ullurtach dorch so,
 Lan do dh'uibbheistibh garga,
 'N toir air casgairt nan anama,
 Bhios gun tearmunn gun iul :
 Ceuman socair cha lorg mi
 Feadh a sloca 'sa garbhlaich ;
 Dhomhsa 's teagmhach neodhearbht' i
 'S mi cho anmann am luths.

Dhia na treig mi, 's na dearmaid,
 Ann an dithreabh na tiormachd—
 Biadh nan Aingeil mu'm thimchioll
 Fras mar mheanbh.—bhraon an druchd.
 O na sgros ann a t-fheirg mi :
 Dion o'n doinionn 's o'n stoirm mi ;
 Rium do Spiorad na dealaicheadh ;
 Chaoidh na tilg mi air chul.

Mar a thug thu mi sabhailt
 Mach o Eipit na trailleachd,
 'Sa bhrist thu chuing a bha craiteach
 O' m' mhuineal saruichte truagh ;
 Mar sgoilt thu'n fharaige na'm chas dhomh,
 Sa thaom le toirm thar mo namh i,
 'Sa dhion thu'n glacaibh do lamh mi
 O' fheirg Rìgh Faraoh 'sa shluaigh.

Thoir mi saor as gach gabhadh,
 'S troimh gach baoghal tha'n dan dhomh,
 Gus an ruig mi ceann aireamh,
 'S coimhlionadh laithean mo chuairt ;
 Cum mo bheachd ris na h-ardaibh ;
 Feitheamh geallaidh do shlainte ;
 Comhnuidh fhaotainn fuidh d'sgaile
 'N t-aon ni araidh tha uam.

Tha mi anrach, mihuaimhneach,
 Air na h uisgeachaibh buana,
 Mar luing le stoirm air a fuadach
 Mach 'sa chuan fad o' thraigh ;
 'N fharaige 'g iadhadh mu'n cuairt dhomh,
 'S mi dol sìos innt' air uairibh,
 'S tonnan corrach a buaireis
 A ris dol suas leam an aird.

Mar na misgearan truagha—
 Call mo ghliocais 's mo chruadail—
 Aig an doinionn gam luasgadh—
 Thuige's uaidhe gun bhaigh ;
 'N long an cunnart grad fhuasgladh—
 Ann an iomairt nan stuaghan,
 'Sa dhol sios mar an luaidhe,
 Gun tighn an uachdar gu brath.

'N am mo gheilt, 's mo chruaidh iomcheist,
 'S mi air mo chlaoidh gun bhuidh iom'ridh,
 Thig a Shlanuighear ionmhuinn
 Chum mo thionachdaidh dhomh dluth.
 Dhuitse gheillandh an fharaige—
 Thigeadh fe air a buirbe—
 Thostadh beucaich a feirge,
 'S bhiodh a h-onfa dhomh ciuin.

Air do ghradh gheibhinn dearbhbheac
 Ann an sabhaladh m'anma,
 'S uamhann bathaidh uam dh fhalbhadh ;
 'S geilt ghrad-fhalaicheadh a gnuis.
 O' do lathaireachd bhiodh dealradh
 Dh fhogradh gruaim nan neul dorcha,
 'S cala suaimhneach bhiodh dearbht' dhomh'
 Air bheag aimsir is uin.

O na faighinn air tir ann
 Bhidhinn sona da riribh,
 Aran beo bhiodh gun dith dhomh,
 Agus sith a bhiodh buan ;
 Ann an sud gheibhinn fioruisg,
 A tha toirt barr, ann a mi ! sead,
 Air a mhil anns na ciribh,
 'Sa chaoidh nach diobair nabhuaidh.

Gheibhinn pailteas dheth 'n iocshlaint,
 Chuireadh m' euslaint air dichuimhn',
 'Sa bheireadh neartachadh cridh dhomh
 'N deigh mo sgios air a chuan;
 Gheibhinn lathaireachd an Rìgh àn—
 Inbh' an aigh o m' staid iosail!
 'S bhiodh mo sholais do innse
 'N comunn priseil a Shluaigh.

Taram, as mar an calman
 Dhionnsuidh Carraig mo thearmuinn—
 Dhionnsuidh sabhaladh m' anma,
 O'n latha shearbh tha tighn dluth;
 Madruidh allaidh an anmoich
 Tha ri faire gam shealgadh,
 Seolta, cuilbhea'rtach, cealgach
 Slad, is marbhadh nan run.

Feucham Ughdar ar gairme
 Dhol, an cupan bu sheirbhe—
 Dhfhuing buillean na feirge,
 Gu saors' na seilbhe thoirt dhuinn
 Guth na Trompaid tha seirm rium—
 O! na diulltam an tairgse—
 Gleachdam dluth tre gach doirbheas,
 Chum a phailme, sa Chruin.

DAN AIR FOISRACHADH.

O m'anam! seinn le taingcalachd
 Air saibhreas Dhia do m' thaobh,
 Nach d'fhag gu toil mo naimhdean mi;
 Ach as an laimh do shaor—
 Thug mi a tir a bhraighdeanais,
 'S a' caibhrichibh na daors':
 A dhfheuch dhomh meod a chaoimhneis,
 Is a dhfhoillsich dhomh a ghaol.

O dean fein mo chail a ghleusadh,
 'S buail na teudan ciuil;
 'S gu'n deanainn air do mhaitheas sgeul—
 A cur an ceill do chliu:
 O deonáich neart do m' anam,
 Agus solus o' do Ghnuis,
 Do throcair chaomh gu'n aithrisinn,
 Am briathraibh fallain ur.

Bha mi siubhal dhionnsuidh truaigh
 An suain, 's gan cadal trom,
 Gun churam no gun smuainteachadh,
 Bhi triall gu luath a null;
 Ach rainig t-Fhocal mi le buaidh,
 'S mo chridhe bhuail e 'm chom:
 An t-anam a bha marbh do chual,
 'S an talamh ghluais gu bhonn.

Bha m'anam bochd an sin an sas,
 'S fuidh naire 'n lathair Dhia;
 'S le sealladh air mo ghrainealachd
 Bha mi do ghnath fuidh fhiomh;
 'S b'e togradh m'anma tarsinn as
 Gu aite taimh is dion;
 'S cha b' urrainn mi mar 'b abhaist dhomh
 Bhi sasuch' m' anamiann.

Bha Ceartas geur a bagradh,
 Is a tagradh orm na fiach;
 Ach oh! bha mise falamh
 Gun niagam chum an diol;
 'N sin dheanadh m'anam strith is gleachd
 Gu teachd a dhionsuidh Chrìosd;
 'S thaomadh mo dheoir is 'm achuingean
 A mach gu frasach dian.

Ach truailidheachd mo naduir bha
 G'am sharuchadh 's gan leon,
 Is curam m'anma bhathadh i ;
 'N sin thigeadh a namh am choir,
 'S gach innleachd basmhor ghnathaicheadh
 Gu m' thaladh dhionnuidh broin—
 A sealltuinn dhomh nan ailleagan
 A shasuicheadh an fheoil.

Bu leur dhuit fein mo sharuchadh—
 Gun fhois gun tamh gun dion ;
 Is uamhann trom a bhais orm,
 'S mi 'n sas an clabar criath :
 Ach oh ! rinn thusa Shlanuighear
 Mo thoirt le d' laimh a nios,
 Is dhoirr thu mach do ghrasan dhomh,
 Is shasuich m' uile mhiann.

Mo pheacannan do dhfhogair thu
 Mar cheo roimh osaig ghaoith,
 Is ann am anam thosich ceol,
 Air maduinn mhoir na saors :
 'N sin dhichuimhnich mi m' uile bhron,
 Mo leon agus mo shaothair'
 Is sheinn le taingealachd 's le treoir
 Air oran binn do ghaoil.

A nise, O mo Shlanuighear
 A dhfheuch do ghradh dhomh fein,
 'Sa thog o' inbh ro thrailleil mi,
 Gu inbh ro ard do threud,
 Na fag gu laigs' mo naduir mi ;
 Ach stiuir do ghnath mo cheum,
 Is solasan na fasaich so
 Na taladh mi nan deigh.

'S mar sin, cha'n aobhar naire leam
 Da shlante chur an ceill,
 'S mar sin is inbh ro arda leam bhi
 Fuidh thair a Chroinn-a-cheus ;
 'S 'nuair chriochnaicheas mo laithean
 Ann a fasach truagh nan deur,
 Bidh m' anam sona, sabhailte
 Ad lathair shuas air Neamh.

Do bhri nach 'eil air talamh so
 Dhomh Baile mhaireas buan,
 'S nach 'eil ach uine ghoirid gus
 An toir thufein mi suas
 O stiuir mi ann ad Reachdaibh, is
 Ad Statuinn cheart 's gach uair :
 A t-aghaidh chum 's nach peacaich mi
 Le dol air seachran uath.

'S gu'n ruith mi 'n reis air talamh so
 Mar m' athraichean thug buaidh,
 'S fhuair gu sabhailt thairis
 Dhionnsuidh sonais mhaireann bhuan ;
 'S a nis the sealbhachadh do ghaoil,
 'S gu brath cha traogh an cuan—
 An comunn solasach do naomh—
 Seinn Orain Mhaois 's an Uain.

Tha dochas m' anma ris an la
 'S am fag mi gleann nan deoir,
 'S am faigh mi suas do 'n Arois sin
 Tha uile lan do d' Ghloir—
 Thar nach claidh a namhuid mi,
 No faillingean na feol'—
 A sealbhachadh do lathaireachd,
 'S a Tobar slainnt' ag ol.

DAN AIR SON MISNICH DO LUCHD-
IARRAIDH CHRIOSD.

O sibhse nise tha ri saothair,
Is ann an daorsa theann,
'S mar bhiadh neah urrainn gabhail
Do na plaosgaibh falamh fann,
'S tha a' teachd le aithreachas
Ag aithris meod 'ur call ;
'Gradh, "Pheacaich sinn, 's cha n airidh sinn
Gu'n goirte dhinn do chlann."

"A chuibrinn mhor a fhuair sinn uait
O dhfhalbh i uainn gu leur :
Och ! chaith sinn air ar truailleachd i,
'S tha sinne truagh no deigh ;
Ach O dean thusa fuasgladh oirn
O'r trioblaid chruaidh, 's o'r pein :
Dean sinn mar do luctuarasdail,
Is gabh dhinn truas nar feum."

Tha nis ar bron, 's 'ar trioblaid gheur,
Trid eagail pein is bais,
A toirt am aire 'n teanntachd gheur
'S an robh mifein an sas ;
Ach shocraich Dia a nis mo cheum
Air Carruig threin nan al,
Is tha a ghealladh mar an ceudn'
Nach treig E mi, 's nach fag.

Sibhse tha tighin ann ar deigh,
Tre amghair gheur, 's tre bhron,
Ged tha an turas leibh ro sgith,
'S 'ur mimhisneach ro mhor—
Ged tha sibh fathast astar uainn,
'S 'ur n-anma truagh fuidh leon,
Cha churam dhuibh, tha sibh air ceum
An treud a fauair do'n Chro.



Ged tha 'ur n' anma lag is fann,
 'Sa call 'ur duil ri slainnt,
 Ni Iosa cabhair mar a gheall,
 'S am fann cha treig le tair ;
 'S ann bheir E dhibh 'ur 'n callach ghoirt,
 Is lotar leis 'ur namh ;
 'N sin air a throcair ni sibh luaigh,
 'S 'ur 'n anma truagh bidh slan.

'N sin chi sibh gur ann chum ur slainnt
 Chuir Dia fuidh amghair sibh—
 A Chum 'ur n' anma dhion o'n bhas,
 'S 'ur sabhaladh a chaoidh—
 A chum gach dochas faoin thoirt uaibh,
 Nach biodh gu buannachd dhuibh,
 'S nach biodh sibh trid na siorruidheachd bhuain,
 An ionad truaigh 'g 'ur claidh.



'N sin dearcaidh sibh le iognadh gradh
 Air iochd 's air baigh an Uain,
 A dhfhuing air ar son am bas,
 Gu'r sabhaladh o' thruaigh—
 Le bhas 's le fhulangais ro gheur,
 A reitich slighe nuadh,
 Do 'ur 'n anma gu dol as o'n bhas,
 'S o chumhachd naimh le buaidh.

'S nach d'ghairm do Shiorruidheachd sibh a null,
 Thoirt cunntais da mu'r gluas'd ;
 Ach a rinn, na throcair chaomh,
 'Ur caomhnadh 'n taobh's do'n uaigh ;
 A chum gun deanadh E san fein
 Gach dideann bhreig thoirt uaibh,
 'S le trusgan ur, 'bhur n' eudachadh,
 Nach stein a chaoidh na shnuagh.





**IMAGE EVALUATION
TEST TARGET (MT-3)**



**Photographic
Sciences
Corporation**

23 WEST MAIN STREET
WEBSTER, N.Y. 14580
(716) 872-4503

14 2.8
13 2.5
12 2.2
11 2.0
10 1.8

10

'N sin fiosraichidh sibh annaibh fein
 Gu'r Esan leigh nan gras,
 A shlanuich o' bhur creuchdaibh sibh,
 Is o' gach eucail bais ;
 Do dhearbh e so le chumhachd treun
 Is iochd da reir 's gach eas :
 Thug E am fradhare do na doill,
 'S na braighdean thug a sas.

An loibhre shalach, agus bhreun,
 Do ghlan E fein air falbh :
 Thug do na boghair claisdneachd chluas,
 Is dhfhuasgail teang uam balbh,
 Is do na bacaich thug E n' luths,
 Is dhuisg E suas na mairbh ;
 'S an dream a bha fuidh amghair ghoirt,
 Rinn E chum fois an gairm.

'S mar sin dearbh fhiosrachadh air slainnt
 Bheir Iosa 'n Slanighear dhuibh,
 Is saorsa shiorruidh o na bhas,
 Is solas 'n ait 'ur caoidh,
 Is dochas beo ri sonas buan
 Neo-thruaillidh saor o chlaoidh,
 'S 'ur dochas beo cha naraichear,
 'S cha treig a ghradh sibh chaoidh.

Is daor a cheannaich E an t-slainnt
 Tha 'n so, da chairdibh fein :
 Dhort E anam mach gu bas,
 Is fhuil gu lar gu leir,
 'S mar sin ar fiachan dhioladh leis,
 Is riarach Ceartas geur ;
 Is ruinne, trid na chrìochnaich E,
 Tha 'n t-Athair Siorruidh reidh.

Oh! fad is leud, Oh! doimhn' is aird,
 A ghraidh thug Criosd da shluagh,
 Is gradh a tha gun samhla e,
 Bhios anns gach am dhuinn nuadh:
 Gu chul cha ghabh e rannsachadh,
 'S cha ghabh le teangaibh luaigh,
 Is gradh a tha neochriochnach e
 'S e mar an t-shiorraidheachd buan.

Is ann an so tha 'n taisbeanadh
 Ri fhaicinn air a ghradh,
 Agus air oirdheirceas an Reachd,
 A shaltair sinn le tair,
 Iosa 'n aite pheacairean,
 A gleachdadh ris a namh,
 Toirt riarachadh do 'n Cheartas,
 A bha bagradh oirn a bhais.

O sibhse tha fuidh dhuilgheas anm'
 Nach cluinn sibh gairm a ghaoil,
 A throcair chaomh tha dhuibh an tairgs',
 Is seilbh fad saogh'l nan saogh'l;
 'S ann air an ionmhas dhearbhte sin,
 Nach ceannaicheadh mile saoghl,
 Cha truaille an reudan e no mheirg,
 'S cha searg e chaoidh ie aois.

Ach cheannaich Iosa e le bhas;
 Is daor a plaigh e luach!
 'S bheir e gu saor da chairdibh e;
 Oir tha a ghradh dhuinn buan:
 Cha ghoidear leis na meirlich e,
 'S cha toir ar namh e uainn:
 'Se Dia 's fear coimhead air 's gach trath,
 'S gu brath cha 'n aom air suain.

Is sona 'n dream tha nise teachd
 Troimh iomadh gleachd, is strith,
 Oir fadheoigh gheibh iad a steach,
 Air geata Bhailedhion ;
 'S ged gheibh iad iomadh saruchadh,
 O' namh tha air an ti,
 Ni Iosa Criosd an sabhaladh,
 'S an toirt chum slainnt' is sith.

DAN AIR TRUAIGHE LUCHD AICHEIDH
 CHRIOSD.

Is truagh do'n dream a dh' aichidheas Criosd,
 Am fianuis chloinn nan daoin ;
 Oir aichidh Esan iads', an lathair
 Athar, 's nan aingle naomh ;
 Airson nach tug iad geill da ghuth,
 'Nuair thug E cuireadh saor ;
 Ni Esan fanoid air an caoidh ;
 'S cha n eist E chaoidh ri 'n glaogh.

'Nuair thig an eagal air gach taobh,
 'Sa dhaomas orra fiamh,
 Cha bhi an sin dhoibh Slanuighear,
 Gu 'n tearnadh no gu 'n dion :
 'Sann dhiult iad tur le tair E,
 'S an la na slainnt, cha b' fhiach
 Leo striochdadh sios na lathairsan,
 Is geilleadh dha mar Dhia.

An ioghnadh nise ged nach eisd
 Efein ri 'n gearan cruaidh,
 'S ged ni E tur an leurgrios, is
 An cur gu pein 'sgu truaigh ;
 Oir mhasluich, 'sgiuirs, is cheus iad E.
 Is beud ann ged nach d' fhuair,
 'S ann dhit iad leis an encoir E,
 Tre 'n eud, 's tre naimhdeas buan.

'Sa naimhdeas ceudna thaisbean iad
 Roimh theachd, 's an deigh dhol suas,
 'S an gaonlas borb, neochneasd, a bh'ac'
 Da Reachdaibh, is da Shluagh;
 A cur gu bas a theachdairean—
 Ga 'n casgairt sios do 'n uaigh:
 'S mor thlachd do shlighe pheacaidh
 Bha ri fhaicinn annt' s gacn uair.

Tha latha mor a' tarruing dluth
 'San tuirling Iosa nuas,
 'Sa theachdsan chidhear, leis gach suil,
 Fad as, is dluth mu 'n cuairt;
 'San dream a bhios neoullaichle
 Co 's urrainn innse 'n truaigh?
 Oh! sgiursar sios gu h-uile iad
 Gu fulangais bhithuan.

O thus tha 'geisdeachd ri mo dhan
 Gabh rabhadh trath, 's na dean
 Mi bhuil do 'n am a tha a lathair,
 No tair air maitheas Dhia:
 Mar fiosraich thu an taobh s' do 'n bhas
 Do shabhaladh le Ios',
 Oh! fograidh Dia thu sios o' lathair,
 'S gu brath cha d'thig thu nios.

DAN AIR AN TURAS.

Trid mo thurais 'sa ghleann so
 Tha mo naimhdean dhomh dluth,
 Tric ga m'fhagail fuidh chamber,
 Agus fann a sheinn ciuil;
 Ach ged ni iad mo chuartach',
 Theid am bualadh 's an sgiurs',
 Bheir mo Shlannighear buaidh orr',
 'S ni E 'm fuadach le ghnuis.

Ged a tha mi, an trath so,
 Anns an fhasachs' air chuairt,
 Agus uile ga mo sharach'
 Nach gabh aireamh, no luaigh,
 'S iomadh buaireadh o' m' namhuid
 Ga m' fhagail fuidh ghruaim ;
 'N cum so ann am thamh mi,
 O' aithris fabhar an Uain ?

'S ann a theid mi, le danachd,
 Ann a' lathair gu luath,
 'S cha chuir Esan gu nair mi,
 'Sa ghras cha chum uam ;
 Claidhear truailleachd mo naduir,
 'S air mo namh gheibh mi buaidh ;
 Seinnidh mis' air a ghradhsan,
 'S ann a shlaint ni mi uail.

Ni mi aithris le solas
 Air a throcair dhomh fein,
 Nach do dhfhag mi ga m' threorach'
 Dhionnsuidh doruinn is pein :
 Ach a dhfheuch dhomh mar bha mi,
 A dol bas an tir chein,
 'S gu'n robh agam an trath sin,
 Air Slanuighear feum.

A leig ris dhomh nach deanadh
 Mo ghnìomharan cuis,
 A thabhairt lan riarach'
 Do Cheartas Dhia nach gabh lub' ;
 No a phaigheadh na fiachan
 A bha ri'n dioladh gu'n cul,
 'S chuir sud dochas, is earbsa,
 A chealgair a mugh.

Anns an uair sin bu leur dhombh
 Gun robh mi'm chreutair gun chiall ;
 De mo namh gun de gheill mi,
 'S ris gun d'eisd mi mar dhiarr ;
 'S le umhlachd da bhreugaibh,
 Gun do threig mi mo Dhia,
 Is gun d'fhalbh mi o naomhachd,
 Air slighe chlaon agus fhior.

'S b'e mo run a dhol dachaidh
 O' mo sheacharan cian,
 'S gu eolas a Reachdan,
 O' mo chleachdaibh gun rian ;
 Ach' sann bha mi 'san trath sin
 Fuidh naire 's fuidh fhiamh,
 Ann an cuing, 's ann an daorsa,
 Gun Fhearsaoraidh gun Dia.

Bha mi tursach ia bronach,
 Is mo dheoir a ruidh sios,
 'S tric a lagaich mo threoir,
 Le bhi call mo dhochais ri dion,
 'S le bhi giulain masla m' oige,
 Bha mi bronach is sgith ;
 'S iomadh ni bha gam leonadh,
 Nach gabh 'san oran so inns'.

Bha mo naimhdean ro lianmhor,
 'S iad ro dhian air mo thoir,
 Iad ro fhuileachdach dioltach,
 Sior iarruidh am choir ;
 Peacadh gin agus gnìomha,
 Sior mhiodach' mo bhroin,
 'S iad nan eallach do—ghiulain,
 Do m'anam tursach is leoint.

'N callach throms' bha ga m' fhagail
 Ro sharuichte sgith,
 Agus truailleachd mo naduir
 Ga m' fhagail gun sith,
 Sior dhol fuidh anns a chlabar,
 Aig mo namhaid fuidh chis,
 'S mi fuidh eagal nach sabhaileadh
 Iosa 'n Slanuighear mi.

Bha mi faicinn gun thoill mi
 Mo chuibrinn gu brath:
 Anns an ionad ro oilteil,
 Thar nach soillsich chaoidh la;
 Anns nach cluinninn guth aoibhneis,
 Ach gul is raoichdeil gun tamh,
 'S anns nach ruigeadh a chaoidh mi,
 Naidheachd aoibhinn na slaint.

Bha na nithean sin dhomhsa
 Ro dhoruinneach searbh,
 'S mi fuidh eagal gu'm fogradh
 Dia na gloir mi air falbh,
 Dhionnsuidh ionad na doruinn,
 'S orm gun doirteadh E fhearg,
 Thar nach faighinn uaidh trocair,
 No air solas chaoidh sealbh.

Corruich Dhia bhiodh ga'm sgiursadh,
 Airson m' easumhiachd mar thoill;
 Chnoimh nach basuich gam chiuradh,
 'S teas do—mhuchte gam chlaidh,
 Ann am piantaibh doghiulain'
 Is iad ur dhomh a chaoidh,
 Thar nach eisdte ri m' iarrtus,
 'S nach tigeadh orioch air mo chaoidh.

Bha mo namhuid ro chealgach,
 Dol mar shealgair mu m' chuairt ;
 'S iomadh innleachd a dhealbh e,
 Gu m' thoirt air falbh dhionnsuidh truaigh ?
 'S ann am neart ged bha m' earbsa,
 Bha mi anmhann is truagh,
 Is cha robh mi lan armaicht ;
 Gu shaighdean marbhtach chur uam.

Am b' iognadh bhi ormsa
 Bron anma 's an uair,
 'S ged a theirinn am dbuilgheas,
 Oh ! nach anbharrach truagh
 Nach robh agam, mar chalman,
 Sgiathan 's dhfhalbhainn gu luath,
 Chum socair a shealbhach',
 O'n doinneun ghairbh agus chruaidh.

Gu luath gheibhinn teicheadh,
 O' eascaraid m' anm',
 Dhian shiubhlainn le deifir,
 Is ghreasainn air falbh ;
 Gheibhinn ionad chum tamh ann,
 'S eagal bais cha biodh orm ;
 Gheibhinn fois o' mo sharuch',
 'S o' m' amghairibh searbh.

Cha robh fios dhomh, an trath sin'
 Gu'n robh slainnte dhomh dluth,
 Gu'n robh fagas an la sin,
 'S an rachadh m' ambgair air chul ;
 No gu'm faicinn an Slanuirhear,
 Ged a bha ris mo dhuil ;
 No gu seinniun le danachd,
 Gu brath, air a chliu.

'S ann a bha mi fuidh naire,
 'S mi an lathair Dhia ruisgt;
 Mo mhisneach a failleach',
 'S mi gun tabhachd gun luths;
 Agus teicheadh, ged b' aill leam,
 Dhionnsuidh Slanuighear gu dluth,
 Bha mo chuibhreach ro laidir,
 'S bha mo namhuid na dhuisg.

Chunnaig Iosa m' uil' amghair,
 'S nochd dhomh baigh 's ghabh rium truas,
 Agus shaor E gun dail mi,
 As gach sas, agus truaigh;
 Thug E chreach o' a fhear laidir,
 'S bhris na ceanglaichean cruai,
 Agus bhrughadh le shailsan
 Ceann mo namhuid le buaigh.

Dhoirt E mach dhom 's an am sin
 Mor shaibhreas a ghrais;
 Dh'fhalbh gach duilgheas is teanntachd,
 'S gun samhla bha ghradh;
 Dh'fhalbh an reodhadh 'san gearhadh,
 'S thainig Samhradh is blaths;
 Dh'fhalbh an dorcha 'san oidhche,
 Agus shoillsich an la.

Dhearc mise le h-ioghnadh
 Air an t-shaorsa bha mor;
 'S sheinn mi cliu do m' Fhearsaoraidh,
 Oir bha ghaol annam beo;
 Cha robh cumhn' air mo shaothair,
 No air caoineadh is bron;
 Chu robh peacadh ri fhaotainn;
 Chaidh a sgaoileadh mar cheo.

Tha a nise machd strog hail
 Air a chomhdach gun dail;
 Oir thug Athair na throcair
 Grad ordugh ag rath,
 Cuiribh fainn' air is brogan,
 'S an comhdach is fearr;
 'S tha toilinntinn do aithris
 Ann an talla a ghraidh.

Tha a nis air a shaoradh
 Machd a daorsa 's o' phein;
 Tha e scinn air a ghaolsan
 A rinn aonadh ris fein;
 Aros Athar tha saor dha,
 'N ait bhi faontrach an cein;
 Aran beo tha ri fhaotainn,
 'Naite plaosgan gun fheum.

Anns' a chala ro sgiamhach,
 Air an robh mhiann is a dheigh'
 Tha e sabhailt gu siorruidh,
 'S moladh Dhia nis na bheul;
 Throm fhiachan chaidh dhioladh,
 Le Iosa gu leir;
 'S tha e sona na fhianuis,
 Cur a ghnìomhar a 'n ceill.

'S ann mar sin nochd E dhomhsa,
 A throcair 'sa ghradh;
 'S ann mar sin rinn E shonrach',
 Mo thoirt gu eolas air slainnt:
 Bha mi ruisgte gun chomdach,
 Ach orm do dhfhoir E gun dail
 Thaobh 's gun robh mi leis ionmhuinn,
 Thog gu inbh mi ro ard.

'N iognadh nise ged ghradhaich
 Mi mo Shlanuighear caomh ;
 'S ged a sheinn mi le danachd,
 Air a shlainnt 's air a ghaol ;
 'S ged nach dean mi chaoidh aicheadh,
 Ann an lathair an t-shaoghail,
 Eirig m' anma neobhasmhor
 Airson gun phaigh E gu daor.

'N iognadh nise ged sheinn mi,
 Oran taingealachd dha ;
 Is ged aithris mi chaoimhneas,
 'S mor shaibhreas a ghrais ;
 'Neach a shaor mi o m' naimhdibh,
 'Sa bhris na geimhlean teann bais,
 Anns an robh mi fuidh gheill dhoibh,
 Gun chomas eiridh an aird.

Ged a tha mi an trath so
 Ann am fasach nan deoir,
 Fha mo dhochas na m' Shlanuighear,
 Gun toir E sabhailt mi beo,
 Thar nach claidhear le bas mi,
 'S thar nach faillich mo threoir,
 'S thar nach tilgear le namhuid,
 'Saighid chraiteach am choir.

Thar am faic mi na braithrean
 A ghradhaich an t-Uain ;
 A rinn a leantuinn tre amghair,
 'S tre gach saruchadh cruaidh ;
 'Sa tha nis air an arduch',
 Anns an Arois tha shuas,
 Ann an inbh tha ro ghloirmhor,
 'S ann an solas do-luaigh.

DAN

'N iognadh nis ged nach nar leam
 A shlainnt chur an ceill ;
 'S ged se ni 's fearr leam,
 Fad mo la is mo re ;
 'S ged a chan mi mo dhain dha,
 Anns a phailian lag chre,
 Gus an seinn mi air clarsaich,
 Anns nach faillinnich teud.

DAN AIR MAITHEAS AN T-SLANUIGHEAR.

Is saibhir do ghras dhuinn
 A Shlanuighear ghloirmhor ;
 Is sona an aireamh
 Air do ghradhsa fhuair eolas :
 Leinn is ni e tha tlachdmhor,
 Bhi 'g aithris do throcair ;
 Bhi a seinn air do mhaitheas,
 Leinn is taitneach an ceol e.

Co a dhfhiosraich do mhaitheas,
 Nach dean aithris le cliu air ?
 Co tha sgeadaicht' le d' shlainnte,
 'S le do ghras air an ungadh,
 Dhionnsuidh solais a thainig,
 Troimh amghair 's troimh thursa ?
 Nach moladh le danachd,
 Gun nair' air an gnuis thu :

Co do'n tug thu saor fhuasgladh
 As gach truaigh, agus doruinn,
 As gach trioblaid is cruaidhchas,
 Dhionnsuidh suaimhneis, is solais ;
 Do'n do nechd thu do shlainnte,
 Do ghradh, is do throcair,
 Nach moladh 's gach trath thu,
 A Shlanuighear ghloirmhor ?

T-ainn naomh gu'm biodh beannaicht',
 A cheannuich le d' bhas sinn ;
 A rinn leat fein am fionamar
 A shaltairt na'r n'aite ;
 A dhfhuing piantan is feirbhe,
 A chum ar n'anma a thearnadh ;
 A rinn Ceartas a riarrach',
 'Sa rinn ar fiachan a phaigheadh.

'S luath a dhfhalbh sinn air seachran,
 Fad o Reachdaibh an Ardrigh ;
 Sinn fuidh chionta ar peacaidh,
 'S diteadh Ceartais gu bas oirn :
 Annainn bhasuich an t-anam,
 'S dhfhas sinn salach nar caileachd :
 'Se bhi siubhal 'sa pheacadh,
 Bu chleachdadh, 's bu ghnath leinn.

T-ainm naomh, gum biodh beannaicht',
 A rinn ar teanal 's ar cuartach' ;
 A rinn ar treorachadh dhachaidh,
 O' bhi sgainnirte fuadaicht' ;
 O' bhi sgaoilt' air na raontaibh,
 Mar chaoirich gun bhuaichail,
 Dhionnsuidh ionaltradh taitneach,
 Air farsuingeachd chluantan.

'N uair a sheid thu le t-anail
 Air an anam a bhasaich,
 Thug anail na beatha,
 Beo fhaithreach' gun dail dha ;
 'N sin bha 'n t-anam bh' air seachran,
 O' nuair pheacaich e 'n Adhamh,
 Ann an iarrtus gu dhachaidh,
 'S tir a sheacharain fhagail.

Dhort thu nuas oirn do Spiorad,
 'S leig thu ris dhuinn do bhriathran ;
 'S chuir thu impidh oirn pilleadh,
 Chum do shireadh is t-iarruidh ;
 Ach ged bha sinn cho sgapte,
 'S cho sgainnirt', mi-chiallach,
 Thug do lamh air ar n' ais sinn,
 Le bron 's le aithreachas diaghaidh.

Be ar n' iomcheist nach rachadh
 Ar gearan ad fhianuis ;
 No ar saoradh o' n talamh,
 'S ar gabhail fuidh d' dhionsa :
 'S trid ar namb bhi gar bacail,
 Ar gleachd gum biodh diomhain,
 'S nach faigtheadhmaid thairis,
 Dhionnsuidh beatha gu siorruidh.

Ged bha truailleachd, is peacadh,
 Claidh, 'sa lagach' ar'n iarrtuis,
 Thug thu Shlanuighear neart dhuinn,
 Chum cabhag a dheanamh,
 Gu dol a steach le cruaidh ghleachdadh,
 'S le saothair neo-fhaicsineach dhiomhair
 Trid an Doiris tha treorach',
 Dhionnsuidh solais neochriochnach.

Cha d' fhag thu sinn faontrach
 Ann an daorsa 'san eiginn,
 O' ar teinn 's o' ar saothair,
 Ghrad shaor thu nar feum sinn :
 Tart ar n'anma an geall ort,
 'S ar teanntachd bu leur dhuit,
 'S thug thu beath' agus slainnt dhuinn,
 Chaoidh nach fag is nach treig sinn.

Cliu is moladh gu brath dhuit,
 Airson t-fhabhair ro mhor dhuinn,
 'S nach do leig thu leinn basuch,
 Dheasbhuidh slainnte agus trocair :
 'S ann a shaor thu o'r namh sinn,
 'Sa thog thu naird sinn o'n otrach ;
 'S ann a thug thu do ghradh dhuinn,
 Creideamh slainnteil, 's beo-dhochas.

Tha sinn nis air ar saoradh,
 'S le do naomh Spiorad seulaicht' ;
 Air ar sgaradh o' n t-shaoghal,
 'S air ar n' aonadh ri cheile :
 Cha d-theid ar sgrios no ar diteadh,
 Ged thig trioblaid, is deuchainn ;
 Tha do ghradh dhuinn neo-chriochnach,
 'S ad Bhaile dion tha thu fein dhuinn.

Tha ar n' anma an aonachd,
 Ri do naomh Spiorad grasmhor ;
 An fheoil chaidh cha sgaoil sinn,
 No an saoghal, no namhuid :
 Trid an Spioraid a dhoirt thu
 Mach oirn, o' do lathaireachd,
 Is fianuisean beo sinn
 Air briathran Ioel an Fhaidh.

Tha an Comhfhurtair gloirmhor,
 A rinn thu dhortadh o n' aird oirn,
 Ann ar n' anam a chomhnuidh,
 Le dearbhadh beo, nach gabh aidhcheadh ;
 Ann ad Reachdaibh 'gar seoladh,
 'S gleachd le deoin ri ar namhuid,
 'S o do bheul tha dhuinn gealladh,
 Gu fan e gu brath leinn.

Ged a tha sinn a chomhnuidh,
 Measg moran do thruailleachd,
 Is iomadh ni tha gar fagail,
 Iomadh la gu mishuaimhneach :
 Bheir thu saor sinn a Shlanuighear,
 Trid gach anradh is buaireadh ;
 Air ar naimhdibh gu h-uile,
 Bheir thu tuilleadh is buaidh dhuinn.

'S tu Feartagraidh ar cuise ;
 'S tu Ughdair ar slainnte ;
 'S tu ar Faidh, 's Ardshagart
 Ar n' aidmheil 's na h-ardaibh ;
 Tha thu fiosrach, is eolach,
 Air gach bron agus saruch',
 Dh' fhaodas tachaird ri d' shluaghsa,
 Fad an cuairt anns a phailliuin.

'S tu ar Righ 's ar Fearsaoraidh :
 'S tu ar'n Aodhair ro bhudhar
 'S caraid trocaireach, caomhail,
 Dha do chaoirich 's gach uair thu :
 'S tu ar dion 's ar Fearfaire,
 'S cha tig cadal no suain ort :
 'S tu tha oirn ad Fhearcoimhead,
 'S co an neach a bheir uait sinn.

O ar n' anma, car uine,
 Ged a chum thu do lathaireachd,
 Airson ar mi churam,
 'S ar n easumhlachd do t aithintibh ;
 Ar n-athchuing 's ar n urnuigh,
 Theid le duarchd ad lathair,
 'S ni sinn aithnichte ar 'n iarrtuis,
 Ann ad fhianuis a Shlanuighear.

Ar n' atchuing, 's ar n' urnuigh,
 Cha diult thu le tair iad
 Cha cheil thu do ghnuis oirn,
 'S uainn cha chum thu do lathaireachd :
 As do Storas ro fhialuidh
 Theid ar n' iarrtuis a shasach' :
 Bidh ar n' anma a dluths riut,
 'S air an urach' le d' shlainnte.

'S bidh gach ni bha gar leonadh
 Air am fogradh gu luath uainn ;
 Le do lathaireachd ghloirmhor,
 Bidh na neoil air am fuadach ;
 'S bidh ar 'n anma bha bronach,
 Seinn le solas, 's le luaghair ;
 Ag aithris do throcair,
 Deanamh sgeoil, agus luaigh oir'.

Is gradh maireann do ghradhsa,
 Feadh gach al, 's trid na siorruidheachd :
 'S gradh gun chiomeas air airde,
 Air doimhn' air fad, is air leud e :
 Cha ghabh e bathadh le tuiltibh,
 No le h-uisgeachaibh lianmhor ;
 Neo chaochladeach bha e,
 'S mar sin tha, 's bidh gu siorruidh.

DAN AIR MAISE SHIÒIN.

O n' dhimich air eul an dubhlachd atmor,
 Gach duibhneul, 's gaillionn le cheil ;
 'S le gorm luibhibh cubhr' on' bhruichd an talamh,
 'S on' thuirling frasan nan speur ;
 On' dhfhosgail na fluir, le druchd na meala,
 Fuidh ghnuis, 's fuidh aiteal na Grein :
 'S on' thog an luchd ciul an ciuin ghuth fallain,
 Feadh urlios maiseach nan geug.

Tha nis, mar air tus, gach cuis mar 's maith leinn;
 Tha luths, is neart ann ar cre;
 Tha togradh as ur air dusgadh annainn,
 Is durachd anam da reir,
 A sheachnadh 'sa dhiulltadh dhuilean peacach,
 A shiubhlas seachad gu leur,
 'S air Sion ar ruin le sunnt, is aigne,
 Thoirt cunntais thairis na'r sgeul.

'Se annsachd, is uigh ar sul bhi beachdach',
 Gu dluth air Baile nan Treubh;
 Ierusalem ur, nan Cuirt, 's nan Caisteal,
 Nar Tur, nam Baideal, 's nan seud,
 Naa Or-shraid gun stur, gun smur, gun smalan,
 'S mar riubhsan, Balla nan Steidh',
 Nan Geatachan dluth, is d-ubailt bannan,
 'S iad duint' le crannaibh nach treig.

'Nuair sheallas sinn uainn, ma'n cuairt do'n Bhaile,
 Nach buan am sealladh a chi;
 Don Treud nach cuis shuaimhneis snuagh nam bean-
 naibh,
 Nach uaine crannan na frith;
 Na caoirich, 's na h-uain, nach luath 'sna gleannaibh,
 Gach uair gun ghainne, gun dith,
 An comhnuidh ma bhruaich nam fuaran brasa,
 Air chluantaibh glasa na' sith.

Luchd aiteachaidh chi an Rìgh na mhaise,
 'S bheir binn ghuth tairis a bheil,
 Fìor sholas da'n cridh, 's ri n innibh beanaidh,
 'S na firean' leanaidh a cheum;
 Cha bhi i fuidh chis aig tìr air thalamh,
 Tha Ios' a Caiptean ro threin:
 Is cuiridh E sìos luchd miruin, 's casaid,
 Gu strìocht' fuidh chasaibh nan Treubh.

alamh,

ain,

Bheir Esan a nall a clann le h-urram,
 A' amhghar, mulad, is bron:
 Cha n' urrainn na h-aingidh naimhdeil, ghuineach,
 Am faing an cumail ni 's mo;
 Bheir Esan a'n laimh, gun taing da 'm muinéal,
 Am fann, an ciomach, 's an leoint;
 Cha bhi iad fuidh ainneart naimhdean fuileach,
 No dhiobhsan tuilleadh mar lon.

Sion fuidh leon, 's gu mor a cumha,
 Sa deoir a sruthadh o' ceann:
 "Aig coimhich tha m' oigfhir, 's m' oighean dubhach
 Air fogradh shiubhail mo chlann!
 Mo naimhdean thug leo mo storas buileach;
 Tha m, oigrich lurach air chall!
 'S tha mise gun cheol, gun solas tuilleadh,
 Gu bronach, muladach, fann!

O' ghearan mo chraidh bhi m' thamh cha'n urrainn,
 Tha fath mo mhulaid a m' chuimhn';
 Bha sonas, is baigh am shradibh uile.
 Bu ghradach, subhach mo naoimh;
 Ach nis tha mo shraidean fas gu'n duine;
 Mo chas co chuireas an suim?
 Tha maise, tha ailleachd, 's agh na Cruitheachd,
 Na laruich iomallaich, luim!

Nuair fhreagair mo Bhabhain ard gu mullach
 Do ghair, 's do dh'-iolach nan daoi,
 'Sa dhoirteadh gu lar fuil bhlat nan curaidh',
 Bu chraiteach iomairt mo chuim;
 'S o' bhuillibh ged dhfhag mo namh dhomh fuigheall
 Cha d' fhag o' muineil a chuing,
 'S an iognadh an traths' ged tha mi duilich,
 'S gun tamh a tuireadh, sa caoidh!!

Ach Sion cha bhi an dith ni's faide,
 Gu diblidh, ainniseach truagh,
 A sliochd thig na miltibh mhiltibh dhachaidh,
 A tir an aineoil 's an cruais;
 Nuair chuireas i faillt' air al a cinnich,
 A h-ailleachd pillidh gu luath,
 S bidh iomradh gu brath an dain nam flidh,
 Air faillte Shion da Sluagh.

Guth acain a broin ni 's mo cha chluinnear,
 Sa cheo fuidh dhubar na neul,
 Bidh h-ailleachd mar ros an cos nam bruthach,
 Sa ceol cho subhach 's is miann,
 Bidh dearcan a geug gu leir fuidh ruthadh,
 'S ged theid am brughadh cha chrìon;
 Bidh 'm beo uisge reidh feadh leag a siubhal,
 'S asleibhtean sruthadh le fion.

'N sin bheir iad le cheil, gach Treubh, is duine,
 Lan gheill is urram do Dhia;
 Naomh inneal nan teud an gleus grad chuirear,
 Sa feillean cumar le rian;
 Cha'n fhairich iad saruch, cradh, no tinneas,
 No bas, no trioblaid, no pian;
 Cha teirig dhoibh la, 'n dubhthrath bidh thairis,
 'S gu brath nan sealladh bidh Ghrian.

Gu fearann nam fiat, 'tha iargalt. alluidh,
 Cha 'n iarr iad sealladh nan deigh;
 Baoth sholasan cian cha dean a mealladh;
 Cha dion leo faileasan breig;
 'S ann gheibh iad o Dhia lan mhiann an anam.
 Gu fialaidh farasta reidh;
 'S ann chisgear an iot le fion 's le bainne,
 'S air biadh dhoibh gainne cha d'theid.

Is sona an sluagh a fhuair gu Sion,
 'S da'n dual do'n Tighearn bhi dluth;
 A beathach' air chluantaibh buan nan lili,
 Fcadh chuachaibh miles na'm flur :
 Ri taodh nan sruth luath, 's nam fuaran mireadh
 Tha cuartach' liosan nan cubhr',
 'S le'n ionmhuinn bhi luaidh nan duan is binne,
 Cur fuaim an innealaibh ciuil.

O Shion! is briagh, 's is sgiamhaich pearsa ;
 Coimhliont' an eireachdas buan ;
 Do dhreach mar a Ghrian o' sgiath na maidne ;
 Gun ghiomh gun ghaiseadh ad shnuagh ;
 Ged gheibhinn fad bliadhn bhi dian a labhairt,
 Am briathraibh ealanta nuath,
 Cha chuirinn an rian leth trian do mhaise,
 No n ciadamh earrann dhe d'bhuaidh.

Tha uralachd thlath, is blaths na t-fhearann ;
 Tha slainte mhaireann dha d' shluagh ;
 Tha caomhalachd, cairdeas, baigh, is caidreamh,
 An da'n dha d' bhailtidh gach uair ;
 Cha n' eagal dhuit saruch,' cas, no gainne,
 No bas, no peanas, no truaigh ;
 Thug Iosa mar tha a ghradh, 'sa chean dhuit,
 'S gu brath cha bhuin E iad uait.

DAN AIR A CHARAID DHILEAS.

Nach lianmhor aobhar mulaid dhuinn,
 Na'r turas anns an fheoil ?
 Nach geur ar namh, 'snach furachail,
 Gu dana guineach seolt ?
 Nach lianmhor cas, is cunnart dhuinn,
 'S na laithibh tearca diombuan so ?
 Mar biodh oirn gras ga bhuileachadh,
 Cha b'urrainn sinn bhi beo.

Nach buailteach bron is caoineadh dhuinn,
 Na'r reis an taobhs do'n uaigh?
 Nach tric bheir laigs' na daonnachd so,
 Ar ceum gu claonadh uainn?
 Thig tuisleadh nuair nach saoil sinn oirn,
 Bheir fuarachadh, is caoile oirn;
 Nach tric a ni an saoghal so,
 Ar toirt a thaobh le chluain?

Nach tric a dhfhag am peacadh sinn,
 Gun neart chum imcachd uas?
 Ga'r fagail creuchdach airtnealach,
 'S ar laigs' a faotuinn buaidh;
 'S mar biodh ann Tobar eifeachdach,
 A ghlanadh uainn ar'n eucailean,
 Cha deanadh cungaidh leighean dhuinn,
 Ar creuchdan dhunadh suas.

Ar namh gu dluth nuair dhiaghas oirn,
 Gu'r tilgeadh sios gu lar;
 Gu uchd a chomhraig iarramaid—
 Cha diadhachd bhi nar tamh;
 Na geilleamaid do mhimhisnich;
 Tha Caraid ann tha dileas dhuinn,
 Nach leig am feas air dichuimhn' sinn,
 'S nach diobair sinn na'r cas.

An Caraid truasail fabharrach,
 Bha riamh ruinn baghail foil,
 A sgar o bhroinn ar mathar sinn,
 'Sa dharaich sinn o' r'n oig,
 Thug solas 'n deigh ar 'n amghair dhuinn,
 Is fois an deigh ar saruchaidh,
 'S tha toirt ar'n arain lathail dhuinn
 O' thrath gu trath—san rod.

Bha ghradhsan dhuinn o' shiorruidheachd,
 'S mu'n dfhag E riamh a ghloir;
 Gu'm biodh e sar—chomhliont' annainn,
 Be sud a mhiann 'sa dheoin:
 Bu taisbeanadh bha miorbhuileach,
 Air gradh a tha neo chriochnaichte
 Gu faicte 'n staid cho iosal E,
 Mac Dhia air teachd 's an fheoil!

Ach oh! cha ruig ar riasonne,
 Air neart is meod a ghraidh,
 Tha dhoimhne mar an t-shiorruidheachd,
 Is f'had 'sa leud, is aird:
 Cha tuig sinn meod na'm fiachan ud,
 Gu h-iomlan chaidh a dhioladh leis:
 Chs tuig sinn gne nam piantan ud,
 A dhfhuiling Ios' na'r 'n ait.

Feuch! eadar an luchd drochbheairt E,
 Ri crann, an crochadh suas:
 Fuidh lotaibh craidhteach fosgailte,
 'S fhuil naomh gun chlos tigh'n uath:
 A chridhe blath ga ghoirteachadh,
 'S e traghadh, triomh na lotaibh ud:
 An glaic a bhais a plogartaich;
 Ga shniomh le dochann cruaidh!

Do—thuigsin tha na deachainnean,
 A theann ro dian ma chvairt:
 Nuair rinn E'n Lagh a riarachadh;
 'Sa dhioladh leis ar luach;
 Bha cholunn naomh fuidh'n riasladh ud:
 Na murtairean bu dioghaltaiche:
 'S bha anam glact's na pianntan ud,
 Gu siorruidh, thoil a shluagh.

Ach feuch a nis, cia oirdheirg E
 Air deis na Morachd shuas!
 Cia cliuteach ainm, 's cia solasach
 Na Sloigh a tha ma chuairt!
 Toirt cliu is moladh comluath dha,
 Le 'n caithream fonnmhor, ceolghuthach:
 'S cha tosd a chaoidh an t-oran ud,
 'S cha teirig Gloir an Uain.

Nach sona 'n dream da'm Buachail E.
 'Gan cuartachadh do'n chro!
 'Gan dion o uile, s o bhuairennibh,
 Do'n dual bhi air an toir;
 'Gan toirt a chum nan clauntan sin,
 Tha farsuing brighar buannachdail:
 A dhfhagas sultmhor, snuagmhor iad,
 'Sa dhfhogras uatha 'm bron.

Mar chraoibh ri taobh na h-aimhne iad,
 Theid seachad mall na coir:
 Nuair tharlas aimsir theanntachdan,
 Nach searg 's nach cail a gloir:
 A freamhan sios a daingneachadh,
 'S i suas a sineadh mheanglanan,
 'Sa torrath trom o'n roimhreachd ud,
 A lubadh ceann gach meoir.

Da oglachaibh 's cultaice E
 'Gan dion an glaic a lamh;
 'Gan cumail suas, 's ga neartachadh,
 An aghaidh feachd a namh;
 Tha carbaid Dhia, 's a mharc shluaghsan,
 'Gan cuartachadh neo fhaicsineach;
 Cha leir do shuilidh peacach iad;
 Ach sud gu beachd mar tha.

An dream a tha na fhionlios 'sar,
 Gu gnìomhach mar is coir;
 Na saothair ghraidh a meodachadh,
 Ga miannachadh gach lo;
 Nan cuairt a bhos bidh stri aca;
 Ach shuas bidh fois, is sith aca,
 Nuair bhios an obair crìochnaichte,
 Bheir Ios' iad leis chum gloir.

DAN AIR A MHILEBLIADHNA.

Tha e tric dhuinn air innse,
 Ann an geallaidhnibh priseil an Triath—
 Deachdt' le Spiorad na firinn,
 Do na Faidhibh a sgrìobh iad o' chian,
 Gu'm bheil Linn a tigh'n dluth oirn—
 Linn a mhaireas re uin mhìle bliadhn':
 Latha gloirmhor na slainte;
 Linn a samhail nach d' thainig oirn riamh.

Sud an caithream da'n geilleam,
 'Nam bhi teannach' mo theudan gu ceol;
 'S cha 'ne gaisge na Feinne;
 Cha 'n e Eachdraidh na Greig, no na Roimh;
 Cha 'n e Astar Eneais,
 Eadar *Latium* euchdach, is *Troigh*;
 Cha 'n e beachdan neo-fheumail,
 Timchioll Reachdan, is Reuson, is Nos.

Sud a Naigheachd a sgaoileam—
 Naigheachd ait ma Fhearsaoraidh nam buadh,
 Tigh'n a thional a chaorach,
 O' bhi ainniseach, aonaraeh, truagh:
 Tigh'n le cumhachd a Ghairdein,
 A thoirt Oighreachd a daorsa ro-chruaidh;
 Tigh'n thoirt aoibhneas a ghaoil dhi:
 Tigh'n thoirt saibhreis, is aonachd da shluagh.

Tigh, n a dhfhogradh an dall—cheo,
 Dhfhag fuidh dhorchadas anma a threud ;
 Tigh'n thoirt beo na bhal marabh dhiubh,
 'S do na chro na th' air falbh dhiubh o'cheil ;
 Tigh'n thoirt luiths do na h-anmhainn,
 'S do na fogarraich tearmunn na'm feum.
 Ni E milis an searbh dhoibh,
 'S dhoibh na sligheannan garbh ni E reidh.

Tigh'n thoirt saorsa do'n truaghan,
 A tha, le eucail a thruailleachd, fuidh leon ;
 A tha fuidh chreuchdaibh 'san luaithe,
 'S sruthan geur air a ghruaidhibh da dheoir ;
 Naimhdean fuileach ga chuartaich',
 'S le'm buillibh gu truagh air a leon ;
 Caoidh, 'sa tuireadh na chruaidh-chas,
 Gun fhear cuidich' no fuasglaidh na choir.

Chi a neach 'gam bheil leursan
 Gleann an t-sheallaidh a' geilleadh da ghlaodh ;
 Cluinnidh esan a dh'eisdeas,
 Fathram cunamh's iad ag eiridh o'n raon ;
 Nise comhdaicht' le feithibh,
 Feoil, is craicionn, 's le eideadh mar aon :
 'S mar a labhair Eseciel ;
 'N anail bheo thighn o' sheideadh nan gaoth.

Dol gu h-ullamh an ordugh,
 Ann an culaidh a morachd, 'sa h-uail,
 Chum a Ceile a chomhlach'—
 Chidhear nise Beanphosda an Uain,
 Le cuid Sheud, agus Neamhnuid,
 Mar chunnacas roimh i le Eoin tigh'n a nuas,
 Air an gairm tha na h-oighean,
 'S iad a lasadh nan lochrann a suas.

Bu leis fein i o shioruidheachd'
 Ann an Comh-cheangal diomhair nan gras ;
 'S na bha Ceartas ag iarraidh,
 Rinn E iomlan a dhioladh na h-ait' ;
 Chum an Lagh a chomhlionadh,
 Aon uair dhfhuing E piantan a bhais ;
 Thug E saor o' luchd fìach i ;
 Anns an Urras bha riarachadh lan.

'S aobhar iognaidh gu siorruidh,
 Gu'm biodh trocair an Dia do shliohd Adhamh :
 Gum biodh Buadhan an Trianaid,
 A co-aontach ar dìonadh o'r namh ;
 'N aite corruich, is dioltais,
 Gum biodh dhuinne saor thiolacadh grais ;
 'S gum biodh daonachd, is Diadhachd,
 Air an aonachd, an Iosa gu brath.

Riamh o' thuit sinn an Adhamh,
 'S o chaidh ar fogradh o'n Gharadh gu truagh,
 Chail a Chruitheachd a h-ailleachd,
 'S cha robh lathair ach sgaile dheth snuagh ;
 Ach ro-fhada ged bha i
 Fuidh na mhallachd a dhfhag i gun tuar,
 Chidhear fathasd fuidh bhlati i,
 Ann a maise' 's an ailleachd do-luaigh.

Sud an Linn a bhios aghmhor,
 Anns nach coinnich ruinn gabhabh, no baogh'l ;
 'N Linn 'san Rìghich an Slanuighear,
 Thar gach Rìoghachd, is cearna dheth 'n t'shaogh
 Caillidh aingidheachd a h-aite,
 'S riaghlaidh fireantach aillidh gun ghaoid ;
 'Naite truailidheachd ghraineil,
 Fasaidh caomhalachd, cairdeas, is gaol.

Sguiridh farmad is comhstri :
 Cuirear aimbreit, 's eas cordadh fad uainn :
 Glinn, is beanntan bidh comhnard,
 Chum 's gu'm foillsichear Marachd an Uain :
 'Solus eolais a Ghloire,
 Ni an Linn ud ro-ordheirg thar smuain ;
 Iomlan lionaidh e'n talamh,
 Mar na h-uisgeachan uigeal a chuain.

Teichidh bron as an t-shealladh :
 Cha bhi Satan a mealladh an t-shluagh ;
 Ged is laidir gu gleachd e,
 Bheir an t-Aingeal gu beachdaidh air buaidh ;
 Dh'aindean dubhlan a spionnaidh,
 Theid a dhunadh an ionad na truaigh ;
 Sios do'n t-shloc tha gun aigeal,
 Theid a thilgeadh, 'sa ghlasadh gu cruaidh.

Ann a Chro bidh na caoirich,
 Ann an sith, 's annan aonachd ri Dia ;
 Air an treorach le'n Slanuighear,
 A leig anam nan aite a sios ;
 'Sa bheir gu tobrachean slaint iad,
 A bhios milis le'n cairdean seach fion ;
 Faicinn aghaidh an cairdeas,
 Tha ni 's maisich, 's ni 's aille na ghrian.

'S anbharr sonas an aireamh
 : Bhios a sealbhachadh lanachd a ghloir ;
 Saor o bhuaireidhibh Shatain,
 Ann an caidreamh an t-Shlanuighear fhoil ;
 Thaobh a pheacaidh, mar b' abhaist,
 Cha bhi 'n cridhe ga fhasgadh le bron ;
 Cha bhi truailleachd ga 'n ciuradh ;
 Siabar buileach o'n suilibh na deoir.

'Naite sruthanan salach,
 'S iad le pusiun na naithreach air ghluasd' ;
 Sruthaidh fíoruige thairis ;
 Eiridh tabraichean fallain, glan fuar ;
 Feadh an fhasaich bha tartmhor,
 Cluinnear torman ro-thaitneach an cuairt ;
 'S ní an dream theid air astar,
 Annt an íot a chasgadh gu buan.

Bidh na strathain, 's na cluantan,
 Dheth gach toradh is luachmhoire lan ;
 'N aite dhrisean, is chluaran,
 Gheibhear ur-chrannan uaine fuidh bhíath ;
 Cha tig gaiseadh le fuardhealt ;
 Thig na frasan a nuas orr' nan trath ;
 'S cha tig gaillion, no truath—ghaoth,
 Bheir a maise, no sruadh dhiu gu brath.

Feadh nan reid'leinean suaimhneach,
 Bidh na treudan gun fhuathas roimh namh ;
 Ghnath bídh 'n íonaltradh nuadh dhíobh,
 'S air an aire ní 'm buachaillean tamh :
 Falbhaidh gairge gach creutair ;
 Cha bhí nathair a' teum mar a bha :
 Bídh le cheil aig a phrasaich,
 'N damh, 's an leomhann gun bhgradh, gun sgath

Feadh nan ailein gun chunnart,
 Madadh—alluidh bídh 'n cuideachd nan uan ;
 Bídh na dh'fhagar 'sa Chruitheachd,
 Ann an cairdeas bhíos bunaiteach buan ;
 Ar cha 'n fhoghlumar tuilleadh ;
 Bídh am bas air a shlugadh le buaidh ;
 Inneal sgrios cha toir buille ;
 Chaoidh cha 'n fhaicear deúr m'ulaid air gruaid

Air an araich cha chluinnear
 Guth na Trompaid a cruinneach' an t-shluaigh ;
 Iomairt lann na'm beum guineach ;
 Gaoir an tuiridh, no iolach am buaidh ;
 Theid na claithean a gharadh,
 Chur an ordugh chrann—araidh nan cluan ;
 'S sleaghan geura a chatha,
 Dhionnsuidh choranan sgathaidh gu luath.

Nochdaidh Criosd, mar air tus, dhuinn
 Cumhachd fhocail, is ughdarrais fein :
 Bidh na mairbh air an dusgadh ;
 Cuirear fradharc 'san t suil do nach leur ;
 Teanga mhanutach a bhalbhain,
 Cha bhi 'n ceangal gun seanchas na bheul ;
 Gheibh na bothair an claisdneachd ;
 'S theid na bacaich air astar mar fheidh.

'N siol maith a bha sgaoilt'
 Feadh gach cinneach 'san t-saoghal ochian,
 Cha tuit an silein is lugh dheth,
 'S cha d-theid e muga le caochladh nan sian ;
 Chum an teanal o' m fogradh,
 Latha 'n fhoghair chaidh shonrach' le Dia,
 'S an am do'n latha sin toiseach',
 Bidh na h-Aingeil cur ordugh an gnoimh.

Mar ni buanaichean aiteas,
 Guilain sguaban lan—abuich gu dion,
 Bheir na h-Aingeil iad dhachaidh,
 Ann an solas gu Taisgthigh an Triath ;
 Aon cha 'n fhagar a mach dhiubh,
 Measg nan ceanglachan seachdt,' agus crion,
 A bhios ullaicht' mar asbhuan,
 Chum an losgadh le lasraichibh dian.

'S fad o' chaidh am fogradh,
 Mach a duthaich an eolais, 's an graidh ;
 'S fad o' dhealaich an Gloir riubh ;
 'S fad o' leagadh a morachd gu lar ;
 'S fad o' theirig an solas ;
 'S fad o' thionndaidh gu bronn an ceol gair ;
 'S fad fuidh chasaibh nan slogh iad,
 'S iad nan sealladh mar lochrann fuidh thair.

Ged a thuit iad roimh 'n naimhdibh,
 Cha b' ann idir 's na h-aingidh bha 'n euchd ;
 Thug Iehobhah nan laimh iad,
 Chionn gun chuir iad air campar, is eud ;
 Chionn gun leig iad air d'ichuimhu',
 'N t-Aon a shaor iad le mhiorbhuilbh treun,
 As na h-athannaibh iaruiun,
 'Sa mach o' chre-obair phiantail na h-Eipht.

Chionn gun chlaon iad o Reachdaibh,
 Is gun d' aom iad gu peacadh gu leir ;
 Chionn gun d' fhalbh iad o' statuinn,
 Ann an aghaidh a bhagraidhibh geur ;
 'Sa chum nan cinneach gun d' iarr iad—
 Cinnich aingidh nan iomhaidh, 's nan die :
 Nasgadh riubhsan nan gnìomhaibh,
 'Sa lubadh sios leo do n' iodhalaibh breig.

Ieroboam machd Nebait
 Dhealbh an t-innleachd bha deisineach searbh,
 A thug air seacharan Ephraim,
 'Nuair a shleuchd iad da iodhalaibh balbh,
 A chuir e 'n Dan dhòibh 's am Betel,
 'S do 'n chum iad feillean, is deasgnathan marbh
 Gus an tug Salmaneser,
 Ann am bruid, na deich Treubhan air falbh.

Ged bha oigh nighean Shioin
 Air a coimeas, na fìorghlìon, ri or,
 Air a cliu rinn i dimeas.
 Dhfhag a peacadh i diblidh, gun treoir;
 Thug Iehobhah i thairis,
 Do'n dream a dhfhuathaich a h-anam gu mor;
 A thilg a sìos i gu talamh,
 'Sa dhfhag i leoint, agus falamh dheth stor.

Faic mu timchioll a cruinneach'
 Mathean Bhabiloin uile le'n sloigh—
 Aingidh albarra, ghuineach,
 Feargach, borb, agus fuileach, lan go;
 Mar na garg, mhadaidh—alluidh,
 Anns an anmoch a faire mu'n chro;
 'Giarruidh bristeadh do'n mhainnir;
 Iota fal' orr', 's iad acrach gun lon.

Faic a ballachan daingnich
 Air an tilgeadh, le h-ain-neart, gu lar:
 'S aomadh bras aig an naimhdean,
 Chum a maise a stampudh le tair:
 Air na straidh gar lotadh:
 Faic an cìocharan brollaich, 'sa mhathair;
 'N t-aosda, 'n t-oigfhear, 'sa ghruagach,
 Gun toirt' gun truas dhiubh gam bualadh le ..

Faich i bronach a sìleadh,
 'S i mu'n otrach a fìlleadh a lamh:
 H'uile ghloir air a mìlleadh,
 'S luchd a torachd a pìlleadh na dail:
 Faic i teann air a ruagadh,
 'S i ag acain a tuairgnidh, 's a craidh:
 Gaoir a chatha na cluaisaibh,
 'S i a' teanal dath naine a bhais.

Faic a luchairtean riomhach
 Air am milleadh le Geintilich dhalm :
 Faic a Teampull ro-phriseil,
 Anns an tric an robh binn ghuth nan salm,
 Air a shaltairt gun diu dheth,
 'S cairneis naomha ga giulain air falbh ;
 Ann an lamhaibh gun churam
 Dhionnsuidh duthaich nan iodhalan balbh.

Cluinn a naimhdean ri luaghair ;
 Cluinn an caithream neothruasail " Ah, ha !
 Loisgibh sios i gu luathre ;
 'N latha mbionnaich sinn fhuair sinn na thrath :
 Leagaibh, leagaibh gu luath i,
 'S gabhaibh nise, gu suaimhneach, 'ur sath,
 Dheth cuid ionmhasro luachmhor,
 'S na biodh iomradh no luaigh orr'gu brath.

Faic a nise na traill i,
 Air a h-iomain gu Babilon mhor ;
 Air a sgaradh o' Ceile,
 'S i na h-anam gu geur air a leon ;
 Faic a clarsaichean teudach,
 'Bha gu tric air an gleusadh gu ceol,
 Balbh 's iad crocht air na geugaibh,
 Ris na seilich, aig Cepar a bhroin.

Faic i 'n 'cein, air a h-aineoil,
 'S i mar ian ann an eangaich an sas ;
 Cuid na daors oire daingionn—
 Cuid nach fuasgail i, dhaindeoin a spairn ;
 'S ged a phlap i na sgiathan,
 Chaidh cha 'h eirich an lion leath an aird ;
 Tarsin as ged bu mhiann le,
 Cumaidh cuibhrichean sios i ri lar.

Ach cha 'n fhaodadh i basach',
 Thaobh 's nach caochail a gradh ann an Dia,
 'S i bhi geairt' air a dhearnaibh,
 Deacht' 'sa Chumhnant nach faillich gu sior:
 Bhrìst E chuing, 's thug E slainte dhi;
 Thug E saor i o namh, 's as an lion:
 Sgrìos E Babilon uaibhreach;
 Thug dhi dublachadh truaighe mar dhiol.

Bhrìsteadh fairche an domhain
 Thainig crìoch oire dhaindeoin a sàinnt:
 Thuair i 'n lot a bha craiteach;
 'S cha robh Leigh chum a slanachaidh ann;
 Thainig oire luchd-creachaidh;
 Bhrìst an naimhdean a steach air gach ceann;
 Thuit a ballachan leathann;
 Thilgeadh fosgailte geatachan teann.

Chaill a gaisgich an treine,
 'S guth am millteirean bheuc mar an fhaig';
 Chaidh a leurgrios mar Shodom,
 A thug corruich Iehobhah air falbh;
 Ach bha tearmunn aig Iudah:
 Air a namh ged a thuirling an fhearg:
 Ghairm Iehobhah da ionnsuidh,
 Nighean Shion gu duthaich a sealbh.

Ged thug Dia air a h-ais i,
 'S ged a nochd E dhi pailteas dheth ghradh,
 'S air na cinnich a mhill i,
 Ann an corruich ged phill E a lamh:
 Cha do ghluais i 'na Reachdaibh;
 B' e bhi ceannairceach, reasgach, a gnath;
 'S lean a ceannaire gu buan i,
 Gas am b' eiginn da fuadach o' lathair.

Lean a ceannairc gu dluth i,
 Gus 'n do chaill i a duthaich fadhecidh ;
 Gus 'n do sgriosadh Ierusalem ;
 Gus 'n do mhilleadh a cliu air gach doigh :
 Chaidh mu dheireadh a ditheach',
 Le mac Bhespasian Empir na Roimh,
 'S tha na Treubhan o'n uair sin,
 Ann am braighdeanas buan feudh nan slogh.

Ge b' e lenghas an Eachdraidh,
 Gabhail beachd air mar thachair gach cuis,
 Chi e iomlan air teachd orr',
 Gach truaighe bhagair an Reachd orr' o' thu
 Ach co cinnteach 's tha Ghealach,
 Ghrian' 's na reultan an sealladh na sul,
 Bid gach gealladh coimhliont dhcibh ;
 Cha bhi h-aon dhiubh gu siorruidh air chul.

Ged nach cuimhnicheadh mathair
 Maoth chioclaran, gradhach, a cuim ;
 Ged a chaochladh i nadur,
 Mar an struth anns an fhasach gun suim ;
 Ged a thuiteadh na sleibhtean,
 'S thar am bunait ged bheucadh na tuinn,
 Mairidh trocair an Ard Righ,
 Dholbh cha chaochail a ghradhsan a chaoidh.

Air an uile luchd 'saruich'
 Thig a chorruich, le sar—bhuillibh trom ;
 'N dream da'n robh iad nan traillibh,
 Bidh mar chlabar nan sraidean fuidh 'm bonn ;
 Cha bhi Righeachd no duthaich,
 Aig an casaibh, le umhlachd, nach crom ;
 'S ma bhios aon dhiubh a dhiulltas,
 'Sud a chorraich a dhruigheas nan com.

Fhionain thorraich o'n Eiphit—
 Mais' na falm'ainn gu leur thu aon uair;
 Ach rinn naimhdean do reubadh;
 Chaidh do challaid gu steidh thoirt a nuas,
 Chaidh do ghearradh o' d' fhreumhaibh;
 Chaidh gu h-iomlan do gheugan thoirt uait;
 Chaidh do spealtadh na d' mhoribh,
 Agus t-fhagail fuidh dhimeas gach sluaigh.

Ach le coimhlionadh geallaidh,
 Mach o'n fhreumh thig na failleinean maoth,
 Mar o'n chuillionn 's o'r darach,
 Ghleidheas brigh ged a ghearrar a chraobh:
 Thig gu dosrach fuidh bhlatu thu;
 Cha bhi samhla dha t-ailleachd 'san t-shoagh'l:
 Thig do chinnich fuidh do sgaile,
 'S ni do dhuilleach iad slan o' gach gaoid.

Chaidh cha ghearrar a nuas thu;
 Ann ad aghaidh cha bhuaidhaich ni's mo,
 'N dream a dheireas am fuath riut:
 Cha tig reodhadh, no fuar dhealt, ad' choir;
 Bridh na beatha sior ghluaisidh,
 O d' Bhunstuic mach feadh chuairtibh do phor;
 Sior chur toraidh is sruaidh ort;
 Sior chur neart, ann ad bhuaidhibh, is treoir.

Sruthaidh ionmhais na Neamh dhuit;
 Thig an dealta gu seimh ort a nuas;
 Fallain, cubhra, lan eifeachd,
 Mar an druchd, bheir na sleibhtean fuidh shnuadh,
 Dealraidh ailleachd na Grein ort;
 Solus beo thig o eudann le buaidh;
 Urail glan feadh do gheugan,
 Bidh na gaothan a seideadh gu buan.

Chur mi mhaise ort Fhionain,
 Chaidh cha'n fhaicear air crionadh ort geug ;
 Air do mheangla raibh lianmhor,
 Bidh na fiondhearcan lionmhor da reir,
 A ni na h-amair a lionadh,
 'S an cur thairis gu dian thar am beil,
 'Sa dhfhagas subhach gu siorruidh,
 Gach aon a gheibh dheth a riarruchadh fheum.

Ach mu'n tig oirn an Linn ud,
 Ann an iomlaineachd fhiorghloin a gloir',
 'S iomadh ni tha ri dheanamh,
 Mu'n tig crìoch air an ullachadh mhor ;
 'S iomadh truaigh th'air am bagradh,
 'N am do Chrìosd tigh'n a thagradh a choir,
 Air an t-sluagh dha nach strìochdadh,
 Is nach geilleadh da riaghlachadh foil.

Mar bha Noah roimh'n dile,
 Toirt na caismeachd, gu dileas, do'n t-shaogh'l ;
 Thug e mach orra dìteadh,
 Nach do ghabh iad mar fhirinn ri ghlaodh :
 Nuair a thainig na tuiltean,
 Ged a chunnaig iad uile cho faoin,
 'S bha 'n aimideachd ghorrach,
 Cha robh tearmunn aig oig no aig aois ;

'S amhluidh sud a thig peanas,
 Air an dream a ni fanoid 's an uairs',
 Air gach gairm, agus earail,
 Tha le durachd ga'n labhairt nan cluais ;
 Nuair a dhfhoillsichear Iosa,
 Bidh iad uil' air an dìteadh gu truaigh,
 Chionn gu d' rinneadh leo dimeas,
 Air gach teachdaireachd fhior chuir E uaidh'.

Nis tha mach iomadh teachdair,
 A toirt seachad na caismeachd do'n t-shluagh;
 Nis tha'n Trompaid ga seideadh,
 'S cluinnidh cinnich, is treubhan, a fuaim;
 Nis tha comharr' nan aimsir,
 Air a nochdadh, 's tha dearbhadh nach suail;
 Gu'm bheil, Latha 'gan leanmhuainn:
 Latha mor, Latha feirge an Uain!

Latha leagaidh nan uaibhreach;
 Latha thogail nan truaghan o'n lar:
 Latha theanal nan sguaban;
 Latha chnuasach na'm bagaidean lan;
 Latha fosglaidh nan uaighean,
 Chum a shluagh a thoirt fuasgailt o 'n bhas;
 Latha cheangal a choguil,
 Chum a losgadh o' bhun gus a bharr!

Latha thrioblaidean searbha;
 Latha dorchadais, carraid, is gruaim';
 Airc is chritheannan talmhainn;
 Gort is phlaighean is gairsniche tuar:
 Duineul deataich 's na Speuribh;
 Fuil is teine le cheile gan luasg';
 'N cuan 's na tonnan a beucadh;
 'S cridhe dhaoine gan treigsin ge cruaidh.

Iad gan treigsin gu buileach,
 Le bhi faicinn gach cunnart, is maoim,
 Nis tha cuartach' na Cruitheachd,
 Mar nach cuala, 's nach cluinnear a chaidh,
 'Nuair ni Babilon tuiteam
 Bidh compartaich a tuireadh, 'sa caoidh,
 Le bhi faicinn an earbsa,
 Ann an lasraichibh feirge, ga claidh.

Mu 'm bi thairis an luasg so,
 Ann an aradh nan cluntan theid dail :
 Theid na coltair a bhualadh,
 Dhionnsuidh ehlaidhean nan cruaidh bheuman bais
 Gheibh na corrain an nuadh-chruth,
 'S cha'n e sgathadh an uair sin an dan ;
 Nidhear sleaghan gu luath dhiubh;
 Bhios a casgairt nan sluagh anns an ar !

Gairmear Gog, agus Magog,
 Mesech, 's Tubal do'n arfhaich gu luath :
 Sluagh mar ghainneamh na traghad,
 'S iad, a treise an lamh, deanamh uail ;
 Leo theid Persia 'n ordugh ;
 Etiopia, 's Libia le'n sluagh ;
 Nasgaidh Gomer ri'n aireamh,
 Agus buidhnean Thogarma o thuath.

Thig iad uile le'n armachd ;
 Le'n cuid eachraidh, is charbad, is dhaoin',
 Mar na neoil a ni dorcha,
 Mar na locuist a dhfholcheas na raoin ;
 Ach an latha a mharbhaidh,
 'N uile neart, is an earbsa bidh faoin ;
 Theid iad sìos chum na talmhinn,
 'S gheibh na fireana sealbh air a maoin.

Gheibh iad buaidh air a' naimhdibh ;
 Cha bhi tuilleadh neach fann dhuibh, no sgith ;
 Ni iad ciomaich, is braighdean
 Do'n dream da'n robh iad na'm braighdean fuidh,
 Bidh na h-aingidh a chreach iad,
 Air an olaidh, 's air an creachadh a ris ;
 'N dream a reic iad mar thraillean,
 Theid an saltairt mar chlabar a sìos.

Caillidh droch dhaoine 'n inbhe,
 'S air an sliochd cha bhi iomradh a chaoidh ;
 Mar a chrionach, roimh 'n teine,
 'S amhluidh sin a bhios gineil nan daoi ;
 Bheir an doinionn air faldh iad,
 Mach a comunn, 's a crannchur nan saoi ;
 Dian mar chanach an t-sleibhe,
 No mar mholl air a sheideadh le gaoith.

Ruith mi 'n fhad so na m' chursa,
 'S tha mi dluth air co-dhunadh mo dhain ;
 'S an am bhi pasgadh mo chiuilchruit,
 Bheirinn carail le durachd, 's le gradh,
 Sibh a ghabhail gu curam,
 Deanamh faire, is urnuigh gach trath,
 Ag ath-cheannach na h-uine,
 Chuir sinn seachad gun churam, gun stath.

Striòchdte lubadh ar gluinean
 'N lathair Ceannaird, is Ugdhair ar slainte ;
 'N Aoin a dhfhurtaich air tus oirn,
 'N uair a bha sinn gun luiths air an lar ;
 'N Aoin san t-shlighe bheir iul dhuinn,
 Agus cridhe chum umhlachd na lathair ;
 'S bheir dhachaidh dha Chuir sinn,
 Ged a thuiteas na smur an tighams.

Triall gu h-iorasal macant',
 Ann an sligheannaibh taitneach na sith,
 Chum le mealltaireachd beairteis,
 Chaoidh nach buairear, 's nach glacar ar cridh ;
 Seasamh cruadalach gaisgeil,
 'N aghaidh buairidh, is peacaidh, is strith ;
 Le ar lochrannaibh laiste,
 Feitheamh foillseachaidh aithghearr an Righ !

DAN EMMANUEL.

CO-SFEIRM.

*Seinnibh dan a chliu bhibhuan,
Le cridh aobhneach ceol is duan ;
Crunaibh 'n ceol le cliu do'n Uan
Ar Tighearn Ios' Emmanuel.*

'S Gloir, is Gradh E measg a shluagh ;
'S Balla slaint E dhoibh mu'n cuairt ;
Ard Cheanniuil 'gan stiuireadh suas,
Gu sonas buan Emmanuel.

Cliu bibhuan 'san neamhaibh ard,
Biodh bo'n Uan, o'n d'fhuair sin slaint ;
'N Iobairt sith chuir crìoch air bas,
'S ar'n eirig phaigh Emmanuel.

Och ! bu chionail truagh ar cas,
Ann an geimhlibh cruaidh an sas,
Sinte 'n oidhche dhorch a bhais,
Gun soillse la, no camhanaich.

Ach Grian na fireantachd, na ghloir,
Dheirich suas, le boillsgeadh beo,
Theich an duibhre dorch, 's na neoil,
Roimh dhealradh gloir Emmanuel.

Ghrian an aigh ! o d' lanachd shuas,
Do gach al thig shlaint a nuas,
Mar an t-shiorruidheachd tha cuairt,
Do Sholuis buain Emmanuel.

Thùg am peacadh dhinn ar dealbh ;
Fhuair am bas, le cinnt, oirn sealbh ;
Snuadh, is mais' na naomhachd dhf halbh ;
Bu chruitheachd bhalbh gun anail sinn.

Ach gu brath biodh eliu do Dhia,
Thog an aird, a chum ar dion,
An Luibh sgaile chaoidh nach crion ;
Ar Grain 's ar Sgaith Emmanuel.

Tha gach cuis r tigh'n mu'n cuairt,
Mar tha 'n Scriptor naomh a' luaidh ;
N Comhfhurtair tha tighn a nuas,
Mar gheall da shluagh Emmanuel.

Bhrist thu cuing na daorsa dhinn ;
Thug thu 'n Spiorad naomha dhuinn,
Thoir gach ni a chum ar cuimhn',
A labhair ruinn Emmanuel.

Meod a thair 'sa chas ro chruaidh,
'N glaic a bhais an aite a shluaigh
Cha do lagaich, 's cha tug buaidh,
Air gradh do luaidh Emmanuel.

Ged a fhuair sinn leagadh truagh,
Trid an tug gach namh oirn buaidh,
Thainig saorsa shiorruidh bhuan,
Tre fhuil an Uain Emmanuel.

Ghleachd an Gaisgeach, 's gheill a namh,
Thug E chreach air ais gu slan ;
Bhristeadh cuibhricean a bhais,
Le cumhachd ard Emmanuel.

O gach peacadh gin, is gnìomh ;
O gach truaigh bha 'n toir oirn raimh ;
O gach namh 's o ifrinn shios,
Is Baile dìon Emmanuel.

Shaor E sinn le bhas o thruaigh ;
Air gach namhuid thug E buaidh ;
Cheannaich E dhuinn Oighreachd bhuan,
'S na neambaibh shuas Emmanuel.

Trid a bhais an reit ri Dia ;
 Bheir E chlann gun ghoimh gun ghiamh :
 Gheibh iad fàsghadh, blaths is' dìon,
 Fuidh sgaile sgiath Emmanuel.

Dheirich E le cinnt o 'n uaigh,
 Airson fireanachaidh shluaigh ;
 Nis air deis na Morachd shuas,
 'S Feartagraidh buan Emmanuel.

Fiosrach air gach truaigh, is bron,
 Tha ga 'r cuartachadh 's an fheoil,
 Bheir E fuasgladh, agus treoir,
 Do'n anam leoint Emmanuel.

Iosa Criosd, ar Sagart, ard,
 'N Lagh choimblion, 's ar fiachan phaigh ;
 Bidh ar 'n earbsa chaoidh na ghras ;
 Ar miann gu brath Emmanuel.

Iolach ard, le aiteas fìor,
 Togaibh dha 's gach uile thìr ;
 Bunidh gloir, is cliu gun chrìch,
 Do Iosa Criosd Emmanuel.

ORAN SHLOIN.

SEIRM.—“*Bla ye westln winds.*”

Air a tharruing o Bheurla Mhinister Dhonullich.

Air laoidhibh Shìoin binncheol ard ;
 Mo chairdean, togaibh suas ;
 Bidhibh ait an lath'r Rìgh-Chathair nan gràs,
 An Criosd Rìgh ard nan sluagh ;
 Ard mholaibh Dia, na chomhnuidh ta,
 An Sion tàmha a ruin ;
 Tha gnìomh a lamh ag innse ghràidh,
 Seinnibh 's gach crath dha cliu.

'N cuir teanga 'n rian, an rannohaint bhriagh,
 Mor throcair Dhia do dhaoim;
 'S an rannsuich sinne ghaol an Ios',
 'S sinn diblidh iosal faoin:
 'Nuair tha treun Aingil togail suas,
 Am fonnghuth buadhar ciuil,
 Hosannah ait do Rìgh nan sluagh,
 Gu brath do'n Uan biodh cliu.

O' n ceòl 'n dean anma saorte tamh,
 Ged bhiodh ar cail gun luth;
 'S an righich tost an Sion aigh,
 Is Rìgh a graidh dhi dluth?
 'Na Chrun tha prìomh nam blathan buaidh,
 Mu'n cuairt da mhailean gaoil,
 Don Ghaisgeach togadh Sion suas,
 Ard iolach, 's luaghair naomh.

Thugadh na naoimh fanear gu geur,
 An t-innleachd neamhuidh ard;
 An gaol thug Dia do dhaoim tre Chrìosd,
 'S e taosgadh fial o lathair;
 Na sruthain ghlan tha bras a falbh,
 Cur beatha 'n anma dhaoim,
 Ga 'n toirt gu inbh, o'n leagadh shearbh,
 Thar eolas marbh an t-shaogh'l.

Is aluinn rian cruth—oibre Dhiag
 Fuidh riaghladh glic a lamh;
 An run bhà ceilt air daoine riamh,
 Na ghliocas sìorruidh ard,
 Tha nise foillsicht' ann an Chrìosd,
 An t-innleachd sìorruidh gaoil,
 Chaidh innis, le Faidhibh riamh o chian,
 'Sa nis le Chrìosd do dhaoim'.

Iehobhah mor dhealbh innleachd slaint,
 'S o lathair chuir Aingil nuas
 Thoirt sgeul air slaint, o' al gu al,
 'S air fabhar tre gach gruaim;
 Ged thoill sinn fhearg, 's ann nochd E gb
 Ruith Aingil naomh gu luath,
 Le naigheachd sholasaich gach taobh,
 Do dhaoinibh ciontach truagh.

Iehobhah mor dhealbh innleachd slaint,
 'S o lathair chur Aingil nuas
 Is treud a lamh, sliochd Abraham,
 'S an Eiphit bha air chuairt,
 Le laimh ro- threin, a tigh na daors'
 Thug E le Maois a shluagh :
 Tre'n mhuir, 's tre n fhasach, sgith, 's thar raon;
 'S biadh Aingeal sgaoil mu'n cuairt.

Iehobhah mor dhealbh innleachd slaint,
 'S o' lathair chus Aingil nuas;
 Dh'hoillsich E thoil na throcair mhoir,
 Le guth bu sholuimt' fuaim;
 O mhullach Shinai, laist' fuidh neal,
 Tairneanaich Dhia ghrad ruith:
 Ri daoineibh labhair guth nam briathr'
 O 'n Bheinn 's i dian a crith.

Iehobhah mor dhealbh innleachd slaint',
 'S o lathair chur Aingeal nuas;
 'S an deigh dha fulang anns an fheoil,
 Chaidh E da Ghloir le buaidh;
 Do Iosa Criosd, an Solus fior,
 Nochd Dia an t-innleachd gaoil,
 'S tha Iosa Criosd le mais' gun ghiomh
 Ga fhoillseach' fal do dhaoin'.

Nis togaibh fonn le solas cridh,
 Air orain Shioin aigh.
 Air deas-laimh Dhia na Mhorachd shuas
 Nis, feuchaibh, Uan 'ur graidh :
 'N laimh or-thuisear lan do thuis,
 Is baigh na ghnuis ro chaomh ;
 Na tuirear o 'n eirich cubhra 'n smuid,
 Le urnuighibh na naomh.

Tre neul na tuis as cubhra fail',
 Tha'n t-Athair baigheil ruinn :
 Tha Aingil neamh le binnghuich ard,
 Gun sgios na lathair a seinn :
 Tha armait neamh a seinn gun tamh,
 Hosannah ait do 'n Triath
 A nise naoimhaibh anns gach ait,
 Sior arduichibh ur Dia.

Gleusaibh 'ur cail a chantuinn ciuil,
 Dia dheonach' iuil da 'r cridh!
 A chum gun cluinnte seirm 'ur dan,
 Gu h-ard, an lathair 'ur Righ ;
 'S gun eisdeadh Iosa Criosd, le tlachd,
 Ri 'r ceol is taitneach fuaim ;
 Cur neart, is blaths, na'r cridh le ghras ;
 Cur geilt gu brath fad uaibh.

DAN AIR TEACHD A BHREITHEAMH.

Canam dan air teachd a Bhreitheamh,
 'N Ti a chidhear air na nealaibh,
 Teachd le glair ro-mhor, 's le cumhachd,
 Chum a Chruitheachd thoirt fuidh riaghladh ;
 Tha E teachd an t-Oigre dligheach,
 Air a shlighe dhionnsuidh fhionlios ;
 'S bheir E breith neochlaon gun eucoir,
 Air gach aon, da reir a ghnìomhaibh.

Tagraidh E na fheirg ri naimhdibh,
 Ann an ceartas, teann, dolubaidh;
 'S ged a ghlaodhas iad nan teanntachd,
 Cha bhi freagradh ann dha'n urnuigh;
 Bheir E dhoibh mar thoill iad riamh air,
 Peanas, phintan trom, do-ghiulain:
 Mar an teine lasrach dian ruidh,
 Do'n asbhuan chrion bidh dreach a ghnuis dhoibh.

Criothnaichidh na sloigh na lathair;
 Cha bhi aite dion, no fasgaidh,
 Air an dream nach iarr na thrath E,
 Nuair tha tairgse ghrais a nasgaidh;
 Ach bidh fasgadh aig a chairdibh
 Caraid graidh an la na h-airc E:
 'S aimsir teanntachd i do Iacob;
 Ach, le laimhsan, tearnar aist' e.

C'ait an seas na h-aingidh thruaghadh—
 'N dream thug fuath do Rìgh na sìthe—
 'N dream a dhiult 'a thairgse luachmhor—
 'N dream a dhruid an cluas roimh 'n fhirinn,
 'N uair ni gaothan 's tuiltin bualadh
 Doiniann chruaidh, le buaireas millteach:
 'S bochd an steidh a ghainneamh fhuasgailt',
 Dhoibh cha chum i suas an didean.

'S iomadh earail dhileas, eudmhor,
 'S rabhadh geur, a fhair an saoghal,
 Chum an aingidheachd a threigsin,
 'S pilltin grad o'n ceuman claonadh,
 'S teicheadh luath chum dìon, is tearmuinn,
 Nuas mu'n deanadh fearg orr' taomadh;
 Ach cha chreideadh sluagh gun cheill,
 Gu'n robh gan ionnsuidh eug, no baoghal.

'N shaoghal truagh tha nise 'g osnaich;
 Buailt' le cogadh gort, is plaighean,
 'S mu'm bi'n iomghaoth bhuan so thairis,
 Iomadh cluan bidh fala mh fasail:
 Iomadh craobh bidh erion fuidh sgathaich;
 Iomadh raon, is dail, gun aiteach;
 Iomadh aon bidh sint' ri talamh,
 Call na fala, air an arfhaich.

hoibh.

Tha na neoil tigh'n dluth fuidh snagnath,
 'S coltas feirge air na speuran;
 Thug an stoirm a fois o' n fhairge;
 'N cuan le thonnaibh garbh tha beucaich
 Mach tha glaodh air feadh na talmhainn;
 Fuaim, is gaoir, ro-shearbh ri eisdeachd;
 Teanal righeachdan fuidh'n armachd,
 Chum an air bhios garg na dheigh so.

Ciod a dhfhag cho trom fuidh uamhann
 Cinnich bha cho uaibhreach laidir?
 Nis mar earb air sliabh 'ga ruagadh,
 'S na coin-sheilg gu luath ri sailuibh:
 Iad mar chraoibh le stoirm 'ga fuasgladh,
 No mar luing air cuan an gabhadh;
 Air a tulgadh thuig is uaidhe,
 'S o gach stuagh, an cunnart bathaidh.

'Bheil an t-ar o chein chaidh ainmeach'?
 Latha searbh sin Armagedoin,
 Nis air toiseachadh na'r aimsir;
 Latha mor a mharbhaidh dheisneich,
 'S an teanail na sloigh fuidh 'n armachd,
 'S o'n toir Sith air falbh a ceuman,
 'S am bi'n fhuil a bruchdadh mach,
 Gu sreinn nan each mu'm bi ann geilleadh.

Nis tha cinnich laidir uaibhreach,
 Le tron uamhasaibh 'ga'n glacadh :
 Lamb mu laimb gu teann ag iadheadh :
 Cha dean sud an crìoch a bhacadh :
 Nis tha'n cupan fiont' le dolas ;
 Olaidh iad dheth, dheoin, no dhaindeoin ;
 Ach a dheasguinean gheibh Sesach,
 Searbh, le dublach' pein, is peanais.

'N dream a mheall an saogh'l, le'm breugaibh,
 Tilgear sios le cheile combhuath ;
 'Tuitidh iad 's ni 's mo cha 'n eirich :
 Ni 's fhaide cha gheill na sloigh dhiobh :
 Tilgear beo do'n ionad chlaoidh iad,
 Far am faigh iad luidheachd do bheairt
 Cha dian seoltachd, neart, no druidheachd,
 Iad o chorruidh Rìgh na gloire.

Babilon mhor dhealbhach tuitidh ;
 Cha dian a eumbachd o'n fheirg i ;
 Thig a gloir 'sa cliu gu h-uile,
 Chum na buir' mar dhuilleig sheargte ;
 'N la na doruinn, 's na cruaidh airce,
 H-uaille, a neart, 'sa beairteas falbhaidh ;
 Tilgear sios i grad o bunait,
 Mar chloich-mhuilinn tilgt' san fhairge.

'S truagh do'n Chaithir mhoir mhi-dhiadhaidh
 Thig a crìoch 's cha'n ann gun doruinn ;
 Fearg is corruich gharg neochriochnach,
 Teine, 's pronnusg sios orr' dortear ;
 Peanas tiomail, agus siorruidh,
 Bidh mar dhiol da gnìomhaibh neoghlan :
 'N cupan geur a rinn i lionadh,
 Gheibh i fein le meod a dholais.

'N dream le sogh a rinneadh saibhir,
 Sea-saidh fad o' laimh fuidh uamhann :
 Gul 'sa caoidh airson a leirsgrios ;
 Dearcadh geur air meod a tuairgnidh,
 Och ! mo thruaighe cliu an domhain,
 'Gol gu domhain gruid na cuaiche ;
 'Nuair a dhfhalbh do neart, is t-onair,
 Dhfhalbh gu neoni duil ur buannachd.

Cionnus thanig crìoch, co aithghearr,
 Air a Chaithir bhia cho ainmeil :
 A rinn saibhir leis gach malairt,
 Uile cheannaichean na talmhainn,
 'San robh pailteas dheth gach storas,
 Bheireadh solas da luceanmhainn :
 Dhfhalbh i fein 'sa buannachd comhluath,
 Cha chuir sluagh ni's mo innt' earbsa.

Ach bheir Dia da Shioin fuasgladh,
 As gach teanntachd. truaigh 's eiginn ;
 Cha bhi h-aon air chall deth shluaghsa,
 Ann am bhi deanamh suas a sheudan :
 Ann a' moralachd a h-uaisle,
 Theid Bean phosda 'n Uain na h-eideadh,
 Ann a mais' nan seud, 's na neamhnuid'
 Airson comhdhail thoirt da Ceile.

Cha'n fhaicear ni's mo i faontrach,
 Ann an daors', air bheagan dochais ;
 Tiormaichear na deoir o suilibh ;
 Cha'n fhaicear i tursach, bronach ;
 Cha bhi Ceile gaoil air chall oir',
 'S cha bhi clann a mach air fogradh ;
 Bidh i 'n taic ri Fear a graidh ann,
 'Sa chaoidh fuidh sgaile mealtuinn solais.

AIR LATHAIREACHD DHIA.

Mar a shileas na frasan gu fial,
 'S mar a dhealras a ghrian air an fhonn,
 A toirt fas air na chinneas o fhriamh,
 A cur ur-ghean, is sgiomb air gu bhonn ;
 'S ann mar sin dhuinn tha lathaireachd Dhia,
 Ged a bhiodhmaid gu h-iarguinneach trom,
 Tha na dheaghean dhuinn beatha gu fìor,
 Mar tha sgrìobht' dhuinn am briathraibh nam fonn.

Bheir sud danachd, is toil dhuinn gu gnìomh,
 Gu bhì 'g obair san fhionlios le deoin,
 A cuir airgead ar Maistir air riagh,
 Gus an gairm e na fhianuis na sloigh ;
 Bheir sud caochladh air tiormachd ar sian,
 'S thig am fochann neochrian troimh an fhoid,
 As an eirich gu'n dochann an dias,
 Bhios fuìdh thoradh neoghiomhail fadheoidh.

Ni sud suarach 'nar sealladh an saogh'l,
 Le chuid faileasan faoine gu'n stath,
 Nach dean buannachd do neach bheir dhoibh gaol,
 'S nach dean anam a shaoradh o'n bhas ;
 Ni e luachmhor gu brath leinn a mhaoin,
 A chomhpàirtaicheadh saor ruinn tre ghras,
 Chaidh nach failnich, 's nach diobair, 's nach
 traigh,
 As a cheile ged sgaoilte 'n tigh tamhs'.

Ni sud fairsing ar cridheachan teann,
 Agus bheir e ur-labhradh da'r beil,
 Bheir e urach do'n anam bhios fann,
 Mar ni 'n druchd ann san t-samhradh do'n deis
 Bheir e suaimhneas, is aobhneas nach gann,
 A bheir buaidh air gach teanntachd is eis,
 Bheir e luathas dhuinn mar eilde nam beann,
 Gu bhì-siubhal neo-mhall ann's an reis.

Ged a thigeadh le feachd oirn ar namh,
 Aig a bhumibh buaidh larach cha bhiodh,
 Bidh sud tharainn mar bhrataich an aird,
 'S ni e'n t-anam neosgathach san stri ;
 Ni e dian dhuinn o ionsuidhibh bais,
 Bheir e luths agus tabhachd da'r criodh ;
 'N am teantachd thig cobhair na thra,
 Dhuinn o Ughdar na slainte, 's na sith.

Ged a thigeadh a ionmhas an fhuachd,
 Duibhreadh, doinninn, is cruaidh reodha geur,
 'S ged a dh' iadhadh na neoil oirn mu'n cuairt,
 Cleith an t-soluis gu truagh air an ceum ;
 Bheir sud caochladh gu grad air an gruaim,
 'S ni e'n sgapadh gu luath as a cheil,
 'S gheabh an t-anam ur-ghairdeachas buan,
 Ann an dealradh glan buadhar na Grein.

Ged a criochnacheas tiom, 's ged thig gairm,
 Air ar 'n anam a mach as a chre,
 'S ged a chaidleas an duslach so balbh,
 'N com na talmhainn fuidh chumhachd an eig ;
 Bheir sud misneach, is deoin dhuinn gu falbh,
 Cha bhi 'n sgaradh ud searbh dhuinn, no geur,
 Bheir sud sonas is glair dhuinn nach searg,
 'N comunn solasach, dealrach nan neamh.

Saor o pheacannaibh gin, agus gniomh,
 Saor o eagal, o iarguinn, 's o bhron,
 Saor o acras, o thart, is o sgios,
 'S o gach trioblaid bha riann oirn an toir ;
 'N uair a dh'fhagas an t-anam a cria,
 Gheibh e lathaireachd Dhia ann an Gloir,
 Ann an lanachd fìor sholuis gun crìoch,
 'S cha toir neoil e as fhianuis ni's mo.

LAOIDH AIR LATHAIREACHD DHIA.

FONN.—*Banks of the Dee.*

LE DONULL DONULLACH, MIN'R.

Air lathaireachd Iehobhah bhi seinn tha e taitneach,
 Do dhream a thuair eolas is fiosrachadh geur,
 A dhfhiosraich a bhaigh, is a ghradh, is a fhreasdal
 Ga'n lianadh le solas, sa tiormach gach deur :
 Tha fas air a ghras doibh, le danachd a chreideamh
 Mar dhruhd a tha tla, agus blath air an fheasgar
 Cha'n eil brigh ann an ni, ach le lathaireachd gun
 teagamh,
 Tha toradh a lathaireachd air fhagail na dheigh.

Cait am bheil ait ann san athricheadh tu teagamh ?
 Mu lathaireachd bhi ghna ann, mar b' amhaist chein,
 O shiorruidheachd, gu shiorruidheachd, th' hair-
 eachd ro-sheasmach,
 Mar bha i, sann tha i, 'sa bhidheas nar deigh ;
 Cha'n fhacadh, 's cha chualadh tu riamh air ach
 soisgeul
 Tha mhaise, sa mhorachd, mar a ghrian, steach fuidh
 fhasgadh
 Tha fiorghlaine ghloire, 'sa mhorachd neo-fhaicsneach,
 Do shuilibh luchd aitich an t-saoghail so gu leir.

Tha diamh' reachdan mora an stor aig an tasgaidh ;
 Ach buinidh an eolas, 'san morachd dha ghaol :
 Tha nithean neo-fhaics' neach o thus gun aon bhacadh,
 Ri'n tuigsinn gu soilleir, o thoiseach an t-saoghail :
 A chruitheachd a th'ann, le fior rannsachadh beachdail,
 Toirt eolais nach gann dhuinn, o'n ordugh ro-reachdail,
 Air, na chumhachd, 's na dhiadhidheachd fhior gun
 aon teagamh
 Air fhagail aig duine, na cinneach, fuidh'n ghrein.

Seall usa sna speuraibh gu geur, agus beacaich,
 Air grein, is air gealaich, 's air reultan nach gann.
 Agus abair, ma's aill leat bhi fíor ann ad fhacail,
 'M bheil dearbhadh air lathaireachd Iehobhah sna
 th'ann?

Tha'n ordugh ro-rianail, 's ro-chiatach ri'm faicinn
 Cumail an reis, ann san treine a th' acadh;
 Toirt fianuis gach ial ann san speur, air an astar,
 Air lathaireachd Iehobhah, tha beo ann sgach am.

Cluinn beucaich a chuain le chuin stuaghannibh fada,
 Ga'n iomain, 's gan luasgadh, le tuath-ghaodh nam
 beann,

Is breith'níoh mu lathaireachd, is tabhachd a chumachd,
 Tha fuadach nan uisgeachan buanadh nan deann:
 Nach bheil cumhachd ro-threin ann san speur nach
 gabh bacadh,

A reub' as a cheile nan neul, is gan sgapadh;
 Nuair 's aill leis, gun dail ní aithne an casgadh,
 'S bidhidh ciuneas, is fe, ann san t-saoghal gu cheann.

Na marichean laidir ge h-uaibhreach, 's ge reasgach,
 Nuair bheucas an fhairge le buirb orra teann,
 Tha'm misneach gam fagail, 's tha lathaireachd an
 Fhreasdail,

Ga'n neartachadh ghna, ged tha tuiltean nan deann:
 Tha'n glaothaich ro-chruaidh, mar is dual do luchd
 eagail,

'N duil gu'm bidh trocair, le deoin dhoibh, is freagrachd:
 Ged is suarach air uairibh leo gairm an lachd teagaisg,
 Tha'n uabhar, san tabhachd, gun dail aig an ceann.

'S lianmhor gu leoir na tha'n toir oirn gun teagamh,
 Do dh'fhuile, is do dhobheirt, 's do thrioblaidibh cruaidh
 Gu'n fhasgadh an ait dhuinn ach fuidh lathaireachd an
 Fhreasdail,

Chum tamh, agus fois, agus socair bhíbhuan:

Cha'n eil beud fuidh'n ghrein nach bheil leirsneach na shealladh,
Tha ghurdean ro-threin, tha e reir's mar tha ghealladh,
Ann an tabhachd a ghraidh, gun fhailing, gun mhealladh
Toirt fhasgadh le baigh, mar o stoirmibh a chuain.

Tha lathaireachd a ghna, mar tha fhreasdal, ro-sheasmhach,
Do'n dream a thuir coir air an dochas chuir ann;
Cha treig e nan coir iad, ach 's deoin leis am freagrachd,
Toirt fuasgladh ro-mhor dhoibh, is dochas nach gann:
Tha'n t-ordugh, 's an rian a bha riamh ann sa chruitheachd,
Mar fhianuis ro-mhor, air gach doigh, oirn a ruigheachd,
An deo th' ann sgach beò tha na laimhsa, gun duileachd,
'S an cridhe ga thiondadh mar 's aill leis gach am.

Tha bhith, is a lathaireachd, 's gach aite sa chruitheachd,
Gun ionad gun aiteach le lathaireachd neo-ghann,
Tha fhreasdal mu'n cuairt duinn mar dhian, is mar fhasgadh,
Gu'r tearnadh o'r naimhdean, ge lianmhor iad ann;
Tha ar naimhdean a ghna gun aon tamh, na gun chneasdachd
An toir oirn le deoin, is le dobheirt ro-reasgach;
Chum ar claoidh tha na daoi; ach diamhaireachd
Freasdail,
Tha dluth mar luibh-sgaile fuidh'n tamh sinn gach am.

Is sona, 's is priseil an nì bhì fuidh fhreasdal,
'S creidsin bhì m'fabhar, fuidh lathaireachd gach uair;
Cuir earbsa gu cinnteach gach trom ann a fhocal,
Sa 'g eisdeachd le caileachd ri torman nan duan:
'S i lathaireachd ro-ghrasmor tha blath 'dhuinn gun teagamh,
Le fiosrachadh ghraidh dhuinn, le baigh is le beadradh,
Toirt leirsinn ro-gheur dhuinn air eifeachd an t-soisgeil,
'S am fosglair dhuinn seula a chumhantaidh nuadh.

An t-anam chaidh dhusgadh, 's tha dluth ris mar pheacach
 Tha uamhunn ro-mhor air, 's gun choir aig air sith,
 'Se teicheadh a b'aill leis, 'se craiteach fuidh eagal,
 'S e dorinneach, leointe, gun eolas, gun chli :
 Tha peacanain oige mar chleoc air am pasgadh,
 Is ceartas an toir air, 's e bronach gun fhasgadh,
 Tha e stri 's e gun chli, 's e gun tabhachd gun tapadh,
 Tha ghnuis a bha aghmhór fas uaine gun lith.

Tha sealladh an tra sin ro-ghraneil air peacadh,
 Ge blasd e do'n chaileachd, an am chuir an gnìomh,
 Tha nise an lathaireachd, nach b'aill leis a chreidsinn,
 Dariribh dha dearbta, 's e bronach fuidh fhiamh :
 Ge do shaoil leis gu'm b'amhluidh dha shamla fein
 fhaicinn
 Ann an Dia tha mar ghrian ; lan dearbhadh nach taitinn
 Ris, aon bheud, tha gun cheill, tighinn o bhreuna na
 h-acuinn
 Tha 'g oibreachadh ann sgach trail tha gun sgiambh.

An t-anam bha diteadh fuidh bhinne a cheartuis,
 'Sa dhf hiosraich sar-fhuasgladh o dhoruin, 's o phein,
 Tha nise an lathaireachd bha dha mar chuis eagail,
 Ro-thaitneach, 's ro-bhaighail, 's ro-ghradhach gun
 bheud :

An ni bha cuir sga air, 's e ghna fuidh throm-bhagradh,
 Tha nise ro-bhlath leis, 's e dana ris a tagradh,
 'S dhalbh fhiamh, mar an t-sian, bhios gu h-iargallt a
 saddadh,
 'S tha'n solus a dealradh mar shoillareachd grein.

'Sa nise gach teanntachd, is geambradh neo-athach,
 Bha tacdadh gach fuaran, le cruaidh-rotha geur,
 Tha'n geatachan cruadhach, 'sam fuar-chroinn ga'n
 spealtadh,
 Le caomhalacd ghrasmhor na lathaireachd ni feum ;

Tha lathaireachd a ghraidh nis le baigh, is le beadradh,
Ga'n taladh ris dluth, 's an cuid urnuighean ga'm
freagradh,

Tha'n durachd so ur dhoibh, 's an gradh tha e seasmhach,
'S an cridh, ris nach lubadh, bheir umhlachd is geill.

Tha'n tuigse le eolas gu mor ann am fairsneachd,
Tha'n naimhdeas air fhogradh, is dobheirt a chridh ;
Tha buaidhean an anama gu leir air an ceartach ;
'S tha gras gu ro-thla cuir ann cail, agus clith ;
Tha creideamh, is gradh ann le baighealachd Freasdail ;
Tha dochas ro-bheo ann le deoas ro-sheasgair ;
Cha 'u bheil maoin nach bheil saor dha, ged aomadh
air fasgar,
'S tha'n oighreachd ro-dhainicht fuidh bhanntan an Rìgh.

Tha lathaireachd Iehobhah ro-bheo leis an t-soisgeul,
'Nuair a dhoirteas e pailteas dheth ghradh air a cridh,
Tha'n fuianuis tha beo ann an stor aig na creidmhiach,
Tha'm Mac aig gach beo gun aon doigh air bhi cli ;
Tha caomhalachd gaoil duinn, 's e saor, is a nasgaidh,
Toirt flanuis gu leoir air an stor : tha'n tasgaidh,
Ann am moralachd gloire 'm bheil dochas ri fasgadh,
Fuidh lathaireachd a ghraidh, gun aon failling na dith.

Tha lathaireachd an tras mar luibh-sgail fuidh'm bheil
socair

An teuranntachd tha sinn, le 'r fiosrachadh fein,
Tha dochas a ghloire ga'r comhdach mar choron ;
Tha fhocal dhuinn beo, is mar sholus da'r ceum ;
Ged is caomh linn a ghaol ann 'sau t-saoghal sa mu
fheasgar,

Tha inbh ann ni's aird am bi chlann ann gu seasgair,
Ann an aoidhealachd gaoil bidh a lathaireachd am
feasd ann,

Ann an oirdheirgeas gloire, 's uainn siobaidh gach deur.

Ch
A
N
A
A
Ch
Na
A

Sea
An
Sea
Fog
Tha
Tha
Tha
Tho

Tha
Air
Tha
Fuid
Tha
A de
'S ch

Nach

Nach
Nach
Ach t
Thaob
Cha'n
'S cha
'S ged
Tha'n

MORACHD MAITHEAS DHIA.

Cionnus a chaoidh a dheanainse aithris,
 Air shocharean lionmhor a ghraidh dhomb,
 Na chuirinnse duil an iul m'fhein anail,
 A dh'fhoilseachadh nithe do-ransuight' ?
 An urrain do'n chreutair bhreun neo-choilant,
 Chaoidh luaidh orr' uile le bhardach,
 Na fhaicinn gach duil, le shuil fuidh mhala,
 A rinnadh le cumhachd an Ard Righ ?

Seallibh gu geur sna speuraibh, 's abribh,
 An urrain do dhuine an ransugh ?
 Seallibh sa ghrein, 'se 'geiridh maduinneach,
 Fogradh na duibhre fuidh cheannsachd :
 Tha chumhachd ro-threin, san speur gach latha,
 Tha theas cuir air theicheadh a gheamhruidh
 Tha thlus, is a bhlathas cuir cail sgach anail
 Thoirt cliu do Thighearn an t'samhruidh.

Tha ghealach, 's gach reult, san speur ri aithris
 Air cumhachd, 's air gliocas do-ransuicht' ;
 Tha'n solus na sgleo, mar cheo, 's mar fhaileas
 Fuidh sholus na greine na dhealradh ;
 Tha'n solus gu leir, o'n Trein-Fhear cheartais,
 A dealradh a latha, sa dh'oidheche ;
 'S cha'n aithne dhomb fein aon cheum dheth'n chru-
 itheachd
 Nach facadh an solus a dealradh.

Nach graineil gu'n chial u shiol na narach
 Nach fuilingan teas, na an dealradh ;
 Ach teicheadh 's gach froig, an lontibh salach,
 Thaobh gne, 's thaobh cleachda is annsachd ;
 Cha'n eil ann sa ghrein e fein ach faileas,
 'S cha'n eil ann sa ghealaich ach samhlahd ;
 'S ged tha ann sgach reult san speur a sholus,
 Tha'n Solus neo-chruicht ni's dealruich'.

Mar urrainn mi ghrian san iarmailt fhairsinn,
 A ghealach, 'sna reultan ro-arda,
 A chuir ann an rian, fuidh riaghailt an astair,
 Chum labhairt, le cinntealachd caint orr';
 Cionnus a dh'fheuchadh creutairean dalla,
 Ri gliocas a Chruithair a ransach;
 Na labhairt le'm beul gu'r leir dhoibh astar,
 Measg oibre neo-chrìochnach, do-ransuicht'?

Tha leabhar an laimh an Ti th'air a chathair,
 'Se glaiste, se seulaichte, daingicht';
 Is ghuil e gu dian an diaghair tareis,
 'S gun neach ann a dh'fhuasgladh a bhanntan;
 Tha leabhar na diagbidheachd riamh air a ghlasadh;
 Tha sheulachan dlu air an daineach;
 'S cha robh e fuidh'n ghrein aon chreutair b'urrain,
 A sheulachan fhuasgladh, sa laimhseach.

Ach labhair an t-Aosda gaoil gu cionail,
 Na guil, oir tha sgeul air Fear daimhail;
 Leomhan Threub Iuda, 'n t-Uan gun mhearachd,
 A bhuaidhich a ghlacadh, sa laimhseach;
 A dh'fhuasgladh a sheulachan geur na'n seachdnar,
 Sa thaosgadh a sholuis le dealradh,
 Is chidhe gach duil 's gach, suil sa chruthidheachd;
 'S bidhidh treubhan na talmhuin fuidh amhladh.

Nise luchd gaoil, tha'n aonachd spioradail,
 Seallibh sna speuribh fuidh dhearladh,
 Is chidh sibh an t-Uan le suil a chreideamh,
 'Se tagradh ar cuisean, ro-chairdeil;
 Seallibh air Grian na h-iarmailt fhathail,
 Na Firinntachd fhior, 's cha samhladh,
 Is gabhibh na thra ri ghradh, 's ri sholus,
 'S cha'n fhiosruich sibh fuarachd na teantachd.

Ach
 'S th
 Nis r
 Is gh
 Oir in
 Deag
 Oir r
 Am b

Is grian 's is sgiath Iehobhah fhlaithneis;
 'Si 'n Eglais a gheulach fuidh dhearladh;
 'S na h-aingil 's iad reultan speur an t-soluis
 Thoirt teaguisg, 's thoirt earail, chum tearnuidh
 'Sa nise tha ghaol, mar thaosge soluis,
 Air chriodhachibh chreideach neo-fhalsadh;
 A ghleusadh an cail, le blathas na h-anail,
 Chum cliu thoirt le'n guthanibh arda.

Ach seallibh gu dlu le'r run, 's le'r tuigse,
 Air innleachd ro fairsinn na slainte,
 Tha ruigheachd feadh chriochaibh cian na cruidhachd,
 'S co chuireas gu coiliontadh cainnt air?
 Tha buaidhean ro-oirdheirg, 's gloir a Chruighear,
 Gu'n chosamhlachd idir, na samhladh;
 Dealradh an gnuis ro-chiuin an Tighearn,
 Is teichidh gach faileas roimh dhearladh.

Seallaibh gu'n dail an stapul Bhethalem
 'S faicibh ann Leanamh gu'n samhladh,
 Is abribh, ma's aill libh dan a labhairt,
 Nach soileir an taisbeanadh graidh e?
 Aon ghin Mhic Dhia, ro-iosal buileach,
 'Se gun mhuirn, 's gun bheadradh, 's gun bhaigh ris;
 Ach iosal air lar, fuidh thair nam beartach,
 Ghabh tamh, mar a chleachd iad, san ard-thigh.

Ach chuir iad air failt gun dail na h-aingil,
 'S thug sgeul air a theachd chum ar slainte;
 Nis rachaibh gun dail fuidh sga a bhrataich,
 Is gheibh sibh e coiliant' mar gheall e:
 Oir innseam dhuibh sgeul, deir beul an Aingil;
 Deagh sgeul, bhios gun chrioch is gun cheann air;
 Oir rugadh dhuibh Slanuighear graidh; an Tighearn
 Am baile a gheallaidh, Rìgh Daibhidh.

'N sin sheinn iad gun gho an comhlan Aingeal,
 Gun robh gloir do Dhia ann sna h-airdibh :
 Air thalamb gun robh sith, 'sgach linn, a mhaireas,
 Is deagh ghean do dhaoineibh, is cairdeas ;
 Tha'n fhianuis so fìor am briathribh fallain,
 Rinn Buachalean Bheth'lem a dhaingneach,
 Oir th'fhuair iad e fein 'm bratspeilidh 'm prasaich,
 Mar labhair an t-Aingeal, le chaint riu.

Gu'n soilsicheadh Dia ar ciall, 's ar tuigse,
 Gu'm faiceadhmid taisbean a ghraidh dhuinn,
 An isleachadh Chriosd, bha'm pian, 's an fulangais,
 Mar dhearbhadh ro-shoileir a bhaigh ruinn ;
 Oir dhiulain an Treunfhear fein, fuidh mhasladh,
 Ar peacainean lianmhor, 's ro oilteil ;
 Is dhoirt e gu tla fhuil bhath sa mhachair,
 Fuidh'n chorruch, bha sinne a toiltinn.

Seallaibh gu dlu, is lubibh taris dha ;
 Seallaibh air Criosd ann an teantachd ;
 Fullang nar'n aite, ga fhasg, 's ga theannachadh,
 Fuidh'r peacanaibh lian-mhor mar bheantuibh ;
 Anam an sas, gu'n tadh, gu'n lasachadh,
 Is trioblaid aig iadhachd gu teann air ;
 Pian ifrinn, is eangach bais ga ghlacadh :
 Ach ghrad thanig crìoch, agus ceann orr'

Nis abraighe le taingealachd bhla bhuir crìodh,
 Nach robh e na shaibhreas a ghraidh dhuinn ?
 An Leanamh ro-naomh an aite pheacach,
 Is ceartas ga agairt, gun bhaigh ris ;
 Oir thilg se e fein sa bheum gu gaisgeil,
 Is luidh e fuidh 'n chorruch, gu'r tearnachd ;
 Is choisin e bhnaidh, an t-Uan, thar ifrinn,
 'S tha reite ann do pheacuich, is slainte.

C
A
O
A
Ch
Ac
Ac
Ch

Cha
Tha
Tha
Tha
Tha

Gun
Nis
Tha

Co nise ni airis, le geasdachd tuigse,
 Air innleachd neo-chriochnach a ghraidh dhuinn?
 Oir 's faileas, 'sis sgleo, gach seoltachd pheucach,
 An coineas ri innleachd a ghraidh dhuinn:
 Cha 'n eil ann 's gach ceum deth bheus nim pheucach
 Ach oibrigh ro-dhiamhuin, chum tearnadh;
 Ach faicibh am pian, Machd Dia, fullang,
 Chum ceartas a riarach, sa dhaineach.

Chaidh innleachd neo-chriochnach Dhia thar tuigse,
 Thar eolas 's thar comas ar ranntachd;
 Tha dhoimhneachd ro-mhor, 'sa airde thar tomhas;
 Tha leud, agus fhad dhuinn, do-rannsuicht':
 Tha gradh dhuinn o shiorruichd cian riomh 'n
 cruitheachd,
 Gun chaochladh gun atharach, gun tiondadh;
 Nis moladh gu siorruidh do 'n Trianaid Bheanught
 Tha dortadh dheth tomhas nach gann dhuinn.

'N CARAID GAOLACH.

Sud am peacadh a dhruigh oirn,
 Brist-eadh cumhnant nan gnìomh
 Thug e truaigh agus bas oirn,
 Ghlac an namh sinn na lion;
 Chaill sinn neo-chiont ar naduir,
 Thainig nair oirn is fiamh;
 Chaill sinn coir air a Gharadh—
 'N Lios a b'aille bh'ann riamh.

'S goirt an leagadh a fhuar sinn,
 'S iomadh truaigh tha na dhail,
 'S iomadh trioblaid tha fuaidht ris,
 Dha gach sluagh agus al;
 Mar bheir dubh—reodhadh ceiteun
 Bhar nan geugan am blath;
 Thug am peacadh ar sgiomb dhinn,
 Chaill sinn iomhaidh a ghradh.

B'e sud aobhar a mhulaid—
 Fath an tuiridh 's a chraidh—
 Inbhe thrailleil an duine
 Bh'ann an urram cho ard ;
 Ruisgt' dheth fhireantachd buileach,
 Strith mar b'urrainn a lamh ;
 Fuaihdeal duilleach nam fig—chrann,
 Comdhach diblidh dha nair !

Cha bu bhinn leis an duine,
 Guth a Chruithear o'n aird,
 Anns a Gharadh ag imeachd,
 Ann am fionnfhuachd an la,
 Ghabh e fiamh agus eagal ;
 Dhiarr e teicheadh o lathair,
 Oh an duainidheachd sgreatuidh
 Thug am peacadh na dhail !

Aite falaich cha d-fhuair e,
 Ann an uaigneas nan craobh,
 Labhair Dia C'ait am bheil thu,
 B'eigin freagairt da'n ghlaodh,
 Cha robh slauuchadh easbhuidh,
 Anns na leithsgeulaibh faoin :
 Bha e domhain 's na fiachaibh
 Cia mar dhiolt iad gun mhaoin ?

Chaill e coir air gach sonas,
 Coir air comunn ri Dia,
 B'e a dhìom 'sa bhuan chorruih,
 Duais is toradh a ghniomh ;
 Slighe craoibhe na beatha,
 Bha an cleith air o ehian ;
 Dhi cha'n fhaodadh e blasad,
 'S claidheamh lasrach ga dion.

Ach bha'n Comhairl' an Trianaid,
 Cumhnant diomhair nan gras,
 Air a shonruch 'o shiorruidheachd,
 Innleachd fialaidh na slaint—
 'S am bheil seulaicht fuidh laimh dhuinn,
 Gloir is aoibhneas ni 's aird,
 No bhiodh againn na'r ceud chruth,
 Ann an Eden nam blath.

Fhuair ar sinnsir 'nan trioblaid,
 Iul is misneach o Dhia,
 Iul air maduinn na soillse,
 Sgapadh duibhre nan nial,
 Fhuair iad aobhar toilinntin;
 Gealladh cinnteach air Siol,
 Le'n dreadh satan a shaltairt,
 Ann an aithghearrachd sìos.

'Nuair bha'n uine coimhlionta,
 Dheirtch Griann air na sloigh,
 Cha robh'n gealladh air diehuimhn',
 Thainig Criosd anns an fheoil;
 Aon ghin ungte an Athar,
 Mhiann 'sa thlachd air gach doigh;
 Iomhaidh fhior o na h ardaibh,
 Agus dealradh a' ghloir'.

Faic a Naoidhean a b'aille,
 Biamh a thainig do'n t-saogh'l,
 Air a bhreith anns an Stapull,
 Mach o ailghios chloinn daoin;
 'S an tigh-òsd cha robh aite,
 Dha'n a charaid bha caomh;
 No dha'n Naoidhean bha'm pasgadh,
 Anns a phrasaich ri'n taobh.

Anns a Bhaile 'n robh Daibhidh,
 Rugadh Slanuighear dhuinn,
 B' fhonnmhor fhait' aig na h-aingeil,
 Air an fhaiche ga seinn,
 Gloir do Dhia anns na h-ardaibh;
 Sith is gras do gach linn;
 Riamh an cualas air thalamb,
 Ceol cho maiseach 's cho binn?

Cha do ghradhaich an saoghal,
 'N Caraid gaolach ud riamh,
 Rinn iad dimeas is tair air,
 Ghaol no chairdeas cha d'iarr:
 'S ann bha farmad is eud ris,
 Annt ag eiridh cho dian,
 'S nach bu lugha na chasgairt,
 Chuireadh casg air a miann.

Ged a thainig an t-Aon ud,
 Chum an t-saoghail so nuas,
 Cha b'e ailghios chloinn daoine,
 Ach a chaoirich bha uaith',
 Ged bu dochair dha'n tasdar,
 Shir e mach iad is fhuair;
 Oh an gaol a rinn aomadh,
 Dhionnsuidh saothair cho cruaidh!

'S iomadh deuchainn is cruadal
 Troimh'n deach Buachail an treud,
 Anns nach grunnaich ar smuaintean,
 'S air nach cuala sinn sgeul:
 Dh'fheuch an namh ris le bhuiribh,
 Iomadh uair gu ro-gheur!
 'S chur e buirbe nan uaibhreach,
 Uil' air ghluasad na dheigh!—

Anns an Lios thar Struth Chedroin,
 Ged bha dheuchainn thar luaigh,
 Bruchdadh'mach ged bha f hallas,
 Anns an teannuchadh chruaidh ;
 Bras mar bhraon-bhoinnean fala,
 Sios gu talamh mu chuairt,
 Ann a morachd a ghaisge,
 Sheas is ghleachd e gu buaidh !

Chaidh e codhail gach baoghal,
 Chum gu'n saoradh e chlann,
 B'ann nan aite chaidh ghlacadh,
 Leis a Cheartas cho teann ;
 Bha e'n urras ar fiachan,
 Gheall e'n dioladh gu'n ceann :
 Cha robh mionaid a dhail dha,
 'N uair a thainig an t-am !

Ghlac a naimdean gun strith e,
 (Na bha dhith orr' 'san am)
 Shuidh an comhairl' gu dhiteadh ;
 Mar nach b' Fhìrean bhiodh ann :
 Dha an cuirt a luchd casgairt,
 Cha robh fasgadh no daimh ;
 Ged bha 'm fianuisean breige,
 Fad o cheile nan cainnt.

'S ann a bhuail iad mar aon air,
 Nimh is faobhar an teang',
 'N deigh a cholunn a rusgadh,
 Chaidh a sgiursadh fuidh 'n laimh ;
 Trusgan ruadh chuir iad uime,
 'S crun do sgithich mu cheann !
 O'n robh 'n fhuil air a thrusgan,
 Nuas na sruthan neo-ghann !

O a mhullaich Gholgotha,
 Ciod a mod tha mu d' chuart!
 Co an t-Aon ud a chi mi,
 'S aghaidh shitheil gun snuagh!
 Fuidh chrann-ceusaidh ga 'd dhireadh!
 Bruite, sgith a dol suas!
 Cha leig silcadh mo shul dhomh
 'Seulltuinn dluth air 'san uairs'!

Na'm bu leir dha luchd-ceusaidh,
 Gur Efein a bha ann;
 Gur e bh' aca Messiah
 Crocht' air spicibh ri crann!
 Cha bhiodh luths anns na lamhaibh,
 Bhual na tairngean cho teann!
 Teanga bhorb a luchd toibheum,
 Bhiodh gu tostach nan ceann.

Cia mar nochdadh iad baigh dha,
 'S inntinn Chain nan cre?
 Spiorad eudmhor a mhortair,
 Gan cur thuige gu theum!
 Ged a chuir iad 'ga lotadh,
 Doimhne 'n drochmhein an ceill;
 Ann an gearun air dochann,
 Riu cha d'fhosgail e bheul!

Sheas an Gaisgeach na aonar,
 Anns a chaonnaig bha cruaidh!
 Dhoirt an fhearg air gu fraochail,
 Fhad 's bha braon anns a chuaich!!
 Chorp is anam le cheile
 Thug e 'n eirig a shluaigh!
 Co a thuigeas a dheuchainn?
 Ghleachd, a threine 'sa bhuaidh?

'Nis tha coisright' trid fheola,
 Slighe bheo agus nuadh,
 Slighe dhireach f hior-chomhnard,
 Air an treoraich o shluagh,
 Dhionnsuidh Righeachd na gloire,
 'S am bheil solais bhith bhuan;
 Anns am faic sinn gun sgaile,
 Aghaidh dhealrach an Uain!

O mo Shlanuighear beannuicht',
 'S tu tha airidh air cliu,
 Cha-n'-eil solas aig m'anam,
 Leon air thalamh ach thu;
 'S tu 'n Cultaic 's am bheil m'earbsa,
 'S tu mo Thearmunn 's m' Fheariuil,
 Dhomh bu deurach mo chrannchur,
 Dh'easbhuidh dealradh do ghnuis.

'S tu mo shlainte 's m' fhior, Charaid,
 'S tu mo Charraig 's mo Threoir,
 Fiosrach, eolach mu'n staid so,
 'S caomh Fhear tagraidh tha'n Gloir;
 'S e do ghnuis bheireadh sith dhomh,
 Chuireadh m' inntinn air doigh;
 Mhosgladh suas mi o'm laigse,
 Dhuisgeadh m'aigne gu ceol.

'S e bhi dhuitse 'n easumhlachd,
 Tric a chiarr mi 'sa chraidh!
 Dhfhag cho minig gun luths mi,
 'S m' aghaidh lubte ri lar!
 'Sa thug m' fhuil le brasghluasad,
 Gu mo ghruaidhibh le nair!
 Dhfhag le deoir a mhishuaimhneis
 Tric mo chluasag air snamh!

On' bu bheo anns a chre mi,
 'S caomh a dheilig thu rium,
 Ged a bha mi le 'm lochdaibh,
 Trie a cosnadh do dhìom :
 Dh' aithnichinn t-ìochd fuidh 'n t-slàit sgiursaidh,
 'S lamh mo ruin os a cionn :
 'N uair a dh'holumainn umhlachd,
 Aoidh do ghnùise bu leam.

Air dha nathair bhi dana,
 'G iarruidh fath air mo cheum,
 Bhilean puinseante fosgailt,
 Chum-mo dhochann 's mo theum,
 Dion o chuilbheirt mo namh mi,
 O mo Shlanuighear treun !
 'Se do ghradhsa 'n Tur-tearmuinn,
 Ris an earbainn mi fein.

Milis, taitneach, ionmhiannuicht,
 Seach an fion tha do ghradh,
 'S uisge beo e nach diobair,
 Amhuinn fhìorghlan nach traigh ;
 Tha a bhuaidh agus eifeachd,
 Air na seudan toirt barr,
 Dha cha choimeas le d'shluaghsa,
 Mhil a cuachaibh nam blath.

Cia mar dh'fhaodas sinn cainnt air ?
 C' ait 'eil samhla ann dha ?
 Ann cha ghrunnaich ar tuigse,
 Chul cha ruig sinn gu brath :
 'N urrainn daoine no ainglean
 Dhol na dhoimhne 's na aird ?
 Co ni iomail a chuartach'
 Agus luaigh orr 'nan dain ?

Cia tai
 Ged i
 'n
 Gu bhe
 to
 Toirt m
 'S ged
 Fuidh c
 Gun ga
 'San sea
 Ge bua
 doc
 'Sna dec
 'Sa phai
 Gun tam

Cha-n-eil ni chuireas as da,
 Dian na lasair tha'n gradh!
 Uisge lianmhor cha mhuch e,
 Tuiltean druidhteach cha bhath!
 Leam bu mhiann bhi na fhasgadh,
 'S a bhi mealtuinn a bhlathais!
 Sud a Bhratuch bu mhiann leam,
 Bhi na m' f hianuis do ghnath.

O mo Shlanuighear ionmhuinn,
 Bi 's gadh iomcheisd dhomh dluth!
 'S leir dhuit iomrull mo chos-cheum,
 'S deura goirte mo shul!
 Biodh do throcair mu m' thimchioll,
 Gus an gairm thu mi null;
 As a phailliu lag thruagh so,
 Dhionnsuidh suaimhneis do Chuir.

EARBSA.

Cia taitneach ri thuigsin, ri fhiosrach' 's ri luaidh;
 Ged is coigrich 's luchd-cuairt sinn gun bhuanas
 'nar'n uin,
 Gu bheil Iosa dhuinn dluth anns gach trioblaid tha 'n
 toir oirn,
 Toirt misneich 's an rod dhuinn is solais o' ghnuis;
 'S ged thuiteas am pailliu do'n duslach mar bha e,
 Fuidh chumbachd a bhais ann an samhechar na h-uaigh;
 Gun gairmear gu failteach ar n'anma do'n Aros,
 'San sealbhaich sinn lanachd na Sabaid bhios buan!

Ge buailteach dhuinn bochdainn, agus iomadh ceum
 docair;
 'Sna deoir bhi gu goirt o' ar rosgaibh a nuas,
 'Sa phailliu so 'gosnaich 's ar namhuid 'gar lotadh,
 Gun tamh no gun chlos dhuinn, a bhos fad ar cuairt:

Ar n'earbsa bidh laidir, 's ar muinghin cha 'n fhailnich,
 'San Ti sin a bhasaich gu'r tearnadh o' thruaigh ;
 'S tha nise an ailleachd a ghloire 's na h-ardaibh,
 Na Phrionnsa 's na Shlanuighear grasmhor da shluagh.

Na h-uile tha cho lianmhor, mu'r timchioll ag iadhadh,
 Cur iomcheist is fiamh oirn mar liontan a bhais ;
 Tha Iosa ga'n ceadach', a dhearbhadh ar creidimh,
 Ar n' umhlachd, 's ar seasmhachd am freasdal a ghrais :
 Bheir Iosa 'n uair 's aill leis. na siontan gu samhchair,
 Bidh fia ann air aithne, gun anradh no strith ;
 Grad aomaidh e chluas, 'n uair a ghlaodhas sinn suas
 ris ;
 Cha 'n fhag e le suarachas, truaghan air dith.

Cha 'n ann gu ar sgrios, a thig trioblaidean searbha.
 Cha 'n ann, ach a dhearbhadh an anma mar or ;
 Ga ghlanadh mar airgid, o' smal is o' shalchar ;
 Sa thaisbeanadh eifeachd a ghairme ni 's mo :
 Bheir esan bhuidh dhuinn air peacadh 's air buaireadh,
 'S gach olc a tha buailteach bhi cruaidh ruinn a strith ;
 Bidh 'n creidimh ro luachmhor, a dhearbhar le cruadal ;
 Fadheoidh bidh dhuinn suaimhneas air cluainibh na
 sith.

Thug Iosa sinn sabhailt gu so tre gach gabhadh,
 An earbsa ri ghras cha do bhasaich neach riamh ;
 An dichuimhnich mathair a ciocharan gradhach ?
 An cum i o' h-ailleagan arach nan cioch ?
 Seadh feudar le mathair a maotharan aicheadh,
 Ach trocair an ard Rìgh cha'm fhailnich gu sior,
 Tha chaochail a ghradhsan—cha traogh e o' lanachd,
 Bidh ghaolsan gu brath mar a bha e o' chian.

Le
 Le
 O s
 Le'
 O d
 Gu
 O t
 Bhe
 Ge b
 An g
 Cha
 No c
 Ged
 Cha
 Da'r
 'S na

An t-
 Ni eil
 Is esa
 Le at
 'Se ai
 O'n f
 Cha d
 Air cu

Ged t
 Fuidh
 Neo-th
 a
 Gun e
 Le gut
 Am pr
 Bheir
 A mhe

Le creidimh 's le gradh ann ar cridh bheir sinn cliu dha,
 Le naire cha diullt sinn an ofrail thoirt uainn.
 O seideadh an anail tha glan agus cubhraidh,
 Le'n cuirear as ur a chruit-chiuil ann am fuaim!
 O duisgibh o'r mairneal, a shaltair 'sa chlarsach!
 Gu seinneadhmid dhasan gu blath chridheach binn!
 O thigeadh le solas na sruthanan beo
 Bheir air aois agus oige bhi comhla a seinn!


Ge b' ait leinn bhi comhradh le ceol air a ghaolsan,
 An gaol rinn e thaomadh cho saor oirn a nuas;
 Cha 'm eil anns an t-saoghal do labhradh aig daoine,
 No chainnt a chraobhsgaoileas an gaol tha doluaidh!
 Ged thuiteas na sleibhtean 's am bunait ged gheilleas,
 Cha diobair o' threudsan an speis thug e dhuinn;
 Da'r 'n anma cia adhmhor, a gheallanna grasmhor;
 'S na comharan graidh tha e pairteachadh ruinn.

An t-anam da'm bi e na bheatha 's na shlainnte,
 Ni eile na dhailsan cha sasuich a mhiann;
 Is esan ar Carruig bhuan dhaingean nach gluaisear
 Le ataireachd stuagh no le buaireas nan sion:
 'Se ainmsan na aonar, ar tearmunnn 's ar saorsa,
 O'n fheirg tha ri taomadh air saoghal gun ghras:
 Cha diobair e shluagh, bheir e tuille is buaidh dhuinn,
 Air cumhachd na h-uaigne 's air uambas a bhais.

Ged thuiteas na cuirp so do'n duslach mar bha iad,
 Fuidh chumhachd a bhais mar an grainè fuidh 'n fhoid;
 Neo-thruaillidh 's neo-bhasmhor grad dhuisgear an
 aird iad,
 Gun chumhachd aig uaigh no aig bas orr' ni 's mo;
 Le guth an ard Aingeil—le seideadh na trompaid,
 Am priobadh na sul theid an dusgadh a' suain:
 Bheir Iosa ga Chuirtna na bha riamh anns a chumhnant,
 A mhealtuinn a Chruin 's an Ierusalem nuadh.

**Ann an t-sin cha bhi bas-cha bhi 'n uaigh ann le viceras ;
 Bidh faistneachd nam briathra coimhionta fadheoidh,
 Ca' bhais bheil do ghath, bha cho puintseanta sgaiteach,
 C'ait' uaigh bheil bheil do bhuidh 's an robh t-uail is
 do dhoigh ;**

**Bheir Iosa dhuinn comhail is cuireadh le solas,
 Mar a Cheile nuadh-phoeda, 's bidh bron fada uainn :
 Bidh muilleana comhla a seinn air a mhorachd,
 Coimhionta bidh solas Beanphosda an Uain !**



ras;
idh,
ach,
ill is

inn :

...

...

...

